A' bhana-bhuidseach/am buidseach .....	G.58

### Còmhradh

#### Cairtean

A' chlann agus an tidsear a' còmhradh, a' cleachdadh Cairtean LDA

#### Cluiche

Small World Play

World People	dacta
Families and Occupations	dacta
Legu Duplo Home	Duplo

#### Writing Patterns

suas agus sìos



#### Geama coimpiutair

Animated numbers

Sherston Software

#### Ceòl agus gluasad

A' chlann a' gluasad agus a' cleachdadh an corp ann an diofar dhòighean.

#### Roamer

A' chlann agus an tidsear a' cleachdadh cànan mar suas, sìos

### Stòiridhean

Up, Down, All Around

Folens Big Books

Spot air Chuairt

Acair

Tha Mgr Mathan ag ràdh "Siud thu"

Orchard Books

Seòras agus Dìleas

Leabhraichean Beaga

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan

Sìos, suas; shìos, shuas

An sin, an seo, an siud

### Òrain agus rannan

Seoc is Sìne ( <i>suas</i> )	59
A' bhana-bhuidseach ( <i>suas</i> )	110
Seall mise a' dol ( <i>suas, sìos</i> )	122
Phiseag bheag ( <i>siud</i> )	70
Am bodach beag annasach ( <i>shuas</i> )	22
Gealach ùr is rionnagan ( <i>shuas</i> )	56
A' ghrian mhòr bhuidhe ( <i>shuas</i> )	133
A' seinn anns an uisge ( <i>shuas</i> )	147
Uilleam Òrdag ( <i>an seo</i> )	13
Dè tha anns a' bhogsa? ( <i>an seo</i> )	47
Chan eil mo leannan ann an seo	78
Is urrainn dhòmhsa suidhe ( <i>an seo</i> )	85
Gnog, gnog aig an doras ( <i>siud</i> )	44
Còig luchainn bheaga gheala ( <i>shìos, shuas</i> )	74
Iomramh ( <i>sìos, suas</i> )	100
Aon chorrach bheag ( <i>suas, sìos</i> )	11
Spòrs le do chorrach ( <i>sìos</i> )	12
Suath do bhoisean ( <i>suas, sìos</i> )	18
An nurs ( <i>sìos, suas</i> )	46
Flùraichean is ròsan ( <i>sìos, suas</i> )	51
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta ( <i>sìos</i> )	66
Màiri Ruadh a' dannsa ( <i>sìos</i> )	83
Caidil is dùisg ( <i>sìos</i> )	103
Mise bodach-sneachda ( <i>sìos</i> )	106
Bus na sgoile ( <i>sìos, suas</i> )	113
Còignear fhear a' togail taigh ( <i>sìos</i> )	124
Òrdag is corrag ( <i>suas</i> )	15
Ball-coise ( <i>suas</i> )	30
Cha dèanadh i danns ( <i>suas</i> )	52
Anns a' phàirce ( <i>sìos, suas</i> )	55

### Geamaichean

Lorg an luchag .....	G.10
Kim's Game .....	G.21
Cò aig a bheil .....	G.22
Càit a bheil thusa? .....	G.35
Am baile againn .....	G.48
Càit a bheil an luchag? .....	G.49
Crogaill agus sealgairean .....	G.57
Càit a bheil Teadaidh? .....	G.59

### Còmhradh

An tidsear a' faighneachd dhan chloinn, "Càit a bheil Sara an-diugh?"

"Chan eil i anns an sgoil an-diugh. Tha i aig an ospadal an-diugh."

An tidsear agus a' chlann a' bruidhinn mu dheidhinn obair na cloinne: dealbhan, plastasan, peantaidhean.....

Bruidhinn mu dheidhinn dè tha a' tachairt, a' cleachdadh dealbhan, jigsaws, duplo agus stuthan cluiche eile.

### Stòiridhean

Càit a bheil Spot?	Ventura Publishing
Flop Over	O.R.T
Talkabout Pictures	NES Arnold
Everyday Life	NES Arnold
Family Outings	
Taigh na cloinne - Iain agus Anna agus Mise	Agus (Acen Earranta)
Dòmhnall Dìneasair a' lorg nan sùbhan-làir	Agus (Acen Earranta)
Leabhraichean Càit a bheil e?	

### Èist agus Dèan

Càit a bheil e?

### Òrain agus rannan

Uilleam Òrdag ( <i>cà bheil thu?</i> ) .....	13
Luch-fheòir ( <i>càit a bheil?</i> ) .....	75
A' bhana-bhuidseach ( <i>càit a bheil iad?</i> ) .....	110
Mè, mè, chaora dhubh ( <i>càit a bheil?</i> ) .....	125
Èisg bhig ( <i>càit a bheil?</i> ) .....	138

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan

Tha e air a' bhòrd/anns a' bhogsa/fon deasg/  
anns a' bhaga/aig an taigh

### Cairtean-gheamaichean

'S e 's chan e

### Geamaichean

Am baga pònair .....	G. 7
Bingo .....	G.13
Cò aig a bheil? .....	G.22
Cò ghoid mo chrùn? .....	G.27
An iuchair dhraoidheil .....	G.28
Dathan .....	G.30
Càit a bheil thusa? .....	G.35
Twister .....	G.41
Am baile againn .....	G.48
Càit a bheil an luchag? .....	G.49
Càit a bheil Teadaidh? .....	G.59

### Còmhradh

#### Cairtean

Bruidhinn ris a' chloinn ann am buidhnean a' cleachdadh:

Photo Prepositions LDA  
Jigsaws, dealbhan agus stuth eile

#### Cluiche

A' chlann anns an taigh-cluiche, a' cleachdadh caochladh ionnsramaidean agus iad a' cruthachadh shuidheachaidhean air a bheil iad eòlach.

A' chlann air an stiùireadh gu bhith a' cur gach rud air ais na 'àite fhèin' aig deireadh cluiche, me,

"Cuir an cupa air a' bhòrd."

"Cuir am pana anns a' phreasa."

"Cuir am bogsa fon bhòrd."

#### Cleasachd

Anns an talla spòrs a' cleachdadh uidheam. Cleachd cànan mar "air, fon, aig, anns"

### Stòiridhean

Càit a bheil Spot?	Acair
Co-là-breith Spot	Acair
Taigh na Cloinne - Iain agus Anna agus Mise	Agus (Acen Earranta)
Anns a' bhùth	Agus (Acen Earranta)
Dealbh agus Facal	Acair

### Èist agus Dèan

Air                      anns

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan

Tha e air a' bhòrd/anns a' bhogsa/fon deasg/  
anns a' bhaga/aig an taigh

### Òrain agus rannan

Làmhan anns a' bhùrn ( <i>air, anns</i> )	16
Cuir do làmhan air do cheann	17
Dè thèid air mo cheann? ( <i>air</i> )	20
Cairistiona Chaimbeul ( <i>air</i> )	91
Ruidhleadh na coilich dhubha ( <i>air</i> )	81
O cò ghoid am bonnach? ( <i>air</i> )	5
Gnog air an doras	10
Aon chorràg bheag ( <i>air</i> )	11
Ball-coise ( <i>air</i> )	30
Anns a' phàirce ( <i>air</i> )	55
Mòrag Bheag ( <i>air</i> )	82
Caidil is dùisg ( <i>air</i> )	103
Anns a' pholl ( <i>air</i> )	29
Tha bàta seòladh air a' chuan	101
Cluasan, sùilean, sròn is beul ( <i>air</i> )	19
Dathan ( <i>air</i> )	40
Uisge ( <i>air</i> )	94
Miau, miau ( <i>air</i> )	72
Còig luchainn bheaga gheala ( <i>air</i> )	74
Mè, mè, chaora dhubh ( <i>air</i> )	125
Cò mi? ( <i>anns</i> )	92
A Mhàiri ( <i>anns</i> )	34
Mise bodach sneachda ( <i>anns</i> )	106
Tha mi trang anns an sgoil ( <i>anns, aig</i> )	130
Thoir dhìot do chòta ( <i>anns</i> )	150
Diteag, diteag! ( <i>fon</i> )	95
Dìleas ( <i>fon</i> )	67
Phiseag bheag ( <i>fo</i> )	70
Tha sìol beag fon talamh ( <i>fon</i> )	98
Cluichidh mis' a-muigh ( <i>aig, anns</i> )	61
Tha mo chòta bog fliuch ( <i>aig</i> )	89
A bheil an cù aig an doras?	139
Càit a bheil na dèideagan? ( <i>anns, air, aig, fon</i> )	31

### Geamaichean

Am baile againn .....G.48

### Còmhradh

Còmhradh a' dol anns a' chlas eadar an tidsear, a' chlann agus luchd-taic eile, me,

“Càit a bheil Màiri a' cluiche?”

“Tha i a' cluiche sa bhùth.”

“Càit a bheil na leabhraichean?”

“Tha iad sa phreasa.”

“An robh thu sa phàirce an-dè?”

### Stòiridhean

Preusant do Shine - Iain agus Anna agus Mise

Agus (Acen Earranta)

Ciorstaidh agus An Dealan-dè

Leabhraichean Beaga

Globi agus Tòmas Truailleadh sa Bhaile

Leabhraichean Beaga

### Òrain agus rannan

Na maragan aig Ruairidh (*sa mhadainn*) ..... 4

Dè thèid air mo cheann? (*sa mhadainn*) ..... 20

Am muileann dubh (*sa mhuileann*) ..... 88

A Mhàiri (*sa ghàrradh*) ..... 34

Diteag, diteag! (*san lòn*) ..... 95

Màiri bheag a' falbh dhan sgoil (*sa mhadainn*) ..... 121

### Geamaichean

Dathan .....	G.30
Càit a bheil thusa? .....	G.35
Am baile againn .....	G.48

### Còmhradh

A' chlann a' cluiche le:

Duplo Families

Lego Duplo Homes

Jigsaws

A' chlann ann am buidhnean a' cluiche. An tidsear no neach-cuideachaidh a' toirt taic dhan chloinn leis a' chànan air a bheil feum aca, me,

“Tha an gille a' cluich faisg air an taigh.”

“Càit a bheil Granaidh?”

### Stòiridhean

A' chlann a' dèanamh stòiridhean a' cleachdadh bòrd magnaiteach le taic, me,

“Cuir an cù faisg air na craobhan.”

“Càit a bheil an cat?”

### Cairtean-gheamaichean

'S e 's chan e

### Geamaichean

Lorg an luchag .....	G.10
Cuir iad ann an òrdugh .....	G.12
Cò ghoid mo chrùn? .....	G.27
Dathan .....	G.30
Càit a bheil thusa? .....	G.35
Càit a bheil anluchag? .....	G.49
Am baile againn .....	G.48

### Còmhradh

An tidsear a' suidhe air beulaibh a' chlas. Canaidh e/i ris a' chloinn:

"Iain, trobhad agus suidh ri taobh an deasg agam."

"A Sheonaidh, trobhad agus seas air cùl Màiri."

An uair sin faighnichidh e/i ceistean mar:

"Càit a bheil Iain na shuidhe?"

An tidsear a' stiùireadh na cloinne gu bhith a' freagairt ann an seantans, me,

"Tha Iain na shuidhe ri taobh an deasg agad."

### Stòiridhean

Places and Happenings	Foundations of Writing Stage 1
Rosaidh a' dol cuairt	Picture Puffins
Dealbh agus Facal	Acair

### Òrain agus rannan

Cat ri taobh an teine .....	69
Uisge ( <i>air cùl</i> ) .....	94

### Geamaichean

Cò tha coltach riumsa? .....	G. 9
Lorg an luchag .....	G.10
Dathan .....	G.30
Càit a bheil thusa? .....	G.35

### Còmhradh

A' chlann a' cleachdadh taois agus plastasan airson caractaran a dhèanamh a tha coltach ri chèile ann an dòigh sam bith agus ag innse stòiridh mu gach caractar.

A' chlann agus an tidsear a' coimhead air dealbhan a bheir a' chlann a-steach dhan sgoil, me,

“Tha do phiuthar coltach riut.”

### Stòiridhean

Flop Over	O.R.T.
Leabhraichean Mòra	O.R.T.
Dealbhan a nì a' chlann fhèin	

### Geamaichean

A' falbh air saor-làithean .....	G.15
Tro na flùraichean .....	G.50

### Còmhradh

#### A' còmhradh anns a' chlas

An tidsear a' faighneachd cheistean, me,

“Cò leis a tha an leabhar seo?”

“Tha e le Màiri.”

A' chlann a' dèanamh stòiridhean:

Leanabh 1: “Chaidh mise dhan phàirce agus chaidh....

(ainm a' toiseachadh le litir dhen aibidil) Anna còmhla rium.

Leanabh 2: “Chaidh mise dhan phàirce agus chaidh Anna agus Bob còmhla rium.”

#### Naidheachdan

A' chlann ag innse stòiridhean às dèidh àm cluiche, me,

“Cò bha a' cluiche còmhla riut a-muigh?”

“Bha Claire a' cluiche còmhla rium a-muigh.”

### Stòiridhean

Tha aibhean mòr

Child's Play

Dòmhnall Dìneasair: Caraid do Dhòmhnall

Agus (Acen Earranta)

An tuineap mhòr

### Òrain agus rannan

'S ann an Ìle ( <i>còmhla rium</i> ) .....	64
A' bhana-bhuidseach ( <i>còmhla rith'</i> ) .....	110
Tro na flùraichean ( <i>còmhla riumsa</i> ) .....	119
Buain na rainich ( <i>leam fhìn</i> ) .....	86
Dùin do shùilean ( <i>leat</i> ) .....	149

#### Geamaichean

Chan eil duine ri mo thaobh .....	G.11
Cuir iad ann an òrdugh .....	G.12
Cò ghoid mo chrùn? .....	G.27
Dathan .....	G.30
Càit a bheil thusa? .....	G.35
Dè tha air mo chùlaibh? .....	G.44

#### Còmhraidh

An tidsear a' suidhe air beulaibh a' chlas agus sèithear falamh ri taobh.

An tidsear ag ràdh:

“Iain, trobhad agus suidh ri mo thaobh.”

“Caitlin, trobhad agus seas air mo chùlaibh.”

An uair sin bidh an tidsear a' faighneachd, “Càit a bheil Iain?” “Càit a bheil Caitlin?”

#### Stòiridhean

Flop Over	O.R.T.
Leabhraichean Mòra	O.R.T.
Rosaidh a' dol cuairt	Picture Puffins
Spot anns an sgoil	Acair

#### Òrain agus rannan

Bus na sgoile ( <i>ri mo thaobh</i> ) .....	113
Tro na flùraichean ( <i>air mo chùlaibh</i> ) .....	119

### Geamaichean

Thoir dhomh am bogsa .....	G.26
Cairtean na Nollaig .....	G.45
Litir gu Bodach na Nollaig .....	G.53
Thuirte mise ri fear na bùtha .....	G.55

### Còmhradh

#### A' còmhradh anns a' chlas

A' bruidhinn ri chèile agus a' cleachdadh cànan a tha tighinn gu nàdarrach bho na tha a' tachairt anns a' chlas.

me,

“Tha mi a' bruidhinn ri Shona an-dràsta.”

“Thoir an leabhar seo do Mhàiri.”

“Tha an litir seo gu Mamaidh agus gu Dadaidh.”

“Thoir an litir seo do Mhamaidh no do Dhadaidh.”

#### Fòn anns an taigh chluiche

“Tha mi a' fònadh gu Mamaidh.”

“Inns do Dhadaidh gu bheil mi trang anns an sgoil.”

### Stòiridhean

Preusant do Shine - Iain agus Anna agus Mise                      Agus (Acen Earranta)

Anns a' mhadainn (Dè thuirt Mamaidh ri Eilidh?)                      Agus (Acen Earranta)

Chuir mi litir gu Bodach na Nollaig

### Òrain agus rannan

Bradán beag is bradán mòr ( <i>ri</i> ) .....	99
Òran a' fòn ( <i>gu</i> ) .....	27
Bheirinn siud do Mhàiri .....	25

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan Mo dhadaidh Am peansail agam

### Geamaichean

Chan eil duine ri mo thaobh .....	G.11
A' falbh air saor-làithean .....	G.15
Cò ghoid mo chrùn? .....	G.27

### Còmhradh

#### A' còmhradh anns a' chlas

A' bruidhinn mu dheidhinn teaghlaichean.

A' bruidhinn mu dheidhinn taighean.

A' bruidhinn mu dheidhinn na dèideagan as fheàrr leotha.

Clàr a' sealltainn co-là-breith gach leanabh anns a' chlas.

A' chlann a' bruidhinn mu dheidhinn dealbhan agus modailean a tha iad air a dhèanamh.

#### Cluiche anns an taigh

A' chlann a' cruthachadh shuidheachaidhean dachaigh anns an taigh-chluiche.

### Stòiridhean

An taigh agam - Rathad na Mara	Agus (Acen Earranta)
Nollaig Spot	Acair
Na trì mathanan	

#### Obair Pròiseact - Leabhraichean a nì a' chlann

Mise agus mo theaghlach

Rudan as toigh leam

An taigh agam

Mo chàirdean

### Òrain agus rannan

Làmhan anns a' bhùrn ( <i>mo</i> ) .....	16
Chan eil mo leannan ann an seo .....	78
Tha mo chòta bog fliuch .....	89
An teaghlach agamsa ( <i>mo</i> ) .....	120
Dè thèid air mo cheann? .....	20
Anns a' pholl ( <i>mo</i> ) .....	29
Dè chì mi le mo shùil? .....	112
Fear nam fiaclan ( <i>mo</i> ) .....	45
Luch-fheòir ( <i>mo</i> ) .....	75
Òran a' fòn ( <i>mo</i> ) .....	27
Crathaidh mi mo làmhan .....	148
Dè nì mi gun lèine ghlan? ( <i>agam</i> ) .....	26

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan Tha/chan eil peansail agam

### Geamaichean

Dè tha mi a' dol a dhèanamh? .....G.47  
Bingo .....G.13

### Còmhradh

A' bruidhinn anns a' chlas, me,

“A bheil peansail agad?” “Tha peansail agam.”

“A bheil tiogaid airson dinnear agad?” “Tha tiogaid agam.”

“A bheil suiteis agad?” “Chan eil suiteis agam.”

### Stòiridhean

Leabhraichean Mòra

O.R.T.

Flop Over

O.R.T.

An dearbh rud: Iain agus Anna agus Mise

Agus (Acen Earranta)

Dòmhnall Dìneasair: Speuclairean-grèine Dhonnag

Agus (Acen Earranta)

### Èist agus Dèan

A bheil peansail agad?

### Òrain agus rannan

Dè nì mi gun lèine ghlan? (*agam*) ..... 26

An sgoil (*agam*) .....115

### Cairtean-gheamaichean

Rud mu seach

### Geamaichean

Cò leis tha seo? Leamsa tha e .....G.40

### Còmhradh

Bòrd anns a' chlas far am bi a' chlann a' cur modailean, dealbhan no obair shònraichte sam bith a tha iad air a dhèanamh. Bidh an tidsear agus a' chlann a' deasbaireachd mu obair gach leanabh agus a' faighneachd "Cò leis tha seo?"

Nuair a bhios an tidsear a' toirt leabhraichean don chloinn bidh e/i a' faighneachd, "Cò leis tha seo?"

Bidh leanabh a' freagairt, "Leamsa tha e."

### Stòiridhean

#### Obair pròiseact

A' chlann a' dèanamh leabhraichean mòra le dealbhan, me,

Tha bèibidh ag ràdh "Leamsa tha e."

Tha mise ag ràdh "Leamsa tha e."

Tha an cù ag ràdh "Leamsa tha e."

### Òrain agus rannan

An teaghlach agamsa .....120

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan

'S toigh leam/cha toigh...

Tha e uabhasach math. Chan eil e math. Tha e dona

### Geamaichean

Seo mo charaid .....G.42

### Còmhradh

#### Obair pròiseact

A' chlann ag innse dè as toigh leotha agus dè nach toigh leotha. Dèan bhidio dhen chloinn a' sealltainn seo.

Bruidhinn mu dheidhinn obair na cloinne agus sgrìobh anns na leabhraichean:



Cleachd baidse a tha ag ràdh:

Tha seo \* \*  
\* uabhasach math!

### Stòiridhean

Mgr Mathan ag ràdh "Mo ghaol ort"

Orchard Books

Dòmhnall Dìneasair: Caraid do Dhòmhnall

Agus (Acen Earranta)

#### Obair Pròiseact - Leabhraichean a nì a' chlann

A' chlann a' dèanamh leabhraichean a' sealltainn rudan as toigh leotha – biadh, leabhraichean is eile

### Èist agus Dèan

Tha e uabhasach math

### Òrain agus rannan

Aon, dhà, trì, is toigh leam fhìn tì .....	1
Is toigh leam a bhith peantadh .....	143
Is toigh leam mo bhiadh .....	145
De 'm fear as fheàrr leat? ( <i>cha toigh leam</i> ) .....	28
Diteag, diteag! ( <i>cha chaomh leam, is caomh leam</i> ) .....	95
Fear nam fiacnan ( <i>cha toigh</i> ) .....	45
Is toigh leam cleasan anns an talla ( <i>cha toigh</i> ) .....	117
Cuir do làmh a-steach ( <i>tha e math</i> ) .....	62

#### Còmhradh

##### A' còmhradh anns a' chlas

An tidsear a' bruidhinn ris a' chloinn mun obair a tha iad a' dèanamh.

##### Obair pròiseact

A' chlann a' cur sìol agus a' clàradh mar a tha e a' fàs.

##### Obair matamataig

A' chlann a' tomhas diofar rudan agus gan cur ann an òrdugh a rèir am meudachd.

Cleachd Compare Bears

NES Arnold

#### Stòiridhean

Short, Tall, Big or Small?

Folens Big Books

Tha aibhean mor

Child's Play

#### Òrain agus rannan

Tha mise nas motha na ..... 68

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh (*nas fheàrr*) ..... 36

# DÈ THUIRT THU?

## Cànan

Am peansail, a' bhùth, an t-seacaid  
Cait, piseagan

### Còmhradh

Obair pròiseact

### Stòiridhean

Stòiridhean	ORT
Leabhar Mòr Spot	Acair
Dealbh is Facal	Acair
Mo Chiad Fhaclair	PRG-Acair

### Èist agus Dèan

peansail

### Còmhradh

#### A' còmhradh anns a' chlas

Cleachd dealbhan agus postairean

#### Obair pròiseact

Dathan

### Stòiridhean

Leabhar Mòr Spot	Acair
Dealbh agus Facal	Acair
Oidhche Mhath	Agus (Acen Earranta)

### Òrain agus rannan

Am bodach beag annasach ( <i>dathan</i> )	22
Bòtannan dearg	24
Miau, miau ( <i>cù dubh</i> )	72
Bodach Mòr na Nollaig ( <i>còta dearg, feusag gheal</i> )	109
Còig luchainn bheaga gheala	74


**DÈ THUIRT  
THU?**

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

**GEAMAICHEAN**



### 1. DÈ THA MI A' DEANAMH?

Tha leanabh a' seasamh air beulaibh a' chlas agus a' mimeadh rudeigin as urrainn dha a dhèanamh, me, a' sgrìobhadh. An uair sin tha a' chlann eile a' tomhais dè tha e a' dèanamh. Canaidh iad ann an seantas, "Tha thu a' sgrìobhadh."

Am fear a gheibh ceart e an uair sin a' seasamh air beulaibh a' chlas agus a' mimeadh.

### 2. THA SÌM AG RÀDH

#### tha/ chan eil mi

An tidsear no leanabh ag ràdh: "Tha Sìm ag ràdh - tha iad a' peantadh" no "Tha Sìm ag ràdh - chan eil iad a' peantadh." Ma chanas Sìm "Tha" nì a' chlann seo. Ma chanas Sìm "Chan eil" cha dèan a' chlann seo.

Tha iad a-mach ma nì iad rud aig an àm cheàrr.

#### chuala mi/cha chuala mi

Sìm ag ràdh: "Anns an sù chuala mi pearraid a' sgreuchail."  
(nì a' chlann pearraid a' sgreuchail)

Sìm ag ràdh: "Anns an sù cha chuala mi leòmhann ag èigheachd."  
(cha dèan a' chlann leòmhann ag èigheachd)

Tha iad a-mach ma nì iad fuaim aig an àm cheàrr.

#### chunnaic mi/chan fhaca mi

Sìm ag ràdh: "Aig an taigh agamsa chunnaic mi each a' dannsa."  
(nì a' chlann each a' dannsa)

Sìm ag ràdh: "Aig an taigh agamsa chan fhaca mi cù a' coiseachd."  
(cha dèan a' chlann cù a' coiseachd)

#### cuir

Ma chanas an tidsear/leanabh 'cuir' nì a' chlann mar a thèid iarraidh orra. Mura can, cha dèan iad mar a thèid iarraidh orra.

#### chan urrainn /'s urrainn

Sìm ag ràdh: "Chan urrainn dhomh snàmh."  
(cha dèan a' chlann seo)

Sìm ag ràdh: "S urrainn dhomh ruith."  
(nì a' chlann seo)

### 3. NA H-EICH

Ceithir buidhnean le dath diofaraichte air gach buidheann.

Gach buidheann a' seasamh air cùlaibh a chèile ann an loidhne agus a' chiad duine anns an loidhne a' ruith anns an rèis. Nuair a chrìochnaicheas iad an rèis thèid iad gu deireadh na loidhne agus falbhaidh an t-ath each. Bidh iad a' marcachd ach feumaidh iad èisteachd ri dè thèid iarraidh orra a dhèanamh, me:

“Leum air an each agus marcaich.” – marcachd

no

“Thig dheth agus coisich.” – coiseachd

Ma nì iad an rud ceàrr feumaidh iad a dhol air ais agus tòiseachadh a-rithist. A' chiad bhuidheann a tha ullamh a' buannachadh.

### 4. CÒ THA ANN?

Cairtean le dealbhan diofar dhaoine ag obair.

Thoir cairt do gach leanabh. Bidh aon leanabh a' tighinn a-mach gu beulaibh a' chlas, ach feumaidh e a' chairt a chumail am falach. Bidh a' chlann eile a' faighneachd cheistean dha, me,

A bheil e/i ag obair anns an sgoil?

A bheil e/i ag obair anns an ospadal?

A bheil còta geal air/oirre?

Freagairt: 'S e ..... a tha ann.

A' chiad duine a thomhaiseas a' tighinn a-mach le cairt eile.

### 5. CHARADES

Cairtean a' sealltainn diofar rudan, me, cù, cat, isean, plèana, an tidsear.

Thoir cairt do gach leanabh.

Leanabh a' tighinn a-mach gu beulaibh a' chlas agus a' mimeadh dè tha air a' chairt aige. Tha a' chlann eile a' tomhais dè tha ann.

'S e ... a tha ann.

### 6. MADAINN MHATH, A RÌGH

A h-uile duine nan suidhe ann an cearcall ach aonan a shuidheas air sèithear sa mheadhan le bann air a shùilean.

Bidh cuideigin às a' chearcall a' dol suas agus a' seasamh air beulaibh an duine seo agus ag ràdh ann an guth annasach:

Madainn mhath, a rìgh. (ri balach)

no

Madainn mhath, a bhanrigh. (ri nighean)

Bidh an rìgh/banrigh an uair sin a' tomhais cò th' ann, me,

Rìgh/banrigh: An e ..... a tha ann?

Càch: 'S e ..... a tha ann.

no Chan e ..... a tha ann.

Mura bheil fios aig an rìgh/banrigh cò th' ann tha a' chlann ag innse. Gheibh an rìgh/banrigh trì tursan le daoine eadar-dhealaichte agus an uair sin thèid rìgh/banrigh eile dhan mheadhan.

### 7. AM BAGA PONAIR

Cluich seo aig àm cleasan. Baga pònair aig gach leanabh.

An tidsear ag iarraidh air a' chloinn dèanamh mar seo:

- 1) Cuir am бага pònair air do cheann agus coisich.
- 2) Cuir am бага pònair air do bhois agus ruith.
- 3) Cuir am бага pònair air do cheann agus suidh sìos.

Lean ort mar seo, ag iarraidh air a' chloinn diofar rudan a dhèanamh.

### 8. AM PARTAIDH

A' chlann a' suidhe ann an cearcall agus iad a' cur ball gu chèile. Leanabh a gheibh am ball ag ràdh, "Chaidh mi gu partaidh agus ghabh mi cèic." An ath dhuine ag ràdh, "Chaidh mi gu partaidh agus ghabh mi cèic agus deoch."


Mura bi cuimhne aig duine dè ghabh iad bidh a' chlann eile ag èigheach, "An do ghabh thu ....."?"

Canaidh an leanabh aig a bheil am ball:

"Ghabh."            no            "Cha do ghabh."

Nuair a chanas an leanabh "Ghabh mi ..... agus ....."

tha an geama a' dol air adhart. Nuair a thig e gu bhith ag ràdh ceithir rudan tha iad a' tòiseachadh a-rithist.



### 9. CÒ THA COLTACH RIUMSA?

Feumaidh tu cairtean le dealbhan dhaoine.

Dèan cinnteach gu bheil na dealbhan a' sealltainn:

- 1) daoine mòra, beaga, reamhar, tana, àrd agus goirid
- 2) daoine le sùilean gorm, donn agus uaine
- 3) falt dubh, donn, bàn, agus ruadh
- 4) aodach le diofar dhathan

Cuir na cairtean uile bun-os-cionn air a' bhòrd.

Taghaidh a' chiad leanabh cairt agus ma tha an dealbh coltach ris/rithe ann an dòigh sam bith canaidh e/i, "Tha an duine seo coltach riumsa oir tha falt donn air."

Canaidh an tidsear, "Tha sin ceart, tha e coltach riut."

Ma tha e/i ceart faodaidh e/i a' chairt a chumail.

Bidh a' chlann a' feuchainn ris an àireamh as motha de chairtean a chruinneachadh.

### 10. LORG AN LUCHAG

Ceathrar chloinne a' dol a-mach agus a' chlann eile a' cur luchag no dèideag sam bith am falach. An uair sin thig a' chlann air ais a-steach agus seinnidh a h-uile duine:

Càit a bheil an luchag bheag?

Càit a bheil an luchag bheag?

Càit a bheil an luchag bheag?

An urrainn dhuibh a lorg?

Feumaidh an ceathrar a bha a-muigh an luchag a lorg.

Gheibh iad cuideachadh mar:

"Tha Emma faisg oirre ach chan eil Seumas faisg oirre idir."

Nuair a lorgas cuideigin an luchag, seinnidh a h-uile duine:

Lorg sinn an luchag bheag

Lorg sinn an luchag bheag

Lorg sinn an luchag bheag

Bha i .....

An uair sin bidh an duine a lorg i ga cur am falach a-rithist agus ceathrar eile a' dol a-mach.

### 11. CHAN EIL DUINE RI MO THAOBH

A h-uile duine a' suidhe ann an cearcall le àite falamh ann. Bidh an duine air taobh chli an àite fhalaimh ag ràdh:

“Chan eil duine ri mo thaobh. Tha mi ag iarraidh air lain suidhe ri mo thaobh.”

An uair sin suidhidh lain anns an àite fhalamh, agus mar sin air adhart.

### 12. CUIR IAD ANN AN ÒRDUGH

Dèan dà bhuidheann.

A' chiad bhuidheann a bhios anns an òrdugh cheart a' buannachadh.

Dèan cairtean le litrichean no àireamhan orra.

Cuir sreang orra gus an cuir a' chlann iad mun amhaich.

Thoir cairt do gach leanabh.

Feumaidh iad na cairtean a chur ann an òrdugh.

Thoir dhaibh cuideachadh mar:

“Feumaidh M a dhol ri taobh N.”

“Feumaidh 6 a dhol ri taobh 7”

Cleachd ‘air cùl’ no ‘air beulabh’ ma tha thu a' dèanamh loidhne far a bheil a' chlann a' seasamh air cùlaibh a chèile.



### 13. BINGO

Cairtean le: 1) dathan 2) dealbhan 3) litrichean 4) dealbhan a tha sealltainn *air, anns, air/dheth, a-muigh, a-staigh* 5) dealbhan a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim, *me, càr, cat, càl*:

Suidh ann an cearcall ann am buidhnean. Thoir cairt do gach leanabh. Faighnich ceistean mar:

“Cò aig a tha an litir b?”

“Cò aige a tha dealbh a tha a' tòiseachadh leis an aon fhuaim ri càr?”

An leanabh aig a bheil a' chairt ag ràdh, “Tha e agamsa.”

An uair sin cuiridh iad a' chairt ann am meadhan a' chearcaill. A' chiad bhuidheann aig a bheil na cairtean gu lèir anns a' mheadhan a' buannachadh.

### 14. CUIR SUAS DO LAMH

A' chlann ag èisteachd agus a' dèanamh mar as urrainn dhaibh. me,

“Cuir suas do làmh ma tha cat agad.”

“Suidh sìos ma tha бага-sgoile dearg agad.”

“Cuir suas do làmh ma tha bràthair mòr agad.”

A' chiad duine a' suidhe air an làr le dà làmh shuas a' buannachadh.



### 15. A' FALBH AIR SAOR-LÀITHEAN

A h-uile duine a' suidhe ann an cearcall.

Iain: Chaidh mise air mo làithean-saora agus thug mi leam mo chamara.

Sandra: Chaidh mise air mo làithean-saora agus thug mi leam mo chamara agus mo bhrògan.

Nuair a ruigeas iad ceithir rudan tòisich a-rithist.

Cluich an geama a' cleachdadh:

Gu mo dhinnear ghabh mi rudeigin a' tòiseachadh le 'c' - càise.

An ath dhuine ag ràdh:

Gu mo dhinnear ghabh mise rudeigin a' tòiseachadh le 'b' - banana.

Lean ort mar seo gus an tagh a h-uile duine litir às an aibidil.

Cluich an geama a' cleachdadh:

An litir **g** agus a' chlann a' taghadh rudeigin a tha a' tòiseachadh leis an litir **g**

**Ch** - a' chlann a' taghadh rudeigin a tha a' tòiseachadh le **ch**

### 16. THA MI GAD FHAICINN

Thoir dhan chloinn bogsa làn aodach agus leig dhaibh iad fhèin a dhèanamh 'spaideil'. An uair sin bidh iad a' seasamh ann an loidhne aig ceann na talla. Bidh aon duine a' seasamh aig a' cheann eile agus crùn draoidheil air/oirre. Bidh a chùlaibh ri càch ach chì e iad nuair a chuireas e air an crùn!

Bidh e ag ràdh, "Tha mise gad fhaicinn oir tha còta dearg ort."

Bidh duine sam bith air a bheil còta dearg a' tighinn ceum air adhart. Tha an geama a' dol air adhart mar seo gus an ruig duine taobh eile na talla. An uair sin bidh an duine seo a' cur air an crùn agus tha an geama a' tòiseachadh a-rithist.

### 17. NA RIONNAGAN

Dèan cairtean le rionnagan orra. (1-10)

A' chlann a' suidhe ann an cearcall agus cairt le rionnagan aig a h-uile duine. A' chiad duine a' cumail suas a' chairt aige/aice agus ag ràdh:

“Rinn mise obair uabhasach math an-diugh agus fhuair mi ochd rionnagan.”  
(Faodaidh iad an àireamh a tha air a' chairt a ràdh no àireamh eile)

Ma chanas iad an àireamh a tha air a' chairt bidh an ath dhuine a' freagairt:

“Fhuair, agus fhuair mise.....”

Ma chanas iad an àireamh cheàrr bidh an ath dhuine ag ràdh:

“Cha d' fhuair thu .... , fhuair thu ..... agus fhuair mise ...”.

Tha an geama a' dol air adhart mar seo.

### 18. RUDAN GÒRACH

A' chlann a' suidhe ann an cearcall no aig na bùird aca.

An tidsear: Dè chunnaic thusa aig a' chidhe an-dè?

Iain: Chunnaic mise ailbhean a' dannsa.

An tidsear: Am faca?

A h-uile duine: Chan fhaca, tha sin gòrach!

Faodaidh tu an geama seo a chluiche a' cleachdadh faclan eile.

An tidsear: Dè chuala tusa anns an sgoil an-dè?

Catriona: Chuala mi each a' seinn.

An tidsear: An cuala?

A h-uile duine: Cha chuala, tha sin gòrach!

### 19. TRIANTAN, CEARCALL AGUS CEÀRNAG

Dèan cairtean le cumaidhean mar seo agus cuir sreang orra.

A' chlann a' suidhe ann an cearcall le cairt mun amhaich. Tha aon leanabh a' suidhe ann am meadhan a' chearcaill agus bann air na sùilean aige/aice.

Feumaidh an duine anns a' mheadhan a bhith air a thionndadh mun cuairt gus nach bi fios aige càit a bheil duine sam bith a' suidhe. An uair sin thèid e/i suas gu cuideigin anns a' chearcall agus canaidh e/i, "Tha mi a' smaoineachadh gu bheil triantan agadsa."

Mura bheil triantan aig an leanabh sin canaidh e/i, "Chan eil triantan agamsa." agus thèid faighneachd dhan ath leanabh.

Ma tha triantan aig an duine seo canaidh e, "Tha triantan agamsa agus bheir mi dhutsa e."

An uair sin cuiridh e a' chairt mu amhaich a' chiad leanabh agus thèid e fhèin dhan mheadhan.

Tha an geama a' dol air adhart mar seo gus am faigh a h-uile duine cothrom anns a' mheadhan.

### 20. AM FUAMHAIRE AGUS A' CHEARC

Thoir cairt le triantan, cearcall no ceàrnag dhan a h-uile leanabh. Tagh dithis airson am fuamhaire agus a' chearc. Bidh iadsan a' suidhe aig ceann shìos na talla agus a' chlann eile a' seasamh aig a' cheann shuas. Bidh am fuamhaire ag èigheach a-mach cumadh agus bidh a' chearc ag èigheach a-mach àireamh, me,

Am fuamhaire:      Triantan

A' chearc:            8

An uair sin bidh a' chlann aig a bheil triantan ag èigheach,

"Am faod mi ochd triantain a dhèanamh?"

Feumaidh iad fuireach gus an can am fuamhaire "Faodaidh."

An uair sin nì iad ochd triantain anns an adhar agus thèid iad air adhart ochd ceumannan.

#### **Dòigh eile:**

Cluich an geama a' cleachdadh: "An dèan mi seo?"      "Nì"

Nuair a ruigeas duine am fuamhaire agus a' chearc tha an geama deiseil.

### 21. KIM'S GAME

Cuir cairtean a' sealltainn diofar chur-seachadan bun-os-cionn air bòrd. Thoir aire na cloinne gu far a bheil gach cairt nuair a tha iad a' dol air a' bhòrd.

An tidsear ag ràdh, "Tha e a' snàmh anns an uisge. Càit a bheil a' chairt seo?"

Leanabh a' togail na cairt agus ag ràdh, "Seo e, tha e a' snàmh anns an uisge."

An tidsear: "Tha sin ceart. Tha e a' snàmh anns an uisge."

Tha a' leanabh a' cumail na cairt ma tha e ceart. Mura bheil, tha a' chairt a' dol air ais. Tha an geama deiseil nuair a tha na cairtean gu lèir air an togail.

### Dòigh eile

Feumaidh tu cairtean le dealbhan anns a bheil rudan a tha a' dol còmhla ri chèile.

An tidsear no leanabh a' togail cairt agus ag ràdh, "Tha bòrd agamsa agus tha mi ag iarraidh sèithear."

Duine eile a' togail cairt agus ma tha dealbh freagarrach air a' chairt canaidh e/i, "Bheir mise dhut sèithear."

An uair sin thèid an dà chairt còmhla ri chèile.

### 22. CÒ AIG A BHEIL?

Feumaidh tu cairtean le diofar dhealbhan. Thoir sia cairtean do gach leanabh. Cuiridh iad na cairtean air a' bhòrd agus na dealbhan an-àirde.

An tidsear: Cò aig a bheil bàta?

An leanabh: Tha bàta agamsa.

no Chan eil bàta agamsa.

Ma tha an dealbh aige cuiridh e/i a' chairt bun-os-cionn.

Nuair a thionndaidheas leanabh a h-uile cairt tha an geama deiseil.

### 23. OISEANAN

“Chuala” ann an aon oisean agus “Cha chuala” ann an oisean eile.

A’ chlann anns an talla a’ gluasad mun cuairt le ceòl a’ cluiche. Nuair a chluinneas iad fuaim sònraichte feumaidh iad stad agus èisteachd.

Tagh leanabh airson fear-aithris.

An leanabh: Chuala mise each a’ seinn an-diugh.

A’ chlann eile ag ràdh, “Chuala” no “Cha chuala” agus a’ dol chun an oisein leis an fhreagairt cheart.

Cluich seo a’ cleachdadh “Chunnaic” no “Chan fhaca”  
me, Chunnaic mise fear dearg a’ fàs a-muigh.

A’ cleachdadh “Tha” no “Chan eil”  
me, Tha brògan dearg ormsa an-diugh.

A’ cleachdadh “Bha” no “Cha robh”  
me, Bha sinn aig seinn an-diugh.

Ma thèid iad dhan oisean cheàrr feumaidh iad suidhe sìos.

### 24. CIAMAR A THA THU AN-DIUGH?

Cuir a’ chlann ann am buidhnean beaga.

Thoir cairt a’ sealltainn diofar fhaireachdainn do gach leanabh.

Seonaidh: Ciamar a tha thu an-diugh?

Eilidh: Tha mi sgìth.

Seonaidh: Carson a tha thu sgìth?

Eilidh: Bha mi a’ ruith agus tha mi sgìth.

Faodaidh tu an geama seo a chluiche le cairtean a’ sealltainn aghaidh thoilichte no aghaidh nach eil cho toilichte.

Màiri: A bheil thu toilichte an-diugh, Ann?

Ann: Tha.

Màiri: Carson a tha thu toilichte?

Ann: Bidh cleasachd ann an-diugh agus tha mi toilichte.

### 25. DOILEAGAN

Anns an oisean-chluiche, a' chlann a' cluiche le doileagan agus diofar sheòrsa rudan, me,

Aodach airson gille agus airson nighean.

Aodach airson latha fliuch.

Aodach airson latha teth.

#### Còmhradh

“Am bi gille a' cur air sgiort?”

“Cha bhi, bidh gille a' cur air briogais.”

“Tha e teth an-diugh, feumaidh e/i lèine-T.”

“Cuir ort còta, tha e fliuch an-dràsta.”

#### **A' cluiche le rudan eile anns an taigh**

Am bi thu ag ithe seo?

Bidh/cha bhi

Am bi thu a' cluiche le seo?

Bidh/cha bhi

Am bi seo a' dol air a' bhòrd?

Bidh/cha bhi

Am bi seo a' dol dhan bhogsa uaine?

Bidh/cha bhi

### 26. THOIR DHOMH AM BOGSA

Clann a' suidhe ann an cearcall ag èisteachd ri ceòl. Bogsa le diofar rudan ann a' dol bho leanabh gu leanabh.

Nuair a stadas an ceòl bidh an leanabh aig a bheil am bogsa a' dùnadh a shùilean agus a' toirt rudeigin a-mach às a' bhogsa. Bidh e a' tomhais dè th' ann, me,

Leanabh: 'S e ..... a tha ann.

A' chlann eile: 'S e no Chan e.

Nuair a thomhaiseas an leanabh dè tha ann canaidh e, “Bheir mi seo do Ros,” agus bheir e do Ros e.

An uair sin tha an ceòl a' tòiseachadh a-rithist agus am bogsa a' dol gu leanabh eile.

Cluich an geama seo le leanabh ag innse dè an dath a tha air an rud a thig a-mach às a' bhogsa, me, “Tha e dearg” - “Tha” no “Chan eil.”

### 27. CÒ GHOID MO CHRÙN?

Aon duine na rìgh/banrìgh le crùn air a cheann, na shuidhe ann am meadhan cearcaill, a' leigeil air gu bheil e na chadal. Tha càch a' dol mun cuairt air agus a' seinn:

Tha an rìgh na chadal anns an t-sèithear mhòr,  
Le cleòca fada agus crùn òir,  
Tha an rìgh na chadal anns an t-sèithear mhòr,  
Ach cò a ghoid an crùn air?

Tha aon duine a' goid a' chrùn 's ga thoirt dhan tidsear.

Tha an tidsear a' cur a' chrùn ann an àite sònraichte, me, air cùl bogsa, anns a' bhaga, fon phlaide, ach chan fhaod an rìgh seo fhaicinn. Tha an rìgh a' dusgadh 's ag ràdh ann an guth feargach, "Cò a ghoid mo chrùn?"

Tha e ag ràdh ri aon duine,

"Seas ri mo thaobh agus inns dhòmhsa cò ghoid mo chrùn. An e lain a bh' ann?"

Ma tha an rìgh ceart tha an duine a tha a' seasamh ri thaobh ag ràdh,

"S e lain a bh' ann agus tha an crùn anns a' bhaga."

Tha esan/ise an uair sin na rìgh. Mura bheil an rìgh ceart tha an duine a ghoid an crùn anns a' mheadhan.

### 28. AN IUCHAIR DHRAOIDHEIL

Feumaidh tu:

ceithir bogsaichean: dearg, gorm, buidhe, agus òr

iuchair dhraoidheil

cleòca dubh agus ad dhubh

slat le lainnir

Tha a' chlann a' suidhe ann an cearcall agus tha iuchair dhraoidheil anns a' mheadhan. Tha draoidh/bana-bhuidseach le cleòca dubh agus slat a' dol mun cuairt agus a' cur a h-uile duine a chadal. An uair sin tha e/i a' taghadh cuideigin a thèid a ghoid na h-iuchrach agus a chuireas i ann am bogsa. An uair sin tha a' chlann a' dùsgadh agus tha an tidsear a' faighneachd do leanabh, "Cò ghoid an iuchair?" agus canaidh an leanabh, "Tha mi a' smaoineachadh gur e ..... a ghoid i."

Ma tha an leanabh ceart tha esan/ise na bana-bhuidseach/bhuidseach. Ma tha e/i ceàrr tha an leanabh a ghoid an iuchair na bana-bhuidseach/bhuidseach. Mus tèid an iuchair air ais dhan mheadhan feumaidh a' chlann tomhais dè am bogsa anns a bheil i. Canaidh iad, "Tha mi a' smaoineachadh gu bheil i anns a' bhogsa ....."

### 29. FI-FI-FO-FUM

Tha a' chlann a' suidhe ann an cearcall. Anns a' mheadhan tha fuamhaire le bann air a shùilean agus cearc aige.

Tha an tidsear a' taghadh leanabh agus tha an leanabh seo a' feuchainn ris a' chearc a ghoid. Feumaidh e a bhith uabhasach sàmhach oir ma chluinneas am fuamhaire e bidh am fuamhaire a' cur a làmh an taobh a tha am fuaim a' tighinn. Ma tha am fuamhaire ceart bidh a h-uile duine a' seinn:

Fi-fi-fo-fum chuala mise fu-aim

Cuir a' chearc air ais

Feumaidh a' chearc a dhol air ais chun an fhuamhaire. Gheibh am fuamhaire turas eile agus an uair sin gheibh leanabh eile dhan mheadhan. Ma gheibh an duine a ghoid a' chearc air ais gun am fuamhaire a chluinntinn gheibh esan/ise dhan mheadhan.

### 30. DATHAN

#### Cleasachd

1. Ceithir buidhnean: dearg, gorm, buidhe, uaine  
Gach buidheann a' dèanamh diofar rudan, me,

dearg: seas ri taobh an dorais

gorm: suidh sìos air an làr faisg ormsa

buidhe: crùb sìos air cùl a' bhogsa

uaine: suidh sìos air mo chùlaibh

2. Cuir dath anns gach oisean anns an talla agus buidheann le bann dhen aon sheòrsa dath anns gach oisean.

An tidsear: "Tha mi dearg agus gorm."

An uair sin tha an dà bhuidheann seo a' ruith gu oiseanan a chèile.

3. Cluich ceòl agus dannsaidh a' chlann mun cuairt.

Nuair a chluinneas iad fuaim sònraichte nì iad mar a thèid iarraidh orra, me,

An tidsear: "Tha mi àrd agus dearg" (faisg air an doras)

Nì am buidheann dearg seo agus suidhidh a' chlann eile air an làr.

An tidsear: "Tha mi beag agus uaine" (faisg air an uinneig)

Nì am buidheann uaine seo.

### 31. CÒ DH'FHALBH?

Cuir diofar bheathaichean (no rudan eile) a-mach air treidhe.

Tha a' chlann a' coimhead air na beathaichean agus a' feuchainn ri cuimhneachadh dè na beathaichean a th' ann. An uair sin bidh iad a' dùnadh an sùilean agus bidh aon bheathach 'a' falbh'. Nuair a dh'fhosglas iad an sùilean bidh an tidsear ag ràdh: "Cò dh'fhalbh?"

Leanabh: "Tha mi a' smaoinichadh gun do dh'fhalbh ....."

Ma tha an leanabh seo ceart bidh esan/ise ag iarraidh air a' chloinn eile an sùilean a dhùnadh agus bidh e/i a' toirt air falbh beathach.

Ma tha e ceàrr bidh an tidsear a' faighneachd dha leanabh eile.

### 32. RÒBOTAN

Cluich seo aig àm cleasachd anns an talla.

Tha a' chlann mar ròbotan agus iad a' dèanamh gach rud a thèid iarraidh orra a dhèanamh, me,

Cuir do làmh suas.

Cuir do làmh sìos.

Leum a-null agus a-nall.

Leum sìos agus suas.

Leum a-steach dhan chearcall.

Leum a-mach às a' chearcall .....

Suidh an seo (faisg air an tidsear).

Suidh an siud (thall aig a' bhalla).

Suidh an sin (anns a' chearcall).

### 33. CUIR ORT DO CHÒTA

Dèan dà bhuidheann. Cuir bogsa le aodach pìos sìos bho gach buidheann. Dèan cinnteach gu bheil an aon sheòrsa aodach anns gach bogsa, me, còta, seacaid, stocainnean, ad, lèine .....

An tidsear ag ràdh: “Cuir ort do chòta.”

Leanabh bho gach buidheann a’ ruith sìos chun a’ bhogsa, a’ lorg còta agus a’ cur an còta orra. An uair sin tha iad a’ ruith air ais. A’ chiad duine air ais a’ faighinn puing dhan bhuidheann aca. Lean ort mar seo gus a bheil a h-uile rud a-mach às a’ bhogsa.

Nuair a tha aodach a-mach às a’ bhogsa air gach leanabh cluich an geama mar seo:

An tidsear: “Cuir dhìot do chòta”.

Leanabh air a bheil còta a’ ruith sìos chun a’ bhogsa, a’ toirt an còta dheth agus ga chur air ais dhan bhogsa.

An uair sin tha e a’ ruith air ais. A’ chiad duine air ais a’ faighinn puing dhan bhuidheann aca. Lean ort mar seo gus a bheil gach rud air ais anns a’ bhogsa.


#### Dòigh eile:

An tidsear ag ràdh: “Tha uisge ann an-diugh agus feumaidh tu còta. Faigh còta a-mach às a’ bhogsa.” no

“Tha grian ann an-diugh agus feumaidh tu ad. Faigh ad a-mach às a’ bhogsa.”

### 34. OBAIR NA SEACHDAIN

#### Dealbhan



#### Còmhradh

Am bi ceòl ann an-diugh?

Bidh ceòl ann an-diugh ach cha bhi cleasan ann an-diugh.

Cò bhios a’ tighinn an-diugh?

Bidh ..... a’ tighinn an-diugh.

An robh cleasan ann an-dè?

Bha cleasan ann an-dè.

Cha robh mise anns an sgoil an-dè.

Bha mi tinn an-dè.

Tha mi dol a dhèanamh dealbh an-dràsta.

Leughaidh mi leabhar a-rithist.

### 35. CÀIT A BHEIL THUSA?

Geàrr a-mach ceann, làmhan, agus gàirdeanan dha gach leanabh. Cuir iad ri chèile agus cuir iad air cùlaibh balla mar seo:



#### Còmhradh

- Cò tha ri taobh Màiri?
- Cò tha air beulaibh Marc?
- Cò tha air cùl Iain?
- Cò tha faisg air Spot?
- Cò tha air mo chùlaibh?
- Chuir sinn Spot air a' bhalla.

Dèan cairtean a bhios ag ràdh, me, Cò mi?

Tha mi air cùl Eilidh, tha Marc air mo bheulaibh agus tha Sine ri mo thaobh.

Bidh a' chlann a' tomhais cò tha ann.

'S e ..... a tha ann.

### 36. DÈ CHUIR MI DHÌOM?

Tha dithis a' taghadh trì rudan a-mach às a' bhogsa-aodaich agus tha iad a' cur seo orra. An uair sin tha iad a' dol a-mach às an rùm agus tha iad a' toirt aon rud dhiubh. Nuair a thig iad air ais a-steach tha a' chlann eile a' tomhais dè thug iad dhiubh, me,

Thug thu dhìot do chòta.

Thug        no        Cha tug.

**37. FUAIMEAN**

Feumaidh tu teip le fuaimen eadar-dhealaichte, me,  
cù a' comhartaich  
fuaim càr  
uisge a' dòrtadh

Èistidh a' chlann ri aon fhuaim. An uair sin tha an tidsear a' faighneachd: "Dè tha thu a' smaoinachadh a rinn am fuaim?"

Tha a' chlann ag ràdh: "Tha mi a' smaoinachadh gur e ..... a rinn am fuaim."

no

An tidsear: "Dè tha thu a' smaoinachadh a tha a' tachairt?"

A' chlann: "Tha mi a' smaoinachadh gu bheil ....."

**38. CÒ THUSA?**

Tha a' chlann a' suidhe ann an cearcall agus a' cur balla air ais agus air adhart gu chèile.

Tha a' chiad duine ag ràdh: "Is mise .....agus 's e nurs a th' annam."

An uair sin tha am balla a' dol gu leanabh eile leis a' cheist: "Cò thusa?"

Tha an geama a' dol air adhart mar seo gus am faigh a h-uile duine am balla.


### 39. AM PEANSAIL DRAOIDHEIL

A h-uile duine nan suidhe ann an cearcall.

Bheir an tidsear peansail do chuideigin a' cantainn:

“Thoir an aire, 's e peansail draoidheil a th' ann 's bidh e a' tionndadh a-steach gu rudan eadar-dhealaichte a h-uile turas a thogas cuideigin eadar-dhealaichte e.”

Leanabh A: “Seallaibh. Chan e peansail a th' ann. 'S e càr a th' ann.”  
(a' leigeil air gur e càr a th' ann mus toir e dhan ath dhuine e.)



### 40. CÒ LEIS THA SEO?

### LEAMSA THA E

Aig àm dol dhachaigh cuir bagannan no seacaidean na cloinne ann am bogsa mòr. Aon duine a' togail aon de na bagaichean agus a h-uile duine a' seinn:

Cò leis tha seo?

Cò leis tha seo?

Chan ann leamsa a tha e!

Feumaidh an duine leis a bheil e freagairt mar seo:

'S ann leamsa a tha e

'S ann leamsa a tha e

'S ann leamsa a tha e

Tapadh leatsa.

no an clas a' seinn:

Cò leis tha seo?

Cò leis tha seo?

Tha e le Seonaidh

### 41. TWISTER

Cuir clàr le ceàrnagan le diofar dhathan air an làr.

Cluich an geama mar seo:

Iain: Cuir do chas air a' cheàrnaig uaine.

Cuir do làmh air a' cheàrnaig bhuidhe.

Mòrag: Cuir do làmh air a' cheàrnaig uaine.

Cuir do chas air a' cheàrnaig bhuidhe.

Cluich an geama seo le dithis, triùir, no ceathrar.

### 42. SEO MO CHARAID

Tha gach leanabh a' faighinn caraid. Feumaidh iad faighinn a-mach:

1) Rud as toigh leotha

2) Rud nach toigh leotha



An uair sin tha a' chlann a' suidhe ann an cearcall. Bidh dithis a' tighinn dhan mheadhan agus ag ràdh:

Iona: Seo mo charaid Aoife. 'S toigh leatha ùbhlán – ach cha toigh leatha bananas.

Aoife: Tha sin ceart. Is toigh leam ùbhlán ach cha toigh leam bananas.

Dèan bhidio dhen chloinn a' bruidhinn mu dheidhinn rudan as toigh leotha agus rudan nach toigh leotha.

Dèan clàr mar seo airson a chur suas air a' bhalla.

Ainm	Is toigh leam	Cha toigh leam
Aoife	ùbhlán 	bananas 

### 43. AM FAOD MI FALBH A-NIS?

Bidh aon leanabh na sheasamh aig aon cheann dhen rùm is càch aig a' cheann eile. Bidh an leanabh seo ag innse do gach cluicheadar eile ciamar a ghluaiseas iad air adhart, me,

Leanabh 1: gabh aon cheum mòr air adhart

Leanabh 2: dèan dà leum mar rabaid

Leanabh 3: laigh sìos agus seas far a bheil do chorragan

Leanabh 4: cuir do làmhan air do cheann agus cuir car

Mus urrainn dhaibh gluasad feumaidh iad faighneachd:

“Am faod mi tòiseachadh a-nis?”

Feumaidh an leanabh eile freagairt, “Faodaidh.”

Mura can iad seo feumaidh iad a dhol air ais chun an toisich.

#### **Dòigh eile:**

Cluich an geama a' cleachdadh “Dèan” agus “Nì mi sin”.

'S e a' chiad duine a ruigeas an ceann eile a tha a' buannachadh.

### 44. DÈ THA AIR MO CHÙLAIBH?

Bidh leanabh a' seasamh air beulaibh a' chlas agus a' cumail dèideag no pupaid air a chùlaibh. Feumaidh a' chlann eile tomhais dè tha air a chùlaibh, me.

A bheil e dearg?	Tha	no	Chan eil
A bheil ceithir chasan air?	Tha	no	Chan eil
An e beathach a th' ann?	'S e	no	Chan e

**45. CAIRTEAN NA NOLLAIG**

Aig àm na Nollaig cuir cèisean mar taighean suas air a' bhalla. Dèan bogsa airson nan cairtean a tha a' chlann a' toirt dha chèile. Aig àm sònraichte tagh leanabh airson a bhith na phost. Bidh am post a' cur nan cairtean chun nan taighean agus ag ràdh, "Tha a' chairt seo gu Emma."

**Emma  
Clas 2**

**46. CÒ MI?**

Tha a' chlann a' suidhe ann an cearcall agus a' taghadh cairt le dealbh beathach, dealbh duine, no dealbh rudeigin eile. An uair sin bidh leanabh ag innse dà rud mu dheidhinn an deilbh a tha aige.

me,

"Chan urrainn dhomh seinn ach is urrainn dhomh cnàimh ithe. Cò mi?"

"Tha mi mòr agus tha mi blàth. Cò mi?"

Bidh leanabh eile a' freagairt ann an seantans, "S e ..... a tha ann."

### 47. DÈ THA MI A' DOL A DHÈANAMH?

Cruinnich tòrr dhealbhan a' sealltainn rudan a chuireadh duine còmhla ri chèile, me,  
peant agus bruis  
pàipear agus peann  
flùr agus uighean  
uisge agus reothadair

Cuir na dealbhan ann an dà cholbh air a' bhòrd-gheal.  
Iarr air leanabh cairt a thoirt às gach colbh agus seasamh air beulaibh a' chlas.

Canaidh e, "Tha pàipear agus peann agam. Dè tha mi a' dol a dhèanamh?"  
Bidh a' chlann eile a' tomhais dè tha e/i a' dol a dhèanamh, me,

"Tha thu a' dol a dhèanamh dealbh."

Mura tomhais iad an dèidh trì tursan bidh a' chiad leanabh ag innse dhaibh dè tha e  
a' dol a dhèanamh agus an uair sin thèid leanabh eile a thaghadh chairtean.

Faodar an geama seo a chluiche mar seo:

Tha flùr agus uighean agam. Dè eile dh'fheumas mi airson cèic a dhèanamh?

Feumaidh tu bainne.

Tha sin ceart. Tapadh leibh.

### 48. AM BAILE AGAINN

Iarr air a' chloinn cruinneachadh 'junk' leis an dèan iad modal dhen taigh aca.  
Bruidhinn mu dheidhinn nan taighean aca agus cò ris a tha iad coltach:

Cia mheud uinneag a tha air an taigh agadsa?

Dè an dath a tha air an taigh agadsa?

Dè an dath a tha air an doras agad?

Dèan rathaidean agus sràidean air pàipear agus cuir seo air bòrd mòr. Cleachd Duplo  
agus plastasan airson càraichean, beathaichean, craobhan agus togalaichean a  
dhèanamh. Nuair a tha na taighean deiseil bruidhinn ris a' chloinn mu dheidhinn far a  
bheil iad a' dol a chur nan taighean aca, me,

Tha an taigh agamsa ri taobh na sgoile.

Chuir mi an taigh agamsa faisg air na craobhan.

Nuair a tha "Am baile againn" deiseil dèan bhidio dhen chloinn a' bruidhinn mu  
dheidhinn am baile aca.

### Còmhradh eadar muinntir a' bhaile agus muinntir an telebhisein:

Neach-naidheachd: Càit a bheil an taigh agadsa, a Mhàiri?

Màiri: Tha an taigh agamsa ri taobh na sgoile agus tha sanas B+B  
sa ghàrradh.

Neach-naidheachd: Iain, dè an dath a tha air an doras agadsa?

Iain: Tha doras an taigh agamsa dearg.

### 49. CÀIT A BHEIL AN LUCHAG?

Cleachd cumaidhean mar preasa, doras, sèithear, bòrd, cù agus mar sin air adhart. Cuir iad seo air bòrd magnaiteach. Cleachd luchag bheag èibhinn airson an cur ann an diofar àitichean.

Bidh a' chlann a' suidhe ann an cearcall air beulaibh a' bhùird agus a' dùnadh an sùilean. Bidh leanabh eile a' tighinn agus a' cur na luchag ann an àite sònraichte, me, air a' bhòrd, anns a' phreasa, fon t-sèithear agus mar sin air adhart.

Nuair a dh'fhosglas a' chlann an sùilean bidh an leanabh aig a' bhòrd a' faighneachd dha leanabh eile: "Càit a bheil an luchag?"

Tha an geama seo math airson fiosrachadh a thoirt dhan tidsear mu thuigse na cloinne a thaobh roimhear.

### 50. TRO NA FLURAIChEAN

A' chlann a' seasamh ann an cearcall anns an talla.

Tòisichidh aon leanabh a' dol a-mach agus a-steach eadar gach leanabh eile agus a h-uile duine a' seinn:

Mach 's a-steach dol tro na flùraichean

Mach 's a-steach dol tro na flùraichean,

Mach 's a-steach dol tro na flùraichean,

Tha mi air do chùlaibh.

An uair sin seasaidh a' chiad leanabh air cùlaibh leanabh eile agus a h-uile duine a' seinn:

Brig, brig, brig, brag, air mo ghualnean,

Brig, brig, brig, brag, air mo ghualnean,

Brig, brig, brig, brag, air mo ghualnean

Tiugainn còmhlà riumsa.

An uair sin tha an dithis leanabh a' dol a-mach agus a-steach tro na flùraichean agus a h-uile duine eile a' seinn.

Lean ort mar seo gus a bheil loidhne fhada de chloinn a' dol a-mach agus a-steach tro na flùraichean.

Faic: Òrain agus Rannan 119

### 51. AODACH

A' chlann nan suidhe ann an cearcall agus iad a' bruidhinn mu dheidhinn:

an dath a tha air an aodach

an dath a tha air an sùilean

an dath a tha air am falt

Leanabh 1: Tha briogais dhubh agus geansaidh dearg air. Cò tha ann?

Leanabh 2: An e lain a tha ann?

Leanabh 1: 'S e lain a tha ann.

no

Chan e lain a tha ann.

### 52. CÒ GHOID MO PHEANSAIL?

Aon leanabh a' dol a-mach às an rùm. An uair sin bidh a' chlann eile a' toirt peansail do dh'aon leanabh anns a' chlas agus bidh an leanabh seo a' cur a' pheansail air a chùlaibh. Thig a' chiad leanabh air ais a-steach agus canaidh e ann an guth feargach: "Cò ghoid mo pheansail nuair a bha mise a-muigh?"

Cuiridh e a chorrach air leanabh agus canaidh e:

"An tusa a ghoid mo pheansail?"

Canaidh an leanabh:

"S e/chan e mise a ghoid do pheansail."

Nuair a gheibh iad am peansail thèid an leanabh aig a bheil am peansail a-mach.

### 53. LITIR GU BODACH NA NOLLAIG

A' chlann a' suidhe ann an cearcall agus cairt le dealbh Bodach na Nollaig a' dol bho leanabh gu leanabh. Cluich ceòl Nollaig. Nuair a stadas an ceòl bidh an leanabh aig a bheil a' chairt a' seasamh ann am meadhan a' chearcaill leis an litir agus ag ràdh,

Chuir mi litir gu Bodach na Nollaig agus thuir mise ri Bodach na Nollaig:  
"Bu toigh leamsa ....."

Bidh an leanabh seo a' mimeadh dè bu toigh leis agus bidh a' chlann eile a' tomhais dè tha ann.

Nuair a thomhaiseas leanabh thèid an leanabh seo a chur an ceòl air a rithist agus thèid an geama air adhart.

### 54. A' PHROSBAIG DHRAOIDHEIL

A' chlann a' suidhe ann an cearcall agus leanabh a' tighinn agus a' coimhead a-steach dhan phrosbaig far am bi a h-uile seòrsa rud a' tachairt. Canaidh an leanabh, me:

"Tha mise a' coimhead each agus bò a' dannsa a-staigh an seo."

An tidsear: A bheil e/i a' coimhead each agus bò a' dannsa?

A' chlann: Chan eil e/i a' coimhead each agus bò a' dannsa.

An uair sin thig leanabh eile a-mach a choimhead dè tha a' tachairt. Bidh a' chlann a' coimhead rudan èibhinn no rudan nàdarra anns a' phrosbaig agus bidh na freagairtean a rèir seo.



### 55. THUIRT MISE RI FEAR NA BÙTHA

A' chlann a' suidhe ann an cearcall agus бага a' dol bho leanabh gu leanabh agus ceòl a' cluiche. Cuir biadh plastaig (measan, glasraich no biadh eile) a mheadhan a' chearcaill agus Fear na Bùtha a' suidhe ri thaobh. Nuair a stadas an ceòl bidh an leanabh aig a bheil am бага a' seasamh ann am meadhan a' chearcaill agus ag ràdh:

Chaidh mise dhan bhùth agus thuirte mise ri Fear na Bùtha - "tha mi ag iarraidh ùbhlán," agus thuirte e rium....

(A h-uile duine ag èigheachd còmhla ri Fear na Bùtha)

Cia mhead a tha thu ag iarraidh?

Leanabh: Tha mi ag iarraidh trì ùbhlán.

(Cuiridh Fear na Bùtha trì ùbhlán dhan bhaga.)

An uair sin tha an leanabh a' dol air ais dhan cearcall leis a' bhaga agus tha an geama a' dol air adhart.

### 56. TROBHAD A-STEACH

A' chlann a' suidhe ann an cearcall. Fàg doras airson tighinn a-steach. Thoir "ainm" do gach leanabh, me, àireamhan/dathan/beathaichean.

Tagh leanabh airson a bhith ag èigheach "ainmean".

Nuair a thèid "ainm" èigheach feumaidh a' chlann leis an "ainm" seo leum suas agus ruith timcheall a' chearcaill.

Nuair a chanas e/i "Trohad a-steach," thig a' chlann a tha a' ruith a-steach air an doras agus air ais dhan àite fhèin. An duine mu dheireadh air ais a-mach às a' gheama.

### 57. CROGAILL AGUS SEALGAIREAN

A' chlann ann an dà bhuidheann. Inns dhaibh gu bheil aon bhuidheann nan sealgairean agus am buidheann eile nan crogail.

Tha na sealgairean a' feuchainn ri faighinn gu taobh eile abhainn a tha làn chrogail. Tha an abhainn uabhasach domhainn agus tha bòtannan mòra trom air na sealgairean. Feumaidh iad ceumannan mòra làidir a dhèanamh airson faighinn chun an taobh eile. Uaireannan bidh na crogail nan cadal agus gheibh a h-uile duine a-null sàbhailte. Uaireannan eile bidh **FUAIM MÒR** a' dùsgadh nan crogail agus bidh iad a' feuchainn ri na sealgairean a ghlacadh. Aig ceann shuas na h-aibhne tha bodach/cailleach a' fuireach agus tha fios aige/aice nuair a tha na crogail nan cadal. Mus inns e/i dha na sealgairean a bheil na crogail nan cadal feumaidh na sealgairean dà cheist a fhreagairt.

Bodach/cailleach: Càit a bheil sibh an-dràsta?

Sealgairean: Tha sinn ann an seo.  
(a' seasamh aig aon taobh dhen talla)

Bodach/cailleach: Càit a bheil sibh a' dol?

Sealgairean: Tha sinn a' dol a-null an siud.  
(taobh eile na talla)

Bodach/cailleach: Ceart, tha na crogail nan cadal.

Tha na sealgairean a' tòiseachadh a choiseachd tarsaing na h-aibhne agus na crogail nan laighe nan cadal.

**FUAIM MÒR** (cleachd drumma no tambairin)

Tha na crogail a' dùsgadh agus a' feuchainn ris na sealgairean a ghlacadh.

### 58. A' BHANA-BHUIDSEACH/AM BUIDSEACH

Bidh a' chlann nan seasamh an toiseach ann an cearcall mòr, (cha bhi grèim aca air làmhnan a chèile). Bidh aon na s(h)easamh sa mheadhan. 'S esan/ise a' bhana-bhuidseach no am buidseach. Tha e nas fheàrr ma tha iad àrd agus còta fada dubh air/oirre. Feumaidh e/i maide beag a bhios na shlat dhraoidheil.

Togaidh am buidseach an t-slat suas àrd agus canaidh e:

“Coisichibh, suas àrd air chorra-biod.”

Feumaidh a' chlann seo a dhèanamh, le làmhnan suas àrd dhan adhar.

Ma chuireas e an t-slat sìos gun làr bidh e ag ràdh, “Sìos air ur màgan a-nis.” Feumaidh a' chlann falbh mun cuairt sa chearcall air am màgan. Ma chanas e,

“Coisichibh dòigheil, dìreach a-nis,” feumaidh iad seasamh suas agus coiseachd mun cuairt gu nàdarrach a' cumail ann an cearcall. Bidh an t-slat aige dìreach a-mach an uair sin.

Faodaidh am buidseach iarraidh air a' chloinn na dòighean coiseachd aca atharrachadh cho tric 's a thogras e. Mu dheireadh, tilgidh am buidseach an t-slat sìos agus èighidh e: “Tha mi dol gad ghlacadh.”

Teichidh a' chlann an siud 's an seo, ach ma ghlacas e cuideigin, feumaidh an leanabh sin a bhith na bhuidseach/bana-bhuidseach agus tòisichidh an geama a-rithist.

### 59. CÀIT A BHEIL TEADAIDH?

Bidh leanabh no an tidsear a' cur teadaidh no dèideag eile ann an diofar àitichean, me, anns a' bhogsa, aig an uinneig, ri taobh an deasg, air cùl Màiri, air cùlaibh a' phreasa, fon bhòrd.

Bidh iad a' faighneachd: "Càit a bheil Teadaidh?"

### 60. THA MI GAD FHAICINN

Bidh aon leanabh a' suidhe air sèithear aig ceann shìos na talla agus a' chlann eile nan seasamh nan sreath aig a' cheann shuas. Bidh iadsan ag èigheach,

"A bheil thu deiseil?"

Nuair a chanas an leanabh air an t-sèithear "Tha", tòisichidh a' chlann a' coiseachd air an socair sìos chun an t-sèithir.

Tionndaidhidh an leanabh a tha air an t-sèithear gu luath agus stadaidh a' chlann eile cho luath 's as urrainn dhaibh. Bidh an leanabh a tha air an t-sèithear a' feuchainn ri cuideigin a tha a' gluasad a ghlacadh. Ma chì e cuideigin a' gluasad canaidh e, "Tha mi gad fhaicinn a' gluasad."

Feumaidh iad seo a dhol a-mach às a' gheama.

Tha an geama a' dol air adhart gus an ruig a h-uile duine an sèithear no gus am bi a h-uile duine a-mach. An uair sin thèid cuideigin eile dhan t-sèithear.

# DÈ THUIRT THU?

## Òrain agus Rannan

Òrdan na h-aibidil

	Àireamh	CD/Làrach
A' bhana-bhuidseach	110	3/10
A' ghrian mhòr bhuidhe	133	3/33
A' seinn anns an uisge	147	3/47
A bheil an cù aig an doras?	139	3/39
A chur nan gobhar às a' chreig	134	3/34
A Mhàiri	34	1/34
Aig a' chidhe	48	1/48
Am bodach beag annasach	22	1/22
Am muileann dubh	88	2/38
An cuala tu?	93	2/43
An nurs	46	1/46
An sgoil	115	3/15
An teaghlach agamsa	120	3/20
Anns a' chidsin	50	1/50
Anns a' phàirce	55	2/05
Anns a' pholl	29	1/29
Aon chorrach beag	11	1/11
Aon, dhà, trì 's toigh leam fhìn tì	1	1/01
Aon, dhà, trì, tha cuilean agam fhìn	35	1/35
Balach beag le còta gorm	129	3/29
Ball-coise	30	1/30
Bheirinn siud do Mhàiri	25	1/25
Blàrag	76	2/26
Bodach Mòr na Nollaig.	109	3/09
Bodach-sneachda	108	3/08
Bòtannan dearg	24	1/24
Bradach beag is bradan mòr	99	2/49
Brògan ùra	146	3/46
Buain na rainich	86	2/36
Bus na sgoile	113	3/13
Bùth MhicAmhlaidh	60	2/10
Caidil is dùisg	103	3/03
Cairistiona Chaimbeul	91	2/41
Càit a bheil na dèideagan?	31	1/31
Cat ri taobh an teine	69	2/19
Cha dèanadh i danns	52	2/02
Chaidh còig tunnag beag a shnàmh	144	3/44
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè	57	2/07
Chaidh mise dhan bhaile	136	3/36
Chaidh mise dhan bhùth an-dè	58	2/08
Chaidh sinn a bhuain na mònach	37	1/37

# DÈ THUIRT THU?

## Òrain agus Rannan

Òrdan na h-aibidil

	Àireamh	CD/Làrach
Chan eil mo leannan ann an seo	78	2/28
Chuala mi a' chuthag	32	1/32
Cluasan, sùilean, sròn is beul	19	1/19
Cluichidh mis' a-muigh	61	2/11
Cluinn an tàirneanach	96	2/46
Cò mi?	92	2/42
Cò rinn an rionnag bhrèagha?	104	3/04
Cò thig a-mach an-diugh?	53	2/03
Còig luchainn bheaga gheala	74	2/24
Còig uighean ann am basgaid	38	1/38
Còignear fhear a' togail taigh	124	3/24
Congrinerò	73	2/23
Crathaidh mi mo làmhan	148	3/48
Cuibhlichean a' bhus	54	2/04
Cuir do làmh a-steach	62	2/12
Cuir do làmhan air do cheann	17	1/17
Cuir ort do stocainnean mar seo	23	1/23
Dathan	40	1/40
Dè 'm fear as fheàrr leat?	28	1/28
Dè chì mi le mo shùil?	112	3/12
Dè nì mi gun lèine ghlan?	26	1/26
Dè tha anns a' bhogsa?	47	1/47
Dè tha thu a' dèanamh?	142	3/42
Dè thèid air mo cheann?	20	1/20
Dìleas	67	2/17
Diteag, diteag	95	2/45
Dùin do shùilean	149	3/49
Èisg bhig	138	3/38
Fear nam fiaclan	45	1/45
Flùraichean is ròsan	51	2/01
Gealach ùr is rionnagan	56	2/06
Gnog air an doras	10	1/10
Gnog, gnog aig an doras	44	1/44
Guthan nam beathaichean	71	2/21
Ho, Ho, Ho, Ho,	42	1/42
I bhì a da	79	2/29
Iomramh	100	2/50
Is mise an coileach	77	2/27
Is toigh leam a bhith peantadh	143	3/43
Is toigh leam cleasan anns an talla	117	3/17
Is urrainn dhomh comhartaich	80	2/30

# DÈ THUIRT THU?

## Òrain agus Rannan

Òrdan na h-aibidil

	Àireamh	CD/Làrach
Is urrainn dhòmhsa suidhe	85	2/35
Itean Penelope	132	3/32
Làmhan anns a' bhùrn	16	1/16
Latha fliuch, fliuch, fliuch	131	3/31
Luch-fheòir	75	2/25
Ma tha thu toilichte an-diugh	14	1/14
Madainn mhath, madainn mhath	105	3/05
Madainn mhath, nach dùisg thu?	33	1/33
Màiri Bheag a' falbh dhan sgoil	121	3/21
Màiri Ruadh a' dannsa	83	2/33
Mamaidh aig a' chucair	8	1/08
Mè, mè, chaora dhubh	125	3/25
Miau, Miau	72	2/22
Mise bodach-sneachda	106	3/06
Mo bhàta	102	3/02
Mòrag Bheag	82	2/32
Na maragan aig Ruairidh	4	1/04
Na solais trafaig	39	1/39
Nigh an t-aodach	49	1/49
Noah 's a bhean, 's a mhic	41	1/41
Nuair bha mi na mo mhaighdinn	137	3/37
O cò ghoid am bonnach?	5	1/05
Òran a' bhogha-fhrois	97	2/47
Òran a' fòn	27	1/27
Òran an t-sneachda	141	3/41
Òran Disathairne	63	2/13
Òran Samhna	111	3/11
Òrdag is corrag	15	1/15
Peantaidh mise dealbh dhut	135	3/35
Phiseag bheag	70	2/20
Poili cuir an coire air	7	1/07
Ràith a' gheamhraidh	118	3/18
Rinn mi bodach-sneachd' an-dè	107	3/07
Ruidhleadh na coilich dhubha	81	2/31
'S ann an ìle	64	2/14
'S toigh leam mo bhiadh	145	3/45
Saor-làithean	114	3/14
Seall mise a' dol	122	3/22
Seo an tè a leag an sabhal	9	1/09
Seo mar a bhios sinn a' cluich	127	3/27
Seoc is Sìne	59	2/09

# DÈ THUIRT THU?

## Òrain agus Rannan

Òrdan na h-aibidil

	Àireamh	CD/Làrach
Splis, splais	90	2/40
Spòrs le do chorragan	12	1/12
Suath do bhoisean	18	1/18
Sùilean dubha	87	2/37
Tha an t-acras orm	6	1/06
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh	36	1/36
Tha bàta seòladh air a' chuan	101	3/01
Tha bonaid orm a-nis	21	1/21
Tha Dadaidh ag obair	43	1/43
Tha Dòmhnall Mòr a-staigh	123	3/23
Tha flùr agus ìm agam	2	1/02
Tha mi dol a dhèanamh cèic	3	1/03
Tha mi fuar agus teth	116	3/16
"Tha mi ruith," ars' an rabaid	65	2/15
Tha mi trang anns an sgoil	130	3/30
Tha mise mòr, tha luchag beag	140	3/40
Tha mise mòr, tha thusa beag	128	3/28
Tha mise nas motha na-----	68	2/18
Tha mo chòta bog fliuch	89	2/39
Tha Pàdraig a' bualadh	126	3/26
Tha Sara a' dannsa	84	2/34
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta	66	2/16
Tha siol beag fon talamh	98	2/48
Thoir dhìot do chòta	150	3/50
Tro na flùraichean	119	3/19
Uilleam Òrdag	13	1/13
Uisge	94	2/44

## DÈ THUIRT THU?

## Òrain agus Rannan

Chaidh na CDs de na h-òrain agus na rannan a dheasachadh le Cànan do PRG. Chaidh an clàradh air an Eilean Sgitheanach le sgioba air a stiùireadh le Cànan.

A' clàradh: Terry Small

A' seinn: Alasdair Codona, Ellen Jack, Art MacCarraig, Marion NicAoidh, Barabal Nic a' Ghobhainn, Anna Nic na Ceardaich, Cairstiona Primrose

A' cluich: Jenny Booth (fidheall), Alasdair Codona (giotàr agus meur-chlàr), Mhàiri Hall (meur-chlàr), Maoilios MacAonghais (giotàr), Murchadh MacLeòid (giotàr)

Rèiteachadh-ciùil: Alasdair Codona agus an sgioba air fad

Ag aithris: Ailig O' Henley, Cairistiona Primrose, Mairead Ros agus an luchd-ciùil eile

Fuinn: Àireamhan 2, 17, 18, 20, 23, 24, 29, 31, 34, 38, 42, 47, 55, 58, 60, 63, 74, 84, 98, 102, 107, 110, 112, 113, 116, 120, 129, 131, 135, 140, 143, © Alasdair Codona  
Àireamhan 99, 100, 109, 111, 146 © Cairistiona Primrose

Tha cuid de na rannan agus na h-òrain air nochdadh ann an leabhraichean agus air teipichean mu thràth, nam measg: Dòtaman agus Dòtaman air Ghleus, Trobhadaibh a-steach, Seinneamaid Còmhlà, Dè tha dol?, Éisd agus Seinn, Spòrs agus Seinn agus Am Bodach Beag Annasach.


**DÈ THUIRT  
THU?**

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

**ÒRAIN AGUS RANNAN**



### 1. Aon, dhà, trì, 's toigh leam fhìn tì

Aon, dhà, trì,  
Is toigh leam fhìn tì;  
Is toigh leam i; is toigh leam i,  
Briosgaid agus tì.

Ceithir, còig, sia,  
Suidhe anns a' chidsin,  
Ag òl cupa tì,  
Tì agus briosgaid.

**CD: 1      Làrach: 1**

### 2. Tha flùr agus ìm agam

Tha flùr agus ìm  
Agus bainne agus salann  
Agam air an cruinneachadh,  
'S mi dol a dhèanamh aran.

Measgaidh iad le chèile  
Anns a' bhobhla mhòr bhuidhe  
Cha mhòr nach do dhìochuimhnich mi  
Gu feumamaid ugh ann.

Tha e nise deasaicht'  
Airson a bhruich air a' ghreideil  
Mionaid air an taobh seo  
'S chan fhad' gu'm bi e deiseil.

Ithidh sinn am bonnach  
Le ìm is gruth is bàrr  
Copan mòr tì leis -  
Cha b' urrainn na b' fheàrr!

**CD: 1      Làrach: 2**

### 3. Tha mi dol a dhèanamh cèic

Tha mi dol a dhèanamh cèic,  
Tha mi dol a dhèanamh còig dhiubh,  
Aon dha Dadaidh, aon dha Mamaidh,  
Agus ithidh mise trì dhiubh.

Tha mi dol a dhèanamh bonnach,  
Tha mi dol a dhèanamh ceithir dhiubh,  
Aon dha Dadaidh, aon dha Mamaidh,  
Agus ithidh mise dhà dhiubh.

Tha mi dol a dhèanamh crispies,  
Tha mi dol a dhèanamh trì dhiubh,  
Aon dha Dadaidh, aon dha Mamaidh,  
Agus ithidh mise aon dhiubh.

Tha mi dol a dhèanamh briosaidean,  
Tha mi dol a dhèanamh dhà dhiubh,  
Aon dha Dadaidh, aon dha Mamaidh,  
Agus chan eil aon air fhàgail.

Tha mi a' dol a dhèanamh aran,  
Tha mi dol a dhèanamh aon dhiubh,  
Gheibh sinn sgian airson a ghearradh,  
'S gheibh a h-uile duine pìos dheth.

**CD: 1**      **Làrach: 3**

### 4. Na Maragan aig Ruairidh

*Sèist:*  
*O dh'ith na coin na maragan,*  
*'S na lùba dubh air Ruairidh,*  
*O dh'ith na coin na maragan*  
*'S na lùba dubh air Ruairidh.*

'S e Seònaid rinn na maragan,  
Na maragan, na maragan;  
'S e Seònaid rinn na maragan,  
'S na lùba dubh air Ruairidh.

Nuair dh'èirich mi sa mhadainne,  
Sa mhadainne, sa mhadainne;  
Nuair dh'èirich mi sa mhadainne,  
Chan fhaighinn grèim air Ruairidh.

*(sèist agus gach rann air an seinn dà thuras)*

**CD: 1**      **Làrach: 4**

**5. O cò ghoid am bonnach?**

*Sèist:*

*O cò ghoid am bonnach,  
Ghoid am bonnach, ghoid am bonnach?  
O cò ghoid am bonnach,  
Am bonnach a rinn Màiri?*

Chuir i am bonnach air a' bhòrd,  
Air an truinnsèar mar bu chòir,  
'S nuair a chaidh i air a thòir,  
Cha robh mìr air fhàgail.

**CD: 1      Làrach: 5**

**6. Tha an t-acras orm**

Tha 'n t-acras orm, tha 'n t-acras orm,  
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh.  
Gu dè th' aig Mamaidh anns a' phoit?  
Buntàt' is brochan-feòla.

"Ith sin suas," bidh Mamaidh 'g ràdh,  
"Ith e suas gu dòigheil."  
'S beag a leigeas ise leas;  
Tha 'n t-acras orms' an-còmhnaidh!

**CD: 1      Làrach: 6**

**7. Poili cuir an coire air**

Poili, cuir an coire air,  
Poili, cuir an coire air,  
Poili, cuir an coire air,  
'S gheibh sinn tì.

Sugi, cuir e dheth a-nis,  
Sugi, cuir e dheth a-nis  
Sugi, cuir e dheth a-nis  
Theich iad uil' a-rithist.

**CD: 1      Làrach: 7**

**8. Mamaidh aig a' chucair**

*Sèist*  
*Tha Mamaidh aig a' chucair,*  
*Is rud aice ri dhèanamh,*  
*'S i dol a dhèanamh fuine dhuinn*  
*A chumas deagh bhiadh rinn.*

Bidh bonnaich bheaga mhilis againn,  
Sliosan buidhe 's jam orra,  
Aran-coirce is aran-cridhe,  
Sgonaichean is pancakes.

**CD: 1      Làrach: 8**

**9. Seo an tè a leag an sabhal**

Seo an tè a leag an sabhal;  
Seo an tè a dh'ith an sìol;  
Seo an tè a ruith air falbh;  
Seo an tè a dh'inns an sgeul;  
Is seo an tè a sheas ag amharc  
'S a b' fheudar pàigheadh airson a h-uile nì.

**CD: 1      Làrach: 9**

**10. Gnog air an doras**

Gnog air an doras;  
Buail an clag;  
Cìog tron uinneig;  
Tadhail a-steach.

Cùm do theanga;  
Tog do chas;  
Ciamar a tha sibh?  
Feasgar math.

**CD: 1      Làrach: 10**

**11. Aon chorràg bheag**

Aon chorràg bheag, aon chorràg bheag,  
Aon chorràg bheag a' dol brig, brig, brag. Suas  
gu h-àrd, sìos chun an làir  
Is cuir a-nis air do ghlùin i.

Dà chorràig bhig, dà chorràig bhig,\*  
Dà chorràig bhig a' dol brig, brig, brag.  
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir  
Is cuir a-nis air do ghlùin iad.

Trì corragan beaga, trì corragan beaga,  
Trì corragan beaga a' dol brig, brig, brag. Suas  
gu h-àrd, sìos chun an làir  
Is cuir a-nis air do ghlùin iad.

Ceithir corragan beaga, ceithir corragan beaga,  
Ceithir corragan beaga a' dol brig, brig, brag.  
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir  
Is cuir a-nis air do ghlùin iad.

Còig corragan beaga, còig corragan beaga,  
Còig corragan beaga a' dol brig, brig, brag.  
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir  
Is cuir a-nis air do ghlùin iad.

\*An-diugh, dà chorràg bheag

**CD: 1      Làrach: 11**

**12. Spòrs le do chorràgan**

Seo craobh le duilleagan uaine;  
Seo na h-ùbhlan a tha fàs;  
Sèididh a' ghaoth;  
Tuitidh na h-ùbhlan;  
Sìos dhan a' bhasgaid  
Is sìos air an làr.

**CD: 1      Làrach: 12**

### 13. Uilleam Òrdag

Uilleam Òrdag, Uilleam Òrdag,  
Cà bheil thu?  
Tha mi seo; tha mi seo;  
Ciamar a tha thu?

Calum Corrag, Calum Corrag,  
Cà bheil thu?  
Tha mi seo; tha mi seo;  
Ciamar a tha thu?

Màiri Fhada, Màiri Fhada,  
Cà bheil thu?  
Tha mi seo; tha mi seo;  
Ciamar a tha thu?

Mac an Aba, Mac an Aba,  
Cà bheil thu?  
Tha mi seo; tha mi seo;  
Ciamar a tha thu?

Ludag Bheag, Ludag Bheag,  
Cà bheil thu?  
Tha mi seo; tha mi seo;  
Ciamar a tha thu?

Corragan air fad, corragan air fad,  
Cà bheil sibh?  
Tha sinn seo, tha sinn seo;  
Ciamar a tha sibh?

**CD: 1      Làrach: 13**

### 14. Ma tha thu toilichte an-diugh

Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh,  
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, buail do làmh.

Ma tha thu toilichte an-diugh, breab do chas,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, breab do chas,  
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, breab do chas.

Ma tha thu toilichte an-diugh, priob do shùil,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, priob do shùil,  
Ma tha thu toilichte an-diugh feumaidh tusa innse dhomh,  
Ma tha thu toilichte an-diugh, priob do shùil.

**CD: 1      Làrach: 14**

**15. Òrdag is corrag**

Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh 's breab do chas, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh 's breab do chas, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh 's breab do chas, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cuir car, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cuir car, cùm a' gluasad,  
Òrdag is corrag is làmh, breab do chas, gnog do cheann, seas suas, dèan  
suidhe, cuir car, cùm a' gluasad,  
Tha sinne toilichte an-diugh.

**CD: 1**

**Làrach: 15**

### 16. Làmhan anns a' bhùrn

Làmhan anns a' bhùrn,  
Làmhan anns a' bhùrn,  
Splisidh, sploisidh, splaisidh,  
Tha mo làmhan anns a' bhùrn.

Siabann air mo shròin,  
Siabann air mo shròin,  
Splisidh, sploisidh, splaisidh,  
Tha siabann air mo shròin.

Frasaidh mi am bùrn ort,  
Frasaidh mi am bùrn ort;  
Splisidh, sploisidh, splaisidh,  
Frasaidh mi am bùrn ort.

**CD: 1      Làrach: 16**

### 17. Cuir do làmhan air do cheann

Cuir do làmhan air do cheann;  
Cuir iad air do shròin;  
Crath do làmhan null 's a-nall  
'S cuir iad os do chionn.

Cuir do làmhan air do bheul;  
Cuir iad air do mhaoil;  
Crath do làmhan null 's a-nall  
'S cuir iad ri do thaobh.

Cuir do làmhan air do shùilean;  
Cuir iad air do ghruaidhean;  
Crath do làmhan null 's a-nall  
'S an uair sin.....buail iad!

Cuir do làmhan air do smeagaid;  
Cuir iad air do chluasan;  
Crath do làmhan null 's a-nall  
Is tionndaidh fhèin an uair sin.

**CD: 1      Làrach: 17**

### 18. Suath do bhoisean

Suath do bhoisean,  
Suath do bhoisean,  
Suas is sìos,  
Suas is sìos.  
Dùin do làmhan,  
Dùin do làmhan,  
Dùin is fosgail iad a-ris.

Dòrn air dhòrn,  
Dòrn air dhòrn,  
Suas, suas, suas,  
Suas, suas, suas.  
Is buail do bhoisean,  
Buail do bhoisean,  
Suas, suas, suas, suas.

Sìn do làmhan suas thar do cheann;  
Tionndaidh timcheall uair a-mhàin;  
Dèan luasgan beag a-null is a-nall Is  
sìn do làmhan sìos gu mall.

**CD: 1      Làrach: 18**

**19. Cluasan, sùilean, sròn is beul**

Cluasan, sùilean, sròn is beul,  
Sròn is beul, sròn is beul;  
Cluasan, sùilean, sròn is beul  
An ceann a h-uile creutair.

Corrag bheag is òrdag mhòr,  
Òrdag mhòr, òrdag mhòr,  
Corrag bheag is òrdag mhòr  
Air làimh a h-uile creutair.

**CD: 1      Làrach: 19**

**20. Dè thèid air mo cheann?**

Dè thèid air mo cheann,  
Dè thèid air mo cheann,  
Dè thèid air mo cheann,  
Mus fhalbh mi sa mhadainn?

Bonaid air mo cheann,  
Brògan air mo chasan,  
Seacaid agus còt',  
Mus fhalbh mi sa mhadainn.

**CD: 1      Làrach: 20**

**21. Tha bonaid orm a-nis**

Tha bonaid orm a-nis,  
Tha bonaid orm a-nis,  
Tha bonaid agus còt orm;  
Tha bonaid orm a-nis.

Tha brògan orm a-nis,  
Tha brògan orm a-nis,  
Brògan agus stocainnean;  
Tha brògan orm a-nis.

**CD: 1      Làrach: 21**

**22. Am bodach beag annasach**

Chunnaic mise bodach beag annasach,  
Bodach beag annasach, bodach beag annasach,  
Chunnaic mise bodach beag annasach,  
Shuas air cnoc nan sìthich.

Bha bonaid uaine, fada agus gobach air,  
Fada agus gobach air, fada agus gobach air,  
Bha bonaid uaine, fada agus gobach air,  
Shuas air cnoc nan sìthich.

Bha seacaid dhearg le putanan buidhe air,  
Putanan buidhe air, putanan buidhe air,  
Bha seacaid dhearg le putanan buidhe air,  
Shuas air cnoc nan sìthich.

Bha briogais ghorm le rionnagan geala air,  
Rionnagan geala air, rionnagan geala air,  
Bha briogais ghorm le rionnagan geala air,  
Shuas air cnoc nan sìthich.

**CD: 1      Làrach: 22**

**23. Cuir ort do stocainnean mar seo**

Cuir ort do stocainnean mar seo;  
Cuir ort do stocainnean mar seo;  
Cuir ort do stocainnean mar seo;  
Mus cuir thu ort do bhrògan.

Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;  
Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;  
Cuir ort do bhrògan ùr' a-nis;  
Cuir ort do bhrògan 's dùin iad.

**CD: 1      Làrach: 23**

**24. Bòtannan dearg**

Tha bòtannan agamsa,  
Bòtannan dearg.  
Cumaidh iad tioram mi;  
Cumaidh iad blàth mi.

Nuair a thig an t-uisge,  
Cuiridh mi orm iad.  
Mo bhòtannan gleansach;  
Mo bhòtannan brèagha.

**CD: 1      Làrach: 24**

**25. Bheirinn siud do Mhàiri**

Bheirinn siud do Mhàiri,  
Bheirinn seo do Mhàiri,  
Bheirinn siud do Mhàiri,  
Gu càradh a gùin.

Bheirinn siud do Mhàiri,  
Bheirinn seo do Mhàiri,  
Siosar agus snàthad  
Gu càradh a gùin.

Bheirinn fhìn do mo ghaol,  
Siosar agus snàthad,  
Bheirinn fhìn do mo ghaol,  
Fàinne thig à bùth.

'S bheirinn fhìn do mo ghaol  
Ribeann agus fàinne;  
'S bheirinn siud do Mhàiri  
Gu càradh a gùin.

**CD: 1      Làrach: 25**

**26. Dè nì mi gun lèine ghlan?**

Tha bean agam; tha taigh agam;  
Tha allt aig ceann an taigh agam,  
Tha punnd de shiabann geal agam  
'S mo lèine salach grànda.

Dè nì mi gun lèine ghlan,  
Gun lèine gheal, gun lèine ghlan?  
Dè nì mi gun lèine ghlan,  
'S mi falbh on taigh a-màireach?

*(gach rann air a sheinn dà thuras)*

**CD: 1      Làrach: 26**

**27. Òran a' fòn**

Tha mi a' fònadh gu mo bhràthair  
A dhà, a ceithir, a trì;  
Tha mi a' fònadh gu mo bhràthair  
A tha fuireach am Port Rìgh.  
Tha mi a' fònadh gu mo bhràthair -  
Saoil a bheil e staigh?  
A bheil e dol a fhreagairt -  
A bheil duine aig an taigh?

*Sèist*

*Hello, ciamar a tha thu fhèin an-diugh?  
Dè tha dol, bheil dad às ùr?  
Ciamar a tha an t-side 'n-diugh? -  
A bheil e fliuch no fuar?*

Tha mi fònadh gu mo phiuthar -  
A trì, a seachd, a dhà;  
Tha mi fònadh gu mo phiuthar -  
Tha tòrr agam ri ràdh.  
Tha mi fònadh gu mo phiuthar  
Le naidheachdan dhi fhèin  
Mu dheidhinn a h-uile duine  
Is a h-uile dad fon ghrèin.

**CD:1            Làrach: 27**

**28. Dè 'm fear as fheàrr leat?**

Dè 'n dreas as fheàrr leat?  
Buidhe no gorm?  
Dearg no purpaidh?  
No 'm fear geal a th' orm?  
Tha an sgiorta seo ro ghoirid;  
Tha an tè seo ro fhad';  
Cha toigh leam an còta seo;  
Dhìom e anns a' bhad!

**CD: 1            Làrach: 28**

**29. Anns a' pholl**

Poll bog air mo mhiotagan,  
Poll bog air mo chòta,  
Poll bog air mo stocainnean,  
Poll bog air mo bhrògan.

Nìghidh mi mo mhiotagan;  
Nìghidh mi mo chòta;  
Nìghidh mi mo stocainnean  
Is glanaidh mi mo bhrògan.

**CD: 1      Làrach: 29**

**30. Ball-coise**

Ball-coise, ball-coise, ball-coise bog,  
Ball-coise, ball-coise, ball-coise snog;  
Breab e, breab e air an làr;  
Tilg e, tilg e suas dhan adhar.

**CD: 1      Làrach: 30**

**31. Càit a bheil na dèideagan?**

A bheil an làraidh air an làr,  
Air an làr, air an làr?  
A bheil an làraidh air an làr?  
O tha gu dearbh.

A bheil an càr anns a' bhogsa,  
Anns a' bhogsa, anns a' bhogsa?  
A bheil an càr anns a' bhogsa?  
O tha gu dearbh.

A bheil Teadaidh aig an doras,  
Aig an doras, aig an doras?  
A bheil Teadaidh aig an doras?  
O tha gu dearbh.

A bheil an luchag fon a' bhòrd,  
Fon a' bhòrd, fon a' bhòrd?  
A bheil an luchag fon a' bhòrd?  
O tha gu dearbh.

A bheil mise anns an leabaidh,  
Anns an leabaidh, anns an leabaidh?  
A bheil mise anns an leabaidh?  
O tha gu dearbh.

**CD: 1          Làrach: 31**

**32. Chuala mi a' chuthag**

Chuala mi a' chuthag,  
Anns a' mhadainn Mhàigh,  
Chuala mi a' chuthag,  
Seo mar bha i 'g ràdh,  
Gug gùg gug gùg gug gùg gug gùg gug.  
Gug gùg gug gùg gug gùg gug gùg gug.

**CD: 1          Làrach: 32**

**33. Madainn mhath, nach dùisg thu?**

Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
X (pòg) X X X ..... Chì mi thu a-màireach!

Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
X (pòg) X X X.....Chì mi thu a-màireach!

Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Madainn mhath, nach dùisg thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
Oidhche mhath, nach caidil thu?  
X (pòg) X X X.....Chì mi thu a-màireach!

**CD: 1      Làrach: 33**

**34. A Mhàiri**

Nach inns thu dhuinn, a Mhàiri,  
Dè na th' ann sa ghàrradh?  
Nach inns' thu dhuinn gun dàil  
Na tha fàs a-staigh na bhroinn.

Tha currain ann 's buntàta,  
Tha tuineap agus càl ann,  
'S tha flùraichean a' fàs  
Anns a' ghàrradh agam fhìn.

Tha ròsan ann tha àlainn,  
De gach dath is àileadh  
'S chan fhac' thu riamh nas fheàrr  
Na an gàrradh agam fhìn.

**CD: 1      Làrach: 34**

### 35. Aon, dhà, trì, tha cuilean agam fhìn

Aon, dhà, trì,  
Tha cuilean agam fhìn.  
Tha e math air cluiche,  
Aon, dhà, trì.

Ceithir, còig, sia,  
Chunnaic mise iasg,  
A' snàmh anns an abhainn,  
Ceithir, còig, sia.

Seachd, ochd, naoi,  
Dubhan agus sreang,  
Glacaidh sinn an t-iasg leis,  
Seachd, ochd, naoi.

Tha sinn aig a deich,  
'S tha an t-iasg air teich!  
Chuala e a' tighinn sinn,  
'S thug e chasan leis.

**CD: 1      Làrach: 35**

### 36. Tha an tidsear fiadhaich an-diugh!

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios tu ag ràdh?”  
Tapadh leibh, tapadh leibh.  
“Nist, tha sin nas fheàrr!”

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios tu ag ràdh?”  
Gabh mo leisgeul, gabh mo leisgeul.  
“Nist, tha sin nas fheàrr!”

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios tu ag ràdh?”  
Tha mi duilich, tha mi duilich.  
“Nisd, tha sin nas fheàrr!”

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios i ag ràdh?”  
“Greas ort! greas ort!”  
Nist, tha sin nas fheàrr!

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios i ag ràdh?”  
“Bi sàmhach! Bi sàmhach!”  
Nis, tha sin nas fheàrr!

Tha an tidsear fiadhaich an-diugh,  
Tha an tidsear fiadhaich an-diugh.  
“Dè bhios i ag ràdh?”  
“Na bi gòrach! Na bi gòrach!”  
Nist, tha sin nas fheàrr!

**CD: 1      Làrach: 36**

**37. Chaidh sinn a bhuain na mònach**

*Sèist:*

*Chaidh sinn a bhuain na mònach,  
Cho toilichte, cho toilichte,  
Chaidh sinn a bhuain na mònach,  
Le tairsgeir agus spaid.*

Bòtannan agus còta oirnn,  
Agus bonaidean, agus bonaidean,  
Bòtannan agus còta oirnn,  
Gun fhios nach tigeadh fras.

Bha aran agus feòil againn,  
Agus sgonaichean, agus sgonaichean,  
Bha aran agus feòil againn,  
Poit-tì agus orains sguais.

**CD: 1      Làrach: 37**

**38. Còig uighean ann am basgaid**

Còig uighean ann am basgaid,  
Uighean donn, uighean donn.  
Thàinig Màiri air a socair;  
Agus thug i leatha aon.  
Cia mheud ugh a tha ann a-nis?  
A ceithir!

(Aon, dhà, trì, ceithir)

Ceithir uighean ann am basgaid,  
Uighean donn, uighean donn.  
Thàinig Màiri air a socair;  
Agus thug i leatha aon.  
Cia mheud ugh a tha ann a-nis?  
A trì!

(Aon, dhà, trì)

Trì uighean ann am basgaid,  
Uighean donn, uighean donn.  
Thàinig Màiri air a socair;  
Agus thug i leatha aon.  
Cia mheud ugh a tha ann a-nis?  
A dhà!

(Aon, dhà)

Dà ugh ann am basgaid,  
Uighean donn, uighean donn.  
Thàinig Màiri air a socair;  
Agus thug i leatha aon.

**CD: 1      Làrach: 38**

**39. Na solais trafaig**

Stad ort! Stad ort! tha mi dearg,  
Stad ort! Stad ort! tha mi dearg,  
Stad ort! Stad ort! tha mi dearg,  
Stad! Stad! Stad!

Dèan deiseil! Dèan deiseil! tha mi buidhe,  
Dèan deiseil! Dèan deiseil! tha mi buidhe,  
Dèan deiseil! Dèan deiseil! tha mi buidhe,  
Dèan deiseil!

Thalla a-nist! Thalla a-nist! tha mi uaine,  
Thalla a-nist! Thalla a-nist! tha mi uaine,  
Thalla a-nist! Thalla a-nist! tha mi uaine,  
Thalla! Thalla! Thalla!

**CD: 1      Làrach: 39**

**40. Dathan**

Dath geal air a' bhainne,  
Dath ruadh air an tì,  
Dath donn air a' bhriosgaid,  
Dath buidh' air an ìm.

**CD: 1      Làrach: 40**

**41. Noah 's a bhean, 's a mhic**

Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc,  
Hurra, hurra;

Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc,  
Hurra, hurra;

Chaidh Noah 's a bhean, 's a mhic dhan àirc,  
Noah 's a chàirdean air a shàil

Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr

Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, fear mu seach,  
Leòmhann is tigeach, is bò, is each,

Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr

Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà,  
Hurra, hurra;

Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà,  
Hurra, hurra;

Chaidh na h-eòin a-steach, a dhà 's a dhà;  
A' chuthag, an tunnag, 's an tàrmachan,

Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr

Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì,  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì,  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, a trì 's a trì,  
Sheinn an sionnach air a' phìob,

Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr

Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir,  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir  
Hurra, hurra;

Chaidh na beathaichean ann, a ceithir 's a ceithir,  
Hippopotamus gòrach le chòta leathair,

Dhan bhàta mhòr le rùm gu leòr

Oir 's nach fhàsadh iad fliuch.

### 42. Ho, Ho, Ho, Ho

Tha Dòmhnall na phoileasman  
Na phoileasman, na phoileasman,  
Tha Dòmhnall na phoileasman,  
'S e poileasman a th' ann.

Ho, ho, ho, ho,  
Bidh mise nam phoileasman.  
Ho, ho, ho, ho,  
Bidh mi air an t-sràid.

Tha Seumas na shaighdear,  
Na shaighdear, na shaighdear,  
Tha Seumas na shaighdear,  
'S e saighdear a th' ann.

Ho, ho, ho, ho,  
Bidh mise nam shaighdear.  
Ho, ho, ho, ho,  
Bidh mise anns an Arm.

Tha Seònaid na tidsear,  
Na tidsear, na tidsear.  
Tha Seònaid na tidsear,  
'S e tidsear a th' innt'.

Ho, ho, ho, ho,  
Bidh mise nam thidsear.  
Ho, ho, ho, ho,  
Teagaisgidh mi sibh.

**CD: 1**      **Làrach: 42**

### 43. Tha Dadaidh ag obair

Tha Dadaidh ag obair, ag obair, ag obair,  
Tha Dadaidh ag obair bho mhadainn gu oidhch'.

Tha Mamaidh a' nighe, a' nighe, a' nighe,  
Tha Mamaidh a' nighe bho mhadainn gu oidhch'.

Tha Granaidh a' fighe, a' fighe, a' fighe,  
Tha Granaidh a' fighe bho mhadainn gu oidhch'.

Tha Seanair a' leughadh, a' leughadh, a' leughadh,  
Tha Seanair a' leughadh bho mhadainn gu oidhch'.

Tha 'm bèibidh a' rànaid, a' rànaid, a' rànaid,  
Tha 'm bèibidh a' rànaid bho mhadainn gu oidhch'.

**CD: 1**      **Làrach: 43**

### 44. Gnog, gnog aig an doras

*Sèist*

*Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?*

*Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?*

*Gnog, gnog aig an doras - saoil cò tha siud?*

*Fosgail an doras ach am faic sinn cò th' ann.*

Tha 'm post aig an doras le litir bheag dhòmhs',  
Tha 'm post aig an doras le litir bheag dhòmhs',  
Tha 'm post aig an doras le litir bheag dhòmhs',  
Is parsail do Chalum - 'eil fhios dè th' ann?

Fear a' bhainne aig an doras le bainne geal,  
Fear a' bhainne aig an doras le bainne geal,  
Fear a' bhainne aig an doras le bainne geal,  
'S fàgaidh e botal bhios againn ri òl.

Fear an èisg aig an doras leis an sgadan ùr,  
Fear an èisg aig an doras leis an sgadan ùr  
Fear an èisg aig an doras leis an sgadan ùr  
'S bidh sgadan againn a-nochd gu ar tì.

Tha 'n nurs aig an doras le бага beag dubh,  
Tha 'n nurs aig an doras le бага beag dubh,  
Tha 'n nurs aig an doras le бага beag dubh,  
Thalla 's leig a-steach i - chan eil mi gu math.

Gnog, gnog - saoil cò tha siud?

**CD: 1**      **Làrach: 44**

### 45. Fear nam fiacian

Is mise fear nam fiacian  
'S cha toigh le duine beò mi  
Ged chuireas mi an teich air  
An dèideadh a leòn iad.

*Sèist:*

*"Ochan, ochan, ochan,"  
bidh a' chlann ag èigheach.  
"Ochan, ochan, aaah!  
Mar tha sinn leis an dèideadh!"*

Ach nuair a chì iad mise  
A' tighinn anns a' charbad,  
Bidh iad uil' a' caoineadh  
'S a' dol air falach ormsa.

Carson a-rèist nach toigh leibh mi?  
Carson bhios sibh a' rànail?  
Tha mise gu math laghach  
Faighnich dha mo mhàthair.

Nuair a thig sibh thugam  
Cuiridh mi dhan t-sèithear sibh  
Is nuair a thèid sibh dhachaigh  
Cha bhì sibh leis an dèideadh.

**CD: 1      Làrach: 45**

### 46. An nurs

Sìos is suas an rathad  
Na mini-bhan bheag,  
Baga cruinn dubh aic',  
Sin agad an nurs.

*Sèist:*

*O tha i laghach!  
O tha i snog!  
Sìos is suas an rathad  
Na mini-bhan bheag.*

Ma bhitheas duine tinn ann  
Thig i anns a' spot  
Na bhan luath bhuidhe  
'S le baga cruinn dubh.

Bidh i tighinn a choimhead  
A' chlann anns an sgoil  
'S bidh i tighinn a thomhas  
Nam bèibidhs bheag.

An-dè bha mi san leabaidh  
Le ceann is amhaich ghoirt  
Ach thug an nurs dhomh pile  
Is tha mi alright.

**CD: 1      Làrach: 46**

**47. Dè tha anns a' bhogsa?**

Tha am post an seo le cairtean dhomh,  
Le cairtean dhomh, le cairtean dhomh,  
Tha am post an seo le cairtean dhomh,  
Is bogsa mòr trom.

*Sèist:*

*Bogsa mòr, mòr, trom,  
Bogsa mòr, mòr, trom,  
Bogsa mòr, mòr, trom,  
Saoil dè th' ann, saoil dè th' ann.*

Tha mi smaoinichadh gu bheil suiteas ann,  
Tha mi smaoinichadh gu bheil suiteas ann,  
Tha mi smaoinichadh gu bheil suiteas ann,  
'S e mo cho-là-breith a th' ann.

**CD: 1      Làrach: 47**

**48. Aig a' chidhe**

*Sèist*

*Dè chunna mis' aig a' chidhe 'n-dè?  
Tancair mòr ola is eathar beag clèibh.  
Chunna mi càr dol air bàta MacBrayne -  
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.*

Chunna mi làraidh le ultach de dh'fheur,  
Bogsa le giomaich is bogsa le iasg,  
Bogsaichean eile gan togail le crèan, -  
Chunna mi sin aig a' chidhe 'n-dè.

**CD: 1      Làrach: 48**

**49. Nigh an t-aodach**

Nigh an t-aodach,  
Nigh an t-aodach,  
Suath agus suath,  
Agus nigh an t-aodach.

Fàisg an t-aodach,  
Fàisg an t-aodach,  
Fàisg agus fàisg,  
Agus fàisg an t-aodach.

Croch a-mach an t-aodach,  
Croch a-mach an t-aodach,  
Croch agus croch,  
Agus croch a-mach an t-aodach.

Thoir a-staigh an t-aodach,  
Thoir a-staigh an t-aodach,  
Thoir agus thoir,  
Agus thoir a-staigh an t-aodach.

Ruith a-staigh dhan taigh,  
Ruith a-staigh dhan taigh,  
Ruith, ruith, ruith,  
Agus ruith a-staigh dhan taigh.

**CD: 1      Làrach: 49**

**50. Anns a' chidsin**

Bidh sinn ag obair anns a' chidsin  
Gu trang a h-uile latha,  
A' cuideachadh ar Mamaidh  
'S gu tric dol anns an rathad.

*Sèist:*

*Teth, teth, teth, thoir an aire dhan a' chucair!*

*Teth, teth, teth, thoir an aire dhan an stòbh!*

*Teth, teth, teth, thoir an aire dhan a' chucair!*

*Ma loisgeas tu do chrògan, cha chluinn sinn ach, "Obh! Obh!"*

Nì sinn cèicichean is briosgaidean,  
Sgonaichean le ìm,  
Aran-coirce 's càis'  
Rudan math airson tì.

**CD: 1      Làrach: 50**

**51. Flùraichean is ròsan**

Flùraichean is ròsan,  
A h-uile duine còmhla,  
Huisia huisia,  
A h-uile duine sìos.

Tha sinne air an ùrlar  
Tha sinne air an ùrlar  
Tha sinne air an ùrlar  
Ach leumaidh sinne suas.

**CD: 2      Làrach: 1**

**52. Cha dèanadh i danns**

Cha dèanadh i danns, danns, danns,  
Cha dèanadh i danns an-diugh no 'n dè,  
Cha dèanadh i danns, danns, danns,  
Dèan danns leat fhèin.

Tog i suas, is suas, is suas, is suas,  
Is tog an leanabh an-àird,  
Tog i suas, is suas, is suas, is suas,  
Is leag i chun an làir.

Cha dèanadh i danns, danns, danns,  
Cha dèanadh i danns an-diugh no 'n-dè,  
Cha dèanadh i danns, danns, danns,  
Dèan danns leat fhèin.

Tog i suas, is suas, is suas, is suas,  
Is tog an leanabh an-àird,  
Tog i suas, is suas, is suas, is suas,  
Is leag i chun an làir.

**CD: 2      Làrach: 2**

### 53. Cò thig a-mach an-diugh?

Cò thig a-mach an-diugh?  
A-mach an-diugh, a-mach an-diugh?  
Cò thig a-mach an-diugh?  
A chluich air an tràigh.

Thig Màiri a-mach an-diugh  
A-mach an-diugh, a-mach an-diugh.  
Thig Màiri a-mach an-diugh  
A chluich air an tràigh.

**CD: 2      Làrach: 3**

### 54. Cuibhlichean a' bhus

Bidh cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,  
Car, car, car; car, car, car;  
Bidh cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,  
Fad' an latha.

Bidh einnsean a' bhus a' dol brmm brmm brmm,  
Brmm brmm brmm brmm brmm brmm;  
Bidh einnsean a' bhus a' dol brmm brmm brmm,  
Fad' an latha.

Bidh a' ghlag air a' bhus a' dol ding-a-ling-a-ling,  
Ding-a-ling-a-ling, ding a-ling-a-ling;  
Bidh a' ghlag air a' bhus a' dol ding-a-ling-a-ling,  
Fad an latha.

Bidh dràibhear a' bhus ag ràdh "Trobhadaibh a-steach!  
Suidhibh sìos, a-mach à seo!"  
Bidh dràibhear a' bhus ag ràdh "Trobhadaibh a-steach!"  
Fad an latha.

Bidh na daoine air a' bhus nan suidhe 's nan seasamh,  
Nan suidhe 's nan seasamh, nan suidhe 's nan seasamh;  
Bidh na daoine air a' bhus nan suidhe 's nan seasamh,  
Fad' an latha.

Bidh dùdan a' bhus a' dol bip bip bip,  
Bip bip bip, bip, bip, bip;  
Bidh dùdan a' bhus a' dol bip bip bip,  
Fad an latha.

Bidh cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,  
Car, car, car; car, car, car;  
Bidh cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,  
Fad' an latha.

**CD: 2      Làrach: 4**

**55. Anns a' phàirce**

A-null 's a-nall  
A-null 's a-nall  
A-null 's a-nall  
Air an dreallaig.

Sìos is suas  
Sìos is suas  
Sìos is suas  
Air làir-mhaide.

Sìos mar an dealanach  
Sìos mar an dealanach  
Sìos mar an dealanach  
Air sleamhnag.

**CD: 2      Làrach: 5**

**56. Geallach ùr is rionnagan**

Nuair a chuireas Mamaidh dheth an solas na mo rùm,  
Slaodaidh mi 'n cùirtear a-null far na h-uinneig  
Agus chì mi, chì mi  
Chì mi a' ghealach ùr -  
Gealach ùr is rionnagan a' deàrrsadh.

*Sèist:*  
*Shuas àrd, shuas àrd*  
*Shuas os mo chionn 's i a' deàrrsadh;*  
*Shuas àrd, àrd, àrd, shuas àrd*  
*Gealach ùr is rionnagan a' deàrrsadh.*

O, is ged tha 'n oidhche ann, chan eil i idir dorch',  
O, is ged tha 'n oidhche ann, chan eil i idir dorch',  
O chan eil, O chan eil,  
O chan eil an t-eagal orm -  
Gealach ùr is rionnagan a' deàrrsadh.

Nuair a chuireas Mamaidh dheth an solas na mo rùm,  
Slaodaidh mi 'n cùirtear a-null far na h-uinneig,  
Agus chì mi, chì mi,  
Chì mi a' ghealach ùr -  
Gealach ùr is rionnagan a' deàrrsadh.

**CD: 2      Làrach: 6**

### 57. Chaidh mi dhan an sgoil an-dè

Chaidh mi dhan an sgoil an-dè  
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè  
Chaidh mi dhan an sgoil an-dè  
Is thèid mi innte a-màireach.

Chunnaic mi lain san sgoil an-dè  
Chunnaic mi lain san sgoil an-dè  
Chunnaic mi lain san sgoil an-dè  
Is chì mi Anna a-màireach.

Ghabh mi biadh san sgoil an-dè  
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè  
Ghabh mi biadh san sgoil an-dè  
'S gabhaidh mi biadh a-màireach.

Rinn mi dealbh san sgoil an-dè  
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè  
Rinn mi dealbh san sgoil an-dè  
Is nì mi dealbh a-màireach.

**CD: 2      Làrach: 7**

### 58. Chaidh mise dhan bhùth an-dè

Chaidh mise dhan bhùth an-dè  
Fhuair mi biadh gu leòr.  
Dè fhuair thusa?  
Dè fhuair thusa?  
Dè fhuair thusa an-dè?

Chaidh mise dhan bhaile an-dè  
Chunnaic mi daoine gu leòr.  
Cò chunnaic thusa?  
Cò chunnaic thusa?  
Cò chunnaic thusa an-dè?

Chaidh mise dhan sgoil an-dè  
Rinn mi obair gu leòr.  
Dè rinn thusa?  
Dè rinn thusa?  
Dè rinn thusa an-dè?

Chaidh mise dhan phàirc an-dè  
Chluich mi geaman gu leòr.  
Dè chluich thusa?  
Dè chluich thusa?  
Dè chluich thusa an-dè?

**CD: 2      Làrach: 8**

**59. Seoc is Sìne**

Chaidh Seoc is Sìne suas an cnoc,  
A dh'iarraidh cuinneag uisge;  
Thuit Seoc le creag is sgoilt e cheann,  
'S chuir Sìne car a' mhuiltein.

**CD: 2      Làrach: 9**

**60. Bùth MhicAmhlaidh**

Falbhaidh mi le ceuman beaga  
Falbhaidh mi le ceuman beaga  
Falbhaidh mi le ceuman beaga  
A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

Falbhaidh mi le ceuman mòra  
Falbhaidh mi le ceuman mòra  
Falbhaidh mi le ceuman mòra  
A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

Leumaidh mi le leuman àrda  
Leumaidh mi le leuman àrda  
Leumaidh mi le leuman àrda  
A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

Ruithidh mi le ceuman luatha  
Ruithidh mi le ceuman luatha  
Ruithidh mi le ceuman luatha  
A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

*(gach rann air a sheinn dà thuras)*

**CD: 2      Làrach: 10**

### 61. Cluichidh mis' a-muigh

Cluichidh mis' a-muigh  
Cluichidh mis' a-muigh  
Cluichidh mis' a-muigh  
Aig an sgoil.

Bidh mise modhail  
Bidh mise modhail  
Bidh mise modhail  
Anns an sgoil.

Falbhaidh mise dhachaigh  
Falbhaidh mise dhachaigh  
Falbhaidh mise dhachaigh  
An dèidh na sgoil.

**CD: 2      Làrach: 11**

### 62. Cuir do làmh a-steach

Cuir do làmh a-steach, cuir do làmh a-mach,  
Cuir do làmh a-steach, cuir do làmh a-mach,  
Cuir do làmh a-steach, cuir do làmh a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

*Sèist:*

*O.....hokey, kokey, kokey*  
*O.....hokey, kokey, kokey*  
*O.....hokey, kokey, kokey*  
*Abair gu bheil seo math! HOI!*

Cuir do chas a-steach, cuir do chas a-mach,  
Cuir do chas a-steach, cuir do chas a-mach,  
Cuir do chas a-steach, cuir do chas a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do bheul a-steach, cuir do bheul a-mach,  
Cuir do bheul a-steach, cuir do bheul a-mach,  
Cuir do bheul a-steach, cuir do bheul a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do shùil a-steach, cuir do shùil a-mach,  
Cuir do shùil a-steach, cuir do shùil a-mach,  
Cuir do shùil a-steach, cuir do shùil a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do shròn a-steach, cuir do shròn a-mach,  
Cuir do shròn a-steach, cuir do shròn a-mach,  
Cuir do shròn a-steach, cuir do shròn a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do chluas a-steach, cuir do chluas a-mach,  
Cuir do chluas a-steach, cuir do chluas a-mach,  
Cuir do chluas a-steach, cuir do chluas a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

Cuir thu fhèin a-steach, cuir thu fhèin a-mach,  
Cuir thu fhèin a-steach, cuir thu fhèin a-mach,  
Cuir thu fhèin a-steach, cuir thu fhèin a-mach,  
Mar tha mise dèanamh.

**CD: 2      Làrach: 12**

**63. Òran Disathairne**

Dè nì sinn Disathairne  
A Mhamaidh 's latha dheth againn?  
Dè nì sinn Disathairne  
'S gun dad againn a nì sinn?  
Disathairne, Disathairne,  
Dè nì sinn Disathairne  
Disathairne, Disathairne,  
'S gun dad againn a nì sinn?

Thèid sinn dhan a' phàirce,  
Disathairne, Disathairne,  
Thèid sinn dhan a' phàirce,  
Is cluichidh sinne còmhla.  
Disathairne, Disathairne,  
Dè nì sinn Disathairne  
Disathairne, Disathairne,  
Is cluichidh sinne còmhla.

**CD: 2      Làrach: 13**

**64. 'S ann an Ìle**

*Sèisd:*  
'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,  
'S ann an Ìle rugadh mi,  
'S ann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle,  
'S ann an Ìle bhòidheach.

'S ann an Ìle ghorm an fheòir  
A rugadh mi 's a thogadh mi;  
'S ann an Ìle ghorm an fheòir  
A rugadh mi 's a bha mi.

Nuair a bha mi ann an Ìle  
Bha Catriona cuide rium;  
Nuair a bha mi ann an Ìle  
Bha Catriona còmh' rium.

*(sèist agus gach rann air an seinn dà thuras)*

**CD: 2      Làrach: 14**

**65. “Tha mi ruith,” ars’ an rabaid**

“Tha mi ruith,” ars’ an rabaid, “tha mi ruith,”  
“Tha mi ruith,” ars’ an rabaid, “tha mi ruith,”  
“Tha mi ruith,” ars’ an rabaid, “a’ ruith,” ars’ an rabaid,  
“Tha mi ruith,” ars’ an rabaid, “tha mi ruith.”

“Tha mi leum,” ars’ an losgann, “tha mi leum,”  
“Tha mi leum,” ars’ an losgann, “tha mi leum,”  
“Tha mi leum,” ars’ an losgann, “a’ leum” ars’ an losgann,  
“Tha mi leum,” ars’ an losgann, “tha mi leum.”

“Tha mi streap,” ars’ an fheòrag, “tha mi streap,”  
“Tha mi streap,” ars’ an fheòrag, “tha mi streap,”  
“Tha mi streap,” ars’ an fheòrag, “a streap,” ars’ an fheòrag,  
“Tha mi streap,” ars’ an fheòrag, “tha mi streap.”

“Tha mi snàmh,” ars’ an t-iasg, “tha mi snàmh,”  
“Tha mi snàmh,” ars’ an t-iasg, “tha mi snàmh,”  
“Tha mi snàmh,” ars’ an t-iasg, “a’ snàmh,” ars’ an t-iasg,  
“Tha mi snàmh,” ars’ an t-iasg, “tha mi snàmh.”

**CD: 2      Làrach: 15**

### 66. Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta

Tha sinn a' dol dhan an sù an-dràsta,  
Sù an-dràsta, sù an-dràsta;  
Tha sinn a' dol dhan an sù an-dràsta;  
Bidh sinn ann fad an là.

*Sèisd:*

*O, thèid sinn dhan an sù, sù, sù,  
Sìos dhan an sù, sù, sù,  
Mi fhìn 's tu fhèin an-diugh, 'n diugh, 'n-diugh,  
Sìos dhan an sù, sù, sù.*

Chì sinn an t-aibhean le sròn mhòr fhada,  
Sròn mhòr fhada, sròn mhòr fhada,  
Chì sinn an t-aibhean le sròn mhòr fhada,  
Shìos aig an sù.

Chì sinn an tigeair buidhe, striopach,  
Buidhe, striopach, buidhe, striopach;  
Chì sinn an tigeair buidhe, striopach,  
Shìos aig an sù.

Chì sinn *rhino* le aon adharc mhòr air,  
Aon adharc mhòr air, aon adharc mhòr air;  
Chì sinn *rhino* le aon adharc mhòr air,  
Shìos aig an sù.

Chì sinn panda le sùilean mòra dubha,  
Sùilean mòra dubha, sùilean mòra dubha, Chì  
sinn panda le sùilean mòra dubha,  
Shìos aig an sù.

**CD: 2      Làrach: 16**

### 67. Dìleas

Tha cù beag agamsa  
E cho dubh ri gual,  
Earball mòr fada air  
'S an t-sròn aige cho fuar.

“Dìleas” tha mar ainm air,  
Ach 's fhada sin o dhòigh;  
Nuair bhios mi airson cluiche ris  
'S ann ruitheas e fon bhòrd!

**CD: 2      Làrach: 17**

### 68. Tha mise nas motha na ...

Tha aibhean nas motha na each,  
Tha aibhean nas motha na each,  
Tha each nas motha na gobhar,  
Ach, tha mise nas motha na ...

Tha gobhar nas motha na cù,  
Tha gobhar nas motha na cù,  
Tha cù nas motha na rabaid,  
Ach, tha mise nas motha na ...

Tha rabaid nas motha na luchag,  
Tha rabaid nas motha na luchag,  
Tha luchag nas motha na cuileag,  
Ach, tha mise nas motha na ...

**CD: 2      Làrach: 18**

**69. Cat ri taobh an teine**

Cat ri taobh an teine,  
A' nighe a spòig,  
Leum a-mach sradag  
Is loisg i air a shròin.

“Miaù!” ars' a' phiseag,  
“Cha robh siud ceart.”  
“Bha,” ars' an teine,  
“Bha thusa ro fhaisg.”

**CD: 2      Làrach: 19**

**70. Phiseag Bheag**

Phiseag bheag, phiseag bheag  
Càit an robh thu?  
A' coimhead na banrigh  
Ann an Lunnainn nam bùth

Phiseag bheag, phiseag bheag,  
Gu dè rinn thu 'n siud?  
Fo chathair na banrigh  
Chuir mi 'n t-eagal air luch.

**CD: 2      Làrach: 20**

### 71. Guthan nam beathaichean

Bidh cù ag ràdh, “huth, huth, huth”  
Bidh cù ag ràdh, “huth, huth, huth”  
Bidh cù ag ràdh, “huth, huth, huth”  
Dè bhios cat ag ràdh?

Bidh cat ag ràdh, “mi-a-ù; mi-a-ù; mi-a-ù”  
Bidh cat ag ràdh, “mi-a-ù; mi-a-ù; mi-a-ù”  
Bidh cat ag ràdh, “mi-a-ù”  
Dè bhios luch ag ràdh?

Bidh luch ag ràdh, “ìog, ìog, ìog”  
Bidh luch ag ràdh, “ìog, ìog, ìog”  
Bidh luch ag ràdh, “ìog, ìog, ìog”  
Dè bhios cearc ag ràdh?

Bidh cearc ag ràdh, “gog-gog-gàg”  
Bidh cearc ag ràdh, “gog-gog-gàg”  
Bidh cearc ag ràdh, “gog-gog-gàg”  
Dè bhios coileach ag ràdh?

Bidh coileach ag ràdh, “gu-gil-ugil-ù”  
Bidh coileach ag ràdh, “gu-gil-ugil-ù”  
Bidh coileach ag ràdh, “gu-gil-ugil-ù”  
Dè bhios tunnag ag ràdh?

Bidh tunnag ag ràdh, “uac, uac, uac”  
Bidh tunnag ag ràdh, “uac, uac, uac”  
Bidh tunnag ag ràdh, “uac, uac, uac”  
Dè bhios gèadh ag ràdh?

Bidh gèadh ag ràdh, “gonc, gonc, gonc”  
Bidh gèadh ag ràdh, “gonc, gonc, gonc”  
Bidh gèadh ag ràdh, “gonc, gonc, gonc”  
Dè bhios bò ag ràdh?

Bidh bò ag ràdh, “mù-mù-mù”  
Bidh bò ag ràdh, “mù-mù-mù;”  
Bidh bò ag ràdh, “mù-ù-ù;”  
Dè bhios caora ag ràdh?

Bidh caora 'g ràdh, “mè-mè-mè,  
Bidh caora 'g ràdh, “mè-mè-mè,  
Bidh caora 'g ràdh, “mè-mè-mè,  
Dè bhios asal ag ràdh?

Bidh asal ag ràdh, “hì-hò-hò”  
Bidh asal ag ràdh, “hì-hò-hò”  
Bidh asal ag ràdh, “hì-hò”  
Siud a bhios iad uil' ag ràdh!

**CD: 2**      **Làrach: 21**

### 72. Miaù! Miaù!

Sgadan air an truinnsear,  
Sgadan air a' bhòrd,  
Piseag air a casan-deiridh  
Sineadh suas a spòig.  
'S i miagail, 's i miagail,  
'S i miagail gun sgar.  
“Nach sgair thu dhe do mhiagail!”  
Ars' an cù dubh.

**CD: 2**      **Làrach: 22**

**73. Congrinero**

*Sèisd  
Congrinero, Congrinero,  
Congrinero, luchag bheag;  
'S e luchag bheag tha 'n Congrinero  
Congrinero, luchag bheag.*

Cluasan mòra, cluasan mòra, Cluasan  
mòra, cluasan mòr';  
Dà chluais dhìrich, dà chluais dhìrich,  
Dà chluais dhìrich, dà chluais mhòir.\*

Ciabhagan fada, ciabhagan fada,  
Ciabhagan fada, ciabhagan fad';  
Ciabhagan biorach, ciabhagan biorach,  
Ciabhagan biorach, ciabhagan fad'.

Ceithir spògan, ceithir spògan,  
Ceithir spògan, ceithir spòg';  
Spògan caola, spògan caola,  
Spògan caola, ceithir spòg'.

Earball fada, earball fada,  
Earball fada, earball fad';  
Earball cruinn, earball cruinn,  
Earball cruinn, earball fad'.

**CD: 2      Làrach: 23**

\*an-diugh,  
dà chluas dhìreach, dà chluas mhòr

**74. Còig luchainn bheaga gheala**

Còig luchainn bheaga gheala  
Ruith air feadh an làir;  
Còig luchainn bheaga gheala  
Coimhead airson càis'.

Còig luchainn bheaga gheala  
Sgriobadh air a' phreas;  
Ach bha 'n doras glaist' orra  
'S chan fhaigheadh iad a-steach.

Còig luchainn bheaga gheala  
Sealltainn tuath is deas;  
Ach cha robh mìr den chàis' air sgeul  
Air truinnsear, bòrd, no sgeilf.

Shios is shuas is thall 's a-bhos,  
Bha h-uile àite lom;  
'S chaidh còig luchainn bheaga gheala  
Dhachaigh dhan an toll.

**CD: 2      Làrach: 24**

**75. Luch-fheòir**

Luchag bheag bhòidheach,  
Nead beag cruinn,  
Peathraichean is bràithrean,  
A-staigh na bhroinn.

Luchag bheag bhòidheach,  
Le ceithir casan cruinn,  
Streapaidh i 'n t-eòrna  
A ghoid an t-sil.

Càit a bheil an t-eòrna?  
Càit a bheil mo nead?  
Sgob iad air falbh iad.  
Cha d' iarr iad mo chead.

Casan beaga, clise,  
Ruith, ruith, ruith;  
Chan eil mise 'g iarraidh  
M' fhàgail a-muigh.

Steach don t-sabhal,  
A' leantainn mo shròin;  
Gheibh mise pailteas  
Coirc' agus eòrn'.

**CD: 2      Làrach: 25**

**76. Blàrag**

Bheir mi bainne blàth dhut, mò, mò, mò.  
Cuiridh e am pathadh dhìot, mò, mò, mò.  
Gheibh thu gruth is bàrr às, mò, mò, mò.  
Gheibh thu sin o Bhlàrag, mò, mò, mò.

Sliob thusa Blàrag, mò, mò, mò.  
Crath a-mach am feur dhomh, mò, mò, mò.  
Bleoghain mi an uair sin, mò, mò, mò.  
Is bheir mi bainne blàth dhut, mò, mò, mò.

Chaidh mi a Dhùn Èideann chun a' *Highland Show*,  
Is fhuair mi a' chiad duais ann, mò, mò, mò.  
Chì sibh air an teilidh mi, mò, mò, mò.  
Is smèididh mi le m' earball, mò, mò, mò.

**CD: 2      Làrach: 26**

**77. Is mise an coileach**

Is mise an coileach, tha mo ghuth cho làidir cruaidh  
Gad dhùsgadh anns a' mhadainn nuair a bhios tu nad shuain.  
Èirich air do chasan; tha sinn uile 'g iarraidh biadh;  
Èirich air do chasan, tha mi 'g ràdh riut!

Gog gog gog gog gog gog gog à ag!  
Gog gog gog gog gog gog gog à ag!  
Gog gog ag à gag!  
Gog gog ag à gag!

Èirich air do chasan, tha sinn uile 'g iarraidh biadh;  
Èirich air do chasan, tha mi 'g ràdh riut!

**CD: 2      Làrach: 27**

**78. Chan eil mo leannan ann an seo**

Chan eil mo leannan ann an seo;  
Cha robh e raoir 's cha bhi e nochd;  
Chan eil mo leannan ann an seo,  
No fear a thogas m' inntinn.

*Sèist:*

*'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al am 's i abhram.*

Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Is dh'ith thu càis' an t-sàmhraidh.

**CD: 2      Làrach: 28**

**79. I bhì a-da**

I bhì a-da oo-bha iotal-anna,  
I bhì a-da adal ìodal oo-bha,  
I bhì a-da oo-bha iot-al-anna,  
I bhì a-da adal ìodal oo-bha.

'S ioma rud a chunna mi,  
'S ioma rud a rinn mi,  
'S ioma rud a chunna mi,  
Muigh air feadh na h-oidhche.  
'S ioma rud a chunna mi,  
'S ioma rud a rinn mi,  
'S ioma rud a chunna mi,  
Muigh air feadh na h-oidhche.

Chunna mi na piseagan, na piseagan, na piseagan,  
Chunna mi na piseagan air spiris mac an t-saighdeir.  
Chunna mi na piseagan, na piseagan, na piseagan,  
Chunna mi na piseagan air spiris mac an t-saighdeir.

**CD: 2      Làrach: 29**

**80. Is urrainn dhomh comhartaich**

Chan urrainn dhomh leughadh,  
Chan urrainn dhomh seinn,  
Chan urrainn dhomh leughadh,  
Chan urrainn dhomh seinn,  
Chan urrainn dhomh leughadh,  
Chan urrainn dhomh seinn,  
Ach 's urrainn dhòmhsa mialaich.  
Cò mi? - Cat!  
Miau, miau, miau.

Chan urrainn dhomh dannsa,  
Chan urrainn dhomh bruidhinn,  
Chan urrainn dhomh dannsa,  
Chan urrainn dhomh bruidhinn,  
Chan urrainn dhomh dannsa,  
Chan urrainn dhomh bruidhinn, Ach 's  
urrainn dhòmhsa comhartaich.  
Cò mi? - Cù!  
Huth, Huth, Huth.

Chan urrainn dhomh sgrìobhadh,  
Chan urrainn dhomh cunntadh,  
Chan urrainn dhomh sgrìobhadh,  
Chan urrainn dhomh cunntadh,  
Chan urrainn dhomh sgrìobhadh,  
Chan urrainn dhomh cunntadh,  
Ach 's urrainn dhòmhsa gàirm.  
Cò mi? - Coileach!  
Gog - a doodle - do!

**CD: 2      Làrach: 30**

**81. Ruidhleadh na coilich dhubha**

*Sèist*  
*Ruidhlidh na coilich dhubha*  
*'S dannsaidh na tunnagan;*  
*Ruidhlidh na coilich dhubha*  
*Air a' bhruach bhòidheach.*

Air a' bhruach againn fhìn  
Air a' bhruach àrd ud,  
Air a' bhruach againn fhìn  
Air a' bhruach bhòidheach.

*(sèist agus gach rann air an seinn dà thuras)*

**CD: 2      Làrach: 31**

**82. Mòrag Bheag**

*Sèist*  
*Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir,*  
*'S aotrom a dh'fhalbh i, 's aotrom a dh'fhalbh i,*  
*Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir,*  
*'S aotrom a dh'fhalbh i a phòsadh.*

Cò an tè bheag a tha danns air an làr?  
Tha bean na bainnse, tha bean na bainnse,  
Cò an tè bheag a tha danns air an làr?  
Tha bean na bainnse 's cha mhòr i.

**CD: 2      Làrach: 32**

**83. Màiri Ruadh a' dannsa**

*Sèist:*

*Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd,  
Dannsa gu madainn mhoch;  
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd,  
Nuair chluinneas i 'n drumma bualadh.*

Diluain, Dimàirt, Diciadain, Diardaoin,  
Obair thràilleil, 's obair chruaidh,  
Ach nuair a thig oidhche Dihaoin'  
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa.

Coma leat leabaidh, 's coma leat sìth;  
Tha ceòl nar n-anam 's ceòl nar crìdh',  
'S leanaidh sinn dlùth tro shràidean Phort Rìgh  
Cas-cheum a' chòmhlain.

Gleus a' phiob 's gleus an fhidheall,  
Caismeachd, 's ruidhle, 's puirt chridheil;  
Sìos tron bhaile bidh sinn a' triall  
Is Màiri Ruadh a' dannsa.

**CD: 2      Làrach: 33**

**84. Tha Sara a' dannsa**

Tha Sara a' dannsa, a' dannsa, a' dannsa,  
Tha Sara a' dannsa, a' dannsa fhathast.

Tha Sìm ag ithe, ag ithe, ag ithe,  
Tha Sìm ag ithe, ag ithe fhathast.

Tha Màiri a' ruith, a' ruith, a' ruith,  
Tha Màiri a' ruith, a' ruith fhathast.

Tha Iain a' snàmh, a' snàmh, a' snàmh,  
Tha Iain a' snàmh, a' snàmh fhathast.

Tha Dòmhnall ag òl, ag òl, ag òl,  
Tha Dòmhnall ag òl, ag òl fhathast.

Tha Eilidh a' coiseachd, a' coiseachd, a' coiseachd,  
Tha Eilidh a' coiseachd, a' coiseachd fhathast.

Tha Fionnlagh a' leum, a' leum, a' leum,  
Tha Fionnlagh a' leum, a' leum fhathast.

**CD: 2      Làrach: 34**

**85. Is urrainn dhòmhsa suidhe**

'S urrainn dhomhsa suidhe  
'S urrainn dhomhsa laighe  
'S urrainn dhomhsa cluich  
'S urrainn dhomhsa ruith  
'S urrainn dhomhsa ithe  
'S urrainn dhomhsa òl  
'S urrainn dhomhsa suidhe  
An seo air an stòl.

**CD: 2      Làrach: 35**

**86. Buain na rainich**

*Sèist:  
Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,  
Buain na rainich, buain na rainich;  
Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,  
Buain na rainich daonnan.*

Cùl an tomain, bràigh an tomain,  
Cùl an tomain bhòidhich,  
Cùl an tomain, bràigh an tomain,  
H-uile là nam ònar.

'S tric a bha mi-fhìn 's mo leannan  
Anns a' ghleannan cheòthar,  
'G èisteachd còisir bhinn an doire  
Seinn sa choille dhòmhail.

**CD: 2      Làrach: 36**

**87. Sùilean dubha**

*Sèist:*

*Sùilean dubha, dubha, dubh,  
Sùilean dubh aig m' eudail;  
Sùilean dubha, dubha, dubh',  
Cuin a thig thu chèilidh?*

Cha tèid mise mach a-nochd  
Cha tèid mise chèilidh  
Cha tèid mise mach a-nochd  
Is dùil agam ri m' eudail.

Cnocan bheag a-muigh an sin  
Ceòl as binn à teudan  
Cnocan beag a-muigh an sin  
Cò bhios ann ach m' eudail?

**CD: 2      Làrach: 37**

**88. Am Muileann Dubh**

Tha nead na circe fraoiche sa mhuileann dubh, sa mhuileann dubh,  
Tha nead na circe fraoiche sa mhuileann dubh o shamhradh.

*Sèist*

*Tha 'm muileann dubh air thuraman,  
Tha 'm muileann dubh air thuraman,  
Tha 'm muileann dubh air thuraman  
'S e togairt dol a dhannsadh.*

Tha gobhar is crodh-laoigh anns a' mhuileann dubh, sa mhuileann dubh,  
Tha gobhar is crodh-laoigh anns a' mhuileann dubh o shamhradh.

*(Gach rann agus sèist air an seinn dà turas)*

**CD: 2      Làrach: 38**

**89. Tha mo chòta bog fliuch**

Tha mo chòta bog fliuch  
Tha mo bhrògan bog fliuch  
Tha mo chasan bog fliuch  
Fliuch leis an uisge.

Tiormaich fhèin do chòta fliuch  
Tiormaich fhèin do bhrògan fliuch  
Tiormaich fhèin do chasan fliuch  
Tiormaich aig an stòbh iad.

**CD: 2      Làrach: 39**

**90. Splis! Splais!**

Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan,  
Tha e fliuch an-diugh.  
Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan,  
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an uinneig,  
Pitter, patter, pitter, patter,  
Tha an t-uisge air an uinneig,  
Fad an latha an-diugh.

Splis! Splais! Cuir ort do bhoineid,  
Tha e fliuch an-diugh.  
Splis! Splais! Cuir ort do bhoineid,  
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an doras,  
Pitter, patter, pitter, patter,  
Tha an t-uisge air an doras,  
Fad an latha an-diugh.

Splis! Splais! Cuir ort do sheacaid,  
Tha e fliuch an-diugh.  
Splis! Splais! Cuir ort do sheacaid,  
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an talamh,  
Pitter, patter, pitter, patter,  
Tha an t-uisge air an talamh,  
Fad an latha an-diugh.

Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan,  
Tha e fliuch an-diugh.  
Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan,  
Tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an talamh.  
Pitter, patter, pitter, patter,  
Tha an t-uisge air an talamh,  
Fad an latha an-diugh.

**CD: 2      Làrach: 40**

**91. Cairistiona Chaimbeul**

Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Cairistiona Ciorstaidh Anna, Cairistiona Chaimbeul.

Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Cuimhir dìreach anns an ruidhle, 's cinnteach anns an danns'.

**CD: 2      Làrach: 41**

**92. Cò mi?**

Tha mi anns a' mhuir  
Agus tha mi anns an abhainn.  
Tha mi anns an tap  
Agus tha mi anns an adhar.  
Cò mi? Cò mi? Cò mi?  
Uisge.

Their iad rium deigh  
Nuair a bhios mi cruaidh reòite.  
Thèid mi air ghoil  
Agus their iad rium ceò.  
Cò mi? Cò mi? Cò mi?  
Uisge.

Tha mi anns a' mhuir  
Agus tha mi anns an abhainn.  
Tha mi anns an tap  
Agus tha mi anns an adhar.  
Cò mi? Cò mi? Cò mi?  
Uisge.

**CD: 2      Làrach: 42**

**93. An cuala tu?**

An cuala tu na craobhan  
a' gabhail deoch?  
Bidh iad a' sùghadh  
an uisge a-steach  
A-steach tro na freumhan  
A-steach tro na duilleagan  
Cuir do chluas ris an talamh  
agus cluinnidh tu.

**CD: 2      Làrach: 43**

**94. Uisge**

Uisg' air cùl m' amhaich  
Uisg' a tha fuar  
A' sruthadh sìos m' aodann  
'S a' fliuchadh mo ghruaidh  
    Uisg' air an rathad  
    Uisg' a nì danns  
    Mar dhaoine beaga bìodach  
    A' buiceil nan deann.

Uisg' air an lòn  
Uisg' a nì splais!  
A' dèanamh nan cearcall  
A sgaoileas a-mach  
    Uisg' air an rathad  
    Uisg' a nì danns  
    Mar dhaoine beaga bìodach  
    A' buiceil nan deann.

**CD: 2      Làrach: 44**

**95. Diteag, diteag!**

“Diteag, diteag!” thuir a’ phiseag.  
“Cha chaomh leam uisge mòr.”  
“Diteag, diteag!” thuir a’ phiseag.  
'S i crùbadh fon a’ bhòrd.

“Cuag, cuag!” thuir an tunnag.  
“Is caomh leam uisge mòr.”  
“Cuag, cuag!” thuir an tunnag.  
A’ plumadaich san lòn.

**CD: 2      Làrach: 45**

**96. Cluinn an Tàirneanach**

Cluinn an tàirneanach  
Cluinn an tàirneanach  
Èist, èist, èist,  
Èist, èist, èist,  
Seo an t-uisge tighinn  
Seo an t-uisge tighinn  
Bidh sinn fliuch  
Bidh sinn fliuch.

**CD: 2      Làrach: 46**

**97. Òran a' bhogha-fhrois**

*Còmhradh:*

A' bhogha-fhrois anns an adhar  
Tha sinn gad fhaicinn an-dràst'.  
Dathan brèagha timcheall oirnn,  
Agus dathan anns gach àit'.

*Seinn:*

Dearg is orains is buidhe is uain',  
Gorm is purpaidh is liath,  
Dathan aig a' bhogh-fhrois,  
Aig a' bhogh-fhrois,  
Aig a' bhogh-fhrois bhrèagha.

**CD: 2      Làrach: 47**

**98. Tha sìol beag fon talamh**

Tha sìol beag fon talamh  
Ach ciamar a nì e fàs?  
Feumaidh e an t-uisge,  
Agus feumaidh e am blàths.

Thig frasan às an adhar,  
A' tuiteam sìos gu làr,  
Bheir iad dhan an t-sìol bheag,  
Uisge airson fàs.

Thig a' ghrian 's i deàrrsadh,  
Le gathan buidhe, blàth,  
Bheir i dhan an t-sìol bheag,  
Solas agus gràdh.

Lusan agus flùraichean,  
Is craobhan àrda, mòr,  
Bha iad uile uaireigin,  
Nan sìol beag fon fhòid.

**CD: 2      Làrach: 48**

**99. Bradan beag is bradan mòr**

Bha bradan beag is bradan mòr  
A' snàmh anns an t-sruth.  
Thuir bradan mòr ri bradan beag,  
"Ciamar a tha thu 'n-diugh?"

Thuir bradan beag ri bradan mór,  
"Tha mi glè mhath,  
'S tha dùil agam a dhol gu muir  
Nuair thèid an làn a-mach."

**CD: 2      Làrach: 49**

**100. Iomramh**

Ràmh a-null  
's a-nall air ais,  
Tog e suas  
is splis le splais!  
Null 's a-nall  
trup mu seach,  
Sìos is suas  
a' dol gun stad.  
Iomair thus'  
am bàta beag  
Is feuch nach tèid  
i air a' chreig.  
Ràmh a-null  
's a-nall air ais,  
Tog e suas  
is sìos le splais!

**CD: 2      Làrach: 50**

**101. Tha bàta seòladh air a' chuan**

Tha bàta seòladh air a' chuan,  
Tha bàta seòladh air a' chuan,  
Tha bàta seòladh air a' chuan,  
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i chun an ear 's an iar,  
Thèid i chun an ear 's an iar,  
Thèid i chun an ear 's an iar,  
Is Alasdair ga stiùireadh.

Dha na h-Innsean fad' air falbh,  
Dha na h-Innsean fad' air falbh,  
Dha na h-Innsean fad' air falbh,  
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing,  
Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing,  
Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing,  
Is Alasdair ga stiùireadh.

Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch',  
Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch',  
Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch',  
Is Alasdair ga stiùireadh.

**CD: 3      Làrach: 1**

**102. Mo bhàta**

Tha bàta beag agamsa  
A sheòlas air a' chuan  
Nuair bhios beagan gaoitheadh ann  
Siùbhlaidh i cho luath.

Tha peansail mòr na chrann innte  
Tha neapraig na sheòl  
Thèid i do dh'Ameireaga  
Cho luath ris a' Choncorde!

**CD: 3      Làrach: 2**

**103. Caidil is dùisg**

Caidil is dùisg, caidil is dùisg,  
Sin thu fhèin sìos air an làr  
Caidil is dùisg, caidil is dùisg,  
Sin sìos is caidil gu là.

**CD: 3      Làrach: 3**

**104. Cò rinn an rionnag bhrèagha?**

Cò rinn an rionnag bhrèagha  
An rionnag bhrèagha, an rionnag bhrèagha?  
Cò rinn an rionnag bhrèagha?  
Cò rinn ach Dia.

Cò rinn eòin nan speur  
Eòin nan speur, eòin nan speur  
Cò rinn eòin nan speur?  
Cò rinn ach Dia.

Cò rinn an cuan cho mòr  
An cuan cho mòr, an cuan cho mòr  
Cò rinn an cuan cho mòr?  
Cò rinn ach Dia.

Cò rinn mi fhìn 's tu fhèin  
Mi fhìn 's tu fhèin, mi fhìn' s tu fhèin?  
Cò rinn mi fhìn 's tu fhèin?  
Cò rinn ach Dia.

Cò rinn an rionnag bhrèagha  
Eòin nan speur, an cuan cho mòr,  
Cò rinn mi fhìn 's tu fhèin?  
Cò rinn ach Dia.

**CD: 3      Làrach: 4**

**105. Madainn mhath, madainn mhath**

Madainn mhath, madainn mhath,  
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath,  
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath  
Ciamar a tha sibh an-diugh?

Madainn mhath, madainn mhath.  
Tha mise glè mhath.

**CD: 3      Làrach: 5**

**106. Mise bodach-sneachda**

Mise bodach-sneachda,  
Tha mi mòr, tha mi geal.  
Mise bodach-sneachd',  
Anns a' ghàrradh.  
Mise bodach-sneachda  
Tha mi mòr, tha mi geal  
Saoil am bi mi an seo a-màireach?

Mise a' ghrian,  
Tha mi blàth, tha mi blàth.  
Deàrrsaidh mi air a' bhodach-sneachda,  
'S leaghaidh mi sìos chun an làir e!  
'S leaghaidh mi sìos chun an làir e!

**CD: 3      Làrach: 6**

**107. Rinn mi bodach-sneachd' an-dè**

Rinn mi bodach-sneachda snog  
Rinn mi e an-dè.  
Rinn mi bodach-sneachda snog  
Ach saoil càit an deach e?

Càit an deach am bodach-sneachd?  
A rinn mi fhèin an-dè?  
Dh'fhalbh an ceann an toiseach dheth,  
Is leagh e às gu lèir.

*(gach rann air a sheinn dà thuras)*

**CD: 3      Làrach: 7**

**108. Bodach-sneachda**

Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh,  
Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh,  
Rinn sinn bodach-sneachd' an-diugh,  
Bodach reamhar sneachda.

Bodach mòr le sùilean dubh,  
Bodach mòr le sùilean dubh,  
Bodach mòr le sùilean dubh,  
Bodach reamhar sneachda.

Stoc mu amhaich 's ad mu cheann,  
Stoc mu amhaich 's ad mu cheann,  
Stoc mu amhaich 's ad mu cheann,  
Bodach reamhar sneachda.

Bodach bochd le casan fuar,  
Bodach bochd le casan fuar,  
Bodach bochd le casan fuar,  
Bodach reamhar sneachda.

*(a' chiad rann air a sheinn a-rithist aig an deireadh)*

**CD: 3      Làrach: 8**

**109. Bodach Mòr na Nollaig**

Tha còta dearg is bòtannan dubh,  
Tha còta dearg is bòtannan dubh,  
Tha còta dearg is bòtannan dubh,  
Air Bodach Mòr na Nollaig.

*Sèist*

*Feusag gheal is бага mòr,  
Feusag gheal is бага mòr,  
Feusag gheal is бага mòr,  
Air Bodach Mòr na Nollaig.*

Thig Bodach na Nollaig sìos an similear,  
Thig Bodach na Nollaig sìos an similear,  
Thig Bodach na Nollaig sìos an similear,  
Aig an taigh agamsa.

**CD: 3      Làrach: 9**

**110. A' Bhana-bhuidseach**

Cò tha seo? Cò tha seo?  
Tha bana-bhuidseach, tha bana-bhuidseach.  
Cò tha còmhla rith'? Cò tha còmhla rith'?  
Tha cat dubh, tha cat dubh.

Càit a bheil iad? Càit a bheil iad?  
Nan suidh air sguab, nan suidh air sguab.  
Càit a bheil iad a' dol? Càit a bheil iad a' dol?  
Suas dhan adhar, suas dhan adhar.

**CD: 3      Làrach: 10**

**111. Òran Samhna**

Aig Samhain, thig a' bhana-bhuidseach  
A-mach aig meadhan-oidhche,  
Le aodann grànd' 's cleòc is sguab  
Is cat, is cailleach-oidhche.

A-nis cuir ort an t-aodannan  
Is lasaidh sinn an lainntear,  
Is gheibh sinn ubhal is orainsear,  
Is pios de chèic na samhna.

**CD: 3      Làrach: 11**

**112. Dè chì mi le mo shùil?**

Dè chì mi le mo shùil  
Ann an cùl a' ghàrraidh?  
Chì mi iomadh rud lem shùil  
Ann an cùl a' ghàrraidh.

Flùran beaga, buidhe 's gorm  
'S lusan le cinn àrda  
Feur is duilleagan is poll  
Ann an cùl a' ghàrraidh.

*(gach rann air a sheinn dà thuras agus an uair sin gach rann aon turas)*

**CD: 3      Làrach: 12**

**113. Bus na sgoile**

Seo e tighinn sìos an rathad,  
Seo e tighinn sìos an rathad,  
Seo e tighinn sìos an rathad,  
Seo agaibh Bus na Sgoile.

Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
A' stad aig an taigh agamsa.

Thèid mise agus Calum air a' bhus,  
Thèid mise agus Calum air a' bhus,  
Thèid mise agus Calum air a' bhus,  
Is falbhaidh e an uair sin.

Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
A' stad aig taigh Màiri.

Thig Màiri Bheag air a' bhus, Thig  
Màiri Bheag air a' bhus, Thig Màiri  
Bheag air a' bhus,  
Is suidhidh i ri mo thaobh-sa.

Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
A' stad aig an sgoil againne.

Tha an dràibhear ag ràdh, "A h-uile duine dheth,"  
Tha an dràibhear ag ràdh, "A h-uile duine dheth,"  
Tha an dràibhear ag ràdh, "A h-uile duine dheth,"  
Ach feumaidh sibh bhith faiceallach.

Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
Tha am bus a' dol sìos agus suas,  
A' stad aig an taigh agamsa.

**CD: 3      Làrach: 13**

### 114. Saor-làithean

Tha mi a' falbh air na saor-làithean agamsa,  
Grian agus spòrs airson seachdain no dhà,  
Tha mi a' falbh air na saor-làithean agamsa  
Feumaidh mi aodach airson dùthaich bhlàth.  
An cuidich thusa mi an-dràst'?

Cuidichidh!

Feumaidh tu lèine, ad agus glainneachan,  
Briogais ghoirid 's dòcha aon no dhà,  
Sgàilean grèine, agus cuimhnich air do chamara  
Nach mi bhios spaideil air an tràigh.

Beannachd leibh, tha mi a' falbh.

**CD: 3      Làrach: 14**

### 115. An sgoil

Tha ad agam, tha bag' agam,  
Tha pèitean ùr na sgoil' orm,  
Tha taidh is lèine gheal orm,  
'S mi anns an sgoil an-dràsta.  
(*dà thuras*)

Dè chanas mi ris an tidsear chòir,  
An tidsear chòir, an tidsear chòir?  
Dè chanas mi ris an tidsear chòir?  
Anns an sgoil an-dràsta.

Seo dè chanas tu!

Am faod mi cluich le blocaichean,  
Am faod mi cluich le plastasan,  
Agus às dèidh àireamhan  
Am faod mi dealbh a dhèanamh?  
(*dà thuras*)

Mas e bhur toil e!

**CD: 3      Làrach: 15**

### 116. Tha mi fuar agus teth

Obh, obh, tha mi fuar,  
Obh, obh, tha mi fuar,  
Obh, obh, tha mi fuar,  
Tha e fuar an-diugh.

Obh, obh, tha mi teth,  
Obh, obh, tha mi teth,  
Obh, obh, tha mi teth,  
Tha e teth an-diugh.

Obh, obh tha mi fliuch,  
Obh, obh tha mi fliuch,  
Obh, obh tha mi fliuch,  
Tha e fliuch an-diugh.

**CD: 3      Làrach: 16**

**117. Is toigh leam cleasan anns an talla**

Is toigh leam cleasan anns an talla  
Is toigh leam dannsa ri giotàr  
Is toigh leam snàmh anns an amar  
O, cha toigh leam obair latha.

Diluain, tha cleasan anns an talla  
Abair spòrs tha a' chlann ag ràdh  
Ach Diardaoin tha sgrìobhadh 's cunntais  
O mo chreach, chaidh mise ceàrr!

Ach an uair sin thig Disathairn'  
A-muigh a' cluich, tha sin nas fheàrr  
O, is toigh leam fhìn Disathairne  
Dol gu taigh Granaidh anns a' chàr.

**CD: 3      Làrach: 17**

**118. Ràith a' gheamhraidh**

Ràith a' gheamhraidh  
Reòhte, sleamhainn  
Sgàilean deigh  
Air lòn is abhainn.

Ràith a' gheamhraidh  
Dorch' anns a' mhadainn  
Dorch' tràth feasgar  
Dorch' anns an leabaidh.

Ràith a' gheamhraidh  
Santa Claus  
Cairtean Nollaig  
Cluiche le toidhs.

Ràith a' gheamhraidh  
Thèid i seachad  
Thig an uair sin  
Ràith an earraich.

**CD: 3      Làrach: 18**

**119. Tro na flùraichean**

A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
Tha mi air do chùlaibh.

Brig, brig, brig, brag, air do ghualnean  
Brig, brig, brig, brag, air do ghualnean  
Brig, brig, brig, brag, air do ghualnean  
Tiugainn còmhla riumsa.

A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
A-mach 's a-steach dol tro na flùraichean  
Tha mi air do chùlaibh.

**CD: 3      Làrach: 19**

**120. An teaghlach agamsa**

Thuir mo dhadaidh “Cò leis tha seo?”  
Is e a' coimhead air bàlla glas,  
Thuir mo dhadaidh “Cò leis tha seo?”  
Thuir a' phiseag “Leamsa tha e.”

Thuir mo mhamaidh “Cò leis tha seo?”  
Is i a' coimhead air cnàimh geal,  
Thuir mo mhamaidh “Cò leis tha seo?”  
Thuir an cuilean “Leamsa tha e.”

Thuir mo phiuthar “Cò leis tha seo?”  
Is i a' coimhead air cnòthan beag,  
Thuir mo phiuthar “Cò leis tha seo?”  
Thuir a' hamstair “Leamsa tha e.”

Thuir mo bhràthair “Cò leis tha seo?”  
Is e a' coimhead air curranan,  
Thuir mo bhràthair “Cò leis tha seo?”  
Thuir an rabaid “Leamsa tha e.”

**CD: 3      Làrach: 20**

**121. Màiri Bheag a' falbh dhan sgoil**

Màiri Bheag a' falbh dhan sgoil,  
A' falbh dhan sgoil, a' falbh dhan sgoil,  
Màiri bheag a' falbh dhan sgoil,  
Sa mhadainn tràth Dihaoine.

Pòg do Mhamaidh, x x x,  
Pòg do Dhadaidh, x x x,  
Pòg do Mhamaidh, x x x,  
Mus falbh i tràth Dihaoine.

**CD: 3      Làrach: 21**

**122. Seall mise a' dol!**

Seall mise a' dol,  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Aon, dhà, trì!

Seall mise a' dol  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Aon, dhà, trì!

Seall mise a' dol  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Suas agus sìos,  
Aon, dhà, trì!

**CD: 3      Làrach: 22**

### 123. Tha Dòmhnall Mòr a-staigh

Tha Dòmhnall Mòr a-staigh  
Tha Dòmhnall Mòr a-staigh  
Hi o is hoireann o  
Tha Dòmhnall Mòr a-staigh.

Tha Dòmhnall ag iarraidh bean  
Tha Dòmhnall ag iarraidh bean  
Hi o is hoireann o  
Tha Dòmhnall ag iarraidh bean.

Tha bhean ag iarraidh pàist'  
Tha bhean ag iarraidh pàist'  
Hi o is hoireann o  
Tha bhean ag iarraidh pàist'.

Tha 'm pàist' ag iarraidh nurs  
Tha 'm pàist' ag iarraidh nurs  
Hi o is hoireann o  
Tha 'm pàist' ag iarraidh nurs.

Tha an nurs ag iarraidh cù  
Tha an nurs ag iarraidh cù  
Hi o is hoireann o  
Tha an nurs ag iarraidh cù.

Tha 'n cù ag iarraidh cnàimh  
Tha 'n cù ag iarraidh cnàimh  
Hi o is hoireann o  
Tha 'n cù ag iarraidh cnàimh.

Cha bhris sinn an cnàimh  
Cha bhris sinn an cnàimh  
Hi o is hoireann o  
Cha bhris sinn an cnàimh.

Tha 'n cnàimh ro chruaidh  
Tha 'n cnàimh ro chruaidh  
Hi o is hoireann o  
Tha 'n cnàimh ro chruaidh.

**CD: 3**      **Làrach: 23**

### 124. Còignear fhear a' togail taigh

Còignear fhear a' togail taigh,  
A' togail taigh, a' togail taigh,  
Còignear fhear a' togail taigh,  
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

Ceathrar fhear a' togail taigh,  
A' togail taigh, a' togail taigh,  
Ceathrar fhear a' togail taigh,  
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

Triùir fhear a' togail taigh,  
A' togail taigh, a' togail taigh,  
Triùir fhear a' togail taigh,  
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

Dithis fhear a' togail taigh,  
A' togail taigh, a' togail taigh,  
Dithis fhear a' togail taigh,  
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

Fear leis fhèin a' togail taigh,  
A' togail taigh, a' togail taigh,  
Fear leis fhèin a' togail taigh,  
Shuidh fear sìos is e cho sgìth.

**CD: 3**      **Làrach: 24**

**125. Mè, mè chaora dhubh**

Mè, mè, chaora dhubh,  
Càit a bheil do chlàimh?  
Tha, tha, 'ille bhig, a' fàs air mo dhruim,  
Poca dhan mhaighstir is poca dhan mhnaoi  
Is poca dhan ghille bheag tha fuireach anns an Taigh.

**CD: 3      Làrach: 25**

**126. Tha Pàdraig a' bualadh**

Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd, aon òrd, aon òrd,  
Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd,  
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd, dà òrd, dà òrd,  
Tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd,  
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird, trì ùird, trì ùird,  
Tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird  
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird, ceithir ùird, ceithir ùird,  
Tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird,  
A h-uile latha gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird, còig ùird, còig ùird,  
Tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird,  
A h-uile latha gun sgur.

**CD: 3      Làrach: 26**

**127. Seo mar a bhios sinn a' cluich...**

Seo mar a bhios sinn a' cluich mun chraoibh,  
A' cluich mun chraoibh, a' cluich mun chraoibh,  
Seo mar a bhios sinn a' cluich mun chraoibh,  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

Seo mar a bhios sinn a' cìreadh ar cinn,  
A' cìreadh ar cinn, a' cìreadh ar cinn,  
Seo mar a bhios sinn a' cìreadh ar cinn,  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

Seo mar a bhios sinn ag ithe ar biadh  
Ag ithe ar biadh, ag ithe ar biadh,  
Seo mar a bhios sinn ag ithe ar biadh  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar fiaclan,  
Glanadh ar fiaclan, glanadh ar fiaclan,  
Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar fiaclan,  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar brògan,  
Glanadh ar brògan, glanadh ar brògan,  
Seo mar a bhios sinn a' glanadh ar brògan,  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

Seo mar a bhios sinn a' coiseachd dhan sgoil,  
A' coiseachd dhan sgoil, a' coiseachd dhan sgoil,  
Seo mar a bhios sinn a' coiseachd dhan sgoil,  
Air madainn reòthhte gheamhraidh.

**CD: 3      Làrach: 27**

**128. Tha mise mòr, tha thusa beag**

Tha mise mòr, tha thusa beag,  
Tha mise mòr, tha thusa beag,  
Tha mise mòr, tha thusa beag,  
Cò mise? Mise Eilidh!  
Cò thusa? Thusa Seumas!

Tha mise beag, tha thusa mòr,  
Tha mise beag, tha thusa mòr,  
Tha mise beag, tha thusa mòr,  
Cò mise? Mise .....!  
Cò thusa? Thusa .....!


**CD: 3      Làrach: 28**

**129. Balach beag le còta gorm**

Balach beag le còta gorm,  
Còta gorm, còta gorm,  
Balach beag le còta gorm,  
Falbh dhan sgoil a sgrìobhadh.

Nighean bheag le còta buidhe,  
Còta buidhe, còta buidhe,  
Nighean bheag le còta buidhe,  
Falbh dhan sgoil a sgrìobhadh.

**CD: 3      Làrach: 29**



**130. Tha mi trang anns an sgoil**

Tha mi trang anns an sgoil,  
Tha mi trang,  
Tha mi trang anns an sgoil,  
Tha mi trang,  
Tha mi trang anns an sgoil,  
Trang anns an sgoil,  
Tha mi trang anns an sgoil,  
Fad an latha.

Tha mi leisg aig an taigh,  
Tha mi leisg,  
Tha mi leisg aig an taigh,  
Tha mi leisg,  
Tha mi leisg aig an taigh,  
Leisg aig an taigh,  
Tha mi leisg aig an taigh,  
Fad an latha.

**CD: 3      Làrach: 30**

**131. Latha fliuch**

Latha fliuch, fliuch, fliuch,  
Chan fhaigh sinn a-mach a chluich.  
Latha fliuch, fliuch, fliuch,  
Latha fliuch a-muigh.

Uisge mòr, mòr, mòr,  
Uisge mòr, mòr, mòr,  
Uisge mòr, mòr, mòr, mòr,  
Uisge mòr a-muigh.

*(seinn gach rann dà thuras)*

**CD: 3      Làrach: 31**

**132. Itean Penelope**

Penelope le itean dearg,  
Itean dearg, itean dearg,  
Penelope le itean dearg,  
Is dathan de gach seòrsa.

Itean buidhe 's itean gorm,  
Itean buidhe 's itean gorm,  
Itean buidhe 's itean gorm,  
Is earball fada bòidheach.

**CD: 3      Làrach: 32**

**133. A' ghrian mhòr bhuidhe**

Grian mhòr bhuidhe, grian mhòr bhlàth,  
Grian mhòr bhuidhe, shuas gu h-àrd.  
Breab do chasan! Buail do làmh!  
Fàilt' air a' ghrian, a' ghrian mhòr bhlàth!  
Fàilt' air a' ghrian, a' ghrian mhòr bhlàth!

**CD: 3      Làrach: 33**

**134. A chur nan gobhar às a' chreig**

A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam  
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam  
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam  
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam

'S e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam;  
'S e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beaga b' fheàrr leam;  
'S e 'n t-èileadh 's e 'n t-èileadh, 's e 'n t-èileadh beag bu docha leam;  
A chur nan gobhar às a' chreig 's e 'n t-èileadh beag a b' fheàrr leam.

**CD: 3      Làrach: 34**

**135. Peantaidh mise  
dealbh dhut**

Peantaidh mise dealbh dhut  
Peantaidh mise dealbh dhut  
Peantaidh mise dealbh dhut  
Anns an sgoil.

Suidhidh mise sìos  
Suidhidh mise sìos  
Suidhidh mise sìos  
Anns an sgoil.

Leughaidh mise leabhar  
Leughaidh mise leabhar  
Leughaidh mise leabhar  
Anns an sgoil.

Sgrìobhaidh mise faclan  
Sgrìobhaidh mise faclan  
Sgrìobhaidh mise faclan  
Anns an sgoil.

Seinnidh mise òran  
Seinnidh mise òran  
Seinnidh mise òran  
Anns an sgoil.

Cluichidh mis' a-muigh  
Cluichidh mis' a-muigh  
Cluichidh mis' a-muigh  
Anns an sgoil.

Falbhadh mise dhachaigh  
Falbhaidh mise dhachaigh  
Falbhaidh mise dhachaigh  
An dèidh na sgoil.

**CD: 3      Làrach: 35**

**136. Chaidh mise dhan bhaile**

Air madainn Diluain, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi poileasman trang.

Air madainn Dimàirt, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

Air madainn Diciadain, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi trì làraidhean buidhe  
dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

Air madainn Diardaoin, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi ceithir càraichean gorma  
trì làraidhean buidhe  
dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

Air madainn Dihaoine, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi còig baidhsagalan uaine  
ceithir càraichean gorma  
trì làraidhean buidhe  
dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

Air madainn Disathairn', chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi sia balaich bheaga  
còig baidhsagalan uaine  
ceithir càraichean gorma  
trì làraidhean buidhe  
dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

Air madainn Didòmhnaich, chaidh mise dhan bhaile  
Is chunnaic mi seachd nigheanan mòra  
sia balaich bheaga  
còig baidhsagalan uaine  
ceithir càraichean gorma  
trì làraidhean buidhe  
dà bhus dhearg  
Is poileasman àrd 's e cho trang.

**CD: 3      Làrach: 36**

**137. Nuair a bha mi na mo mhaighdinn**

*Sèist*

*Nuair bha mi na mo mhaighdinn*

*'S e saighdear bu docha leam*

*Nuair bha mi na mo mhaighdinn*

*'S e saighdear a b' fheàrr leam.*

'S e saighdear, 's e saighdear,

'S e saighdear bu docha leam,

'S e saighdear, 's e saighdear,

'S e saighdear a b' fheàrr leam.

Fear cruinn dubh, fear àrd dubh,

Fear cruinn dubh bu docha leam,

Fear cruinn dubh, fear àrd dubh,

Fear cruinn dubh a b' fheàrr leam.

*(sèist agus gach rann dà thuras)*

**CD: 3**

**Làrach: 37**

**138. Èisg Bhig**

Èisg bhig, èisg bhig,

Nach tu tha math air snàmh.

Gu dearbha feumaidh mise sin

Oir bidh mi snàmh gu bràth.

Èisg bhig, èisg bhig,

A bheil thu idir sgìth?

O chan eil, chan eil, chan eil,

Cha toigh leam bhith air tìr.

Èisg bhig, èisg bhig,

Càit a bheil do dhachaigh?

Tha mo dhachaigh anns a' chuan

Mìle mach on chladach.

**CD: 3**

**Làrach: 38**

**139. A bheil an cù aig an doras?**

A bheil an cù aig an doras,  
Aig an doras, aig an doras?  
A bheil an cù aig an doras?  
Tha, tha, gu dearbh.

A bheil an cù fon a' bhòrd,  
Fon a' bhòrd, fon a' bhòrd?  
A bheil an cù fon a' bhòrd?  
Tha, tha, gu dearbh.

A bheil an cù anns a' bhasgaid,  
Anns a' bhasgaid, anns a' bhasgaid?  
A bheil an cù anns a' bhasgaid?  
Tha, tha, gu dearbh.

**CD: 3      Làrach: 39**

**140. Tha mise mòr, tha luchag beag**

Tha mise mòr; tha luchag beag;  
Tha mise mòr; tha luchag beag;  
Tha mise mòr; tha luchag beag;  
Tha mise mòr, mòr, mòr.

Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr, mòr, mòr.

Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr; tha luchag beag;  
Tha ..... mòr, mòr, mòr.

**CD: 3      Làrach: 40**

**141. Òran an t-sneachda**

Seall an sneachda  
Seall an sneachda  
Tighinn a-nuas  
Tighinn a-nuas  
Feumaidh mi mo chòta  
Feumaidh mi mo chòta  
Tha mi fuar  
Tha mi fuar.

**CD: 3      Làrach: 41**

**142. Dè tha thu a' dèanamh?**

*Sèist*  
*Dè tha thu a' dèanamh,*  
*Dè tha thu a' dèanamh,*  
*Dè tha thu a' dèanamh, dè? dè?*

Tha mi a' sgrìobhadh,  
Tha mi a' sgrìobhadh,  
Tha mi a' sgrìobhadh, sgrìobh, sgrìobh!

Tha mi a' leughadh,  
Tha mi a' leughadh,  
Tha mi a' leughadh, leugh! leugh!

Tha mi ag èisteachd,  
Tha mi ag èisteachd,  
Tha mi ag èisteachd, èist! èist!

Tha mi a' seinn,  
Tha mi a' seinn,  
Tha mi a' seinn, la la la, la.

**CD: 3      Làrach: 42**

**143. Is toigh leam a bhith peantadh**

Is toigh leam a bhith peantadh  
Is toigh leam a bhith ruith  
Is toigh leam a bhith cadal  
Is toigh leam a bhith cluich  
Is toigh leam a bhith 'n seo  
Is toigh leam a bhith siud  
Ach 's fheàrr leam gu lèir  
A bhith muigh, muigh, muigh!

**CD: 3      Làrach: 43**

**144. Chaidh còig tunnag bheag a shnàmh**

Chaidh còig tunnag bheag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
Ach cha tàinig ach ceithir tunnag bheag air ais.

Chaidh ceithir tunnag bheag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
Ach cha tàinig ach trì tunnag bheag air ais.

Chaidh trì tunnag bheag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
Ach cha tàinig ach dà thunnag bheag air ais.

Chaidh dà thunnag bheag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
Ach cha tàinig ach aon tunnag bheag air ais.

Chaidh aon tunnag bheag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
'S cha tàinig tunnag bheag idir air ais.

Chaidh Mamaidh tunnag a shnàmh aon latha  
Thall air a' chnoc agus fada air falbh.  
Thuir Mamaidh tunnag "guag guag guag guag"  
Thàinig a h-uile tunnag bheag air ais.

**CD: 3      Làrach: 44**

**145. 'S toigh leam mo bhiadh**

'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh  
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh  
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam mo bhiadh  
'S toigh leam fhìn maragan math agus iasg.

'S toigh leam ugh sa mhadainn le aran is ìm,  
Brochan agus bainne agus balgam tì;  
'S toigh leam fhìn, 's toigh leam fhìn, 's toigh leam an tì  
Brochan agus bainne agus balgam tì.

**CD: 3      Làrach: 45**

**146. Brògan ùra**

Fhuair mi paidhir bhrògan ùr  
Ann am bùth MhicDhòmhnail  
Fhuair mi paidhir bhrògan ùr  
Ann am bùth MhicDhòmhnail;  
Bucaill orra 's cnapan àrd  
Thèid mi leotha dhan danns  
'S canaidh iad gu bheil mi spaideil  
Spaideil le mo bhrògan.

**CD: 3      Làrach: 46**

**147. A' seinn anns an uisge**

Tha sinn a' seinn anns an uisge, a' seinn anns an uisge,  
Le sgàilean is bòtannan, a' seinn anns an uisge  
Ged tha sgòthan shuas àrd, tha sinn toilichte an-dràst'  
A' seinn 's a' dannsa anns an uisge'  
Da, da, da, da, da, da, da, da, da.....

**CD: 3      Làrach: 47**

**148. Crathaidh mi mo làmhan**

Crathaidh mi mo làmhan, crathaidh mi mo làmhan,  
Crathaidh mi, o crathaidh mi,  
Crathaidh mi mo làmhan.

Breabaidh mi mo chasan, breabaidh mi mo chasan  
Breabaidh mi, o breabaidh mi,  
Breabaidh mi mo chasan.

Buailidh mi mo bhois, buailidh mi mo bhois,  
Buailidh mi, o buailidh mi,  
Buailidh mi mo bhois.

Slaodaidh mi mo shròn, slaodaidh mi mo shròn  
Slaodaidh mi, o slaodaidh mi,  
Slaodaidh mi mo shròn.

Dioglaidh mi do mhionach, dioglaidh mi do mhionach,  
Dioglaidh mi, o dioglaidh mi,  
Dioglaidh mi do mhionach.

**CD: 3      Làrach: 48**

**149. Dùin do shùilean**

Dùin do shùilean, luaidh mo chridh'  
Dèan an cadal, a ghràidhean,  
Dùin do shùilean, luaidh mo chridh'  
'S thèid mi don tràigh a-màireach leat.

**CD: 3      Làrach: 49**

**150. Thoir dhìot do chòta**

Tha e fliuch a-muigh an-diugh,  
Tha e fliuch a-muigh an-diugh,  
Tha e fliuch a-muigh an-diugh,  
A' splaiseadh anns na lòintean.

Tha mo chòta fliuch a-nis  
Tha mo chòta fliuch a-nis  
Tha mo chòta fliuch a-nis  
Thig a-steach 's thoir dhìot e.

Tha mo bhrògan fliuch a-nis,  
Tha mo bhrògan fliuch a-nis,  
Tha mo bhrògan fliuch a-nis,  
Thig a-steach 's thoir dhìot iad.

Tha mo stocainnean fliuch a-nis,  
Tha mo stocainnean fliuch a-nis,  
Tha mo stocainnean fliuch a-nis,  
Thig a-steach 's thoir dhìot iad.

**CD: 3      Làrach: 50**


# DÈ THUIRT THU?

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

## ÈIST AGUS DÈAN



# DÈ THUIRT THU?

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

## Ro-ràdh

'S e earrannan èisteachd a tha ann an Èist agus Dèan, a bheir air adhart tuigse na cloinne air a' Ghàidhlig agus na sgilean èisteachd aca. Bheir e cuideachd cothrom don tidsear measadh dè na tha a' chlann a' tuigsinn sa Ghàidhlig.

Tha ceithir cèiseagan anns a' phac leis na pìosan èisteachd - labhairt no seinn - air teip, agus leis gach cèiseag, seat de dhuilleagan-obrach agus sgriobt de gach teip.

Bu chòir don chloinn èisteachd gu mionaideach ris an teip agus an uair sin na rudan a dhèanamh a tha an duilleag-obrach iomchaidh ag iarraidh.

Chaidh Èist agus Dèan a chur ri chèile mar phàirt den Phròiseact Leasachaidh Cànan le: Joanne Byrne (Bun-sgoil Sir John Maxwell, Donalda McComb (Bun-sgoil Meadowburn agus Mona Wilson (Bun-sgoil Tollcross.

Chaidh na teipichean a dheasachadh le Cànan agus chaidh an clàradh aig Cava, Glaschu.

Tha an aithris le Ailig O' Henley agus Mairead Ros; an t-seinn le Anna Nic na Ceàrdaich le John Higgins air giotàr, agus an ceòl le Alasdair Codona agus Jenny Booth.

Tha Èist agus Dèan air fhoillseachadh mar phàirt den phac Dè Thuirt Thu? le PRG agus Cànan. Tha an còraichean ann an Èist agus Dèan glèidhte le Comhairle na Gàidhealtachd às leth nan ùghdarrasan uile tha air an riochdachadh air PRG.

© Èist agus Dèan Comhairle na Gàidhealtachd

Taing do na leanas airson cead dealbhan a chleachdadh:

Learning Materials Ltd, Wolverhampton airson nan dealbhan a tha dol le A2 - 5 agus B1-5

An Apple for the Teacher airson nan dealbhan a tha dol le Teip 3

LDA airson nan dealbhan a tha dol le Teip 4

### Sgrìobt an teip

**Mairead:** Èist agus Dèan

**Ailig:** Teip a h-aon: Èist agus Cuir Dath - A

**Mairead:** A 1

Seo teaghlach - cuir do chorrach air Dadaidh.

Càit a bheil Mamaidh?

Tha gille ri taobh Mamaidh - cuir do chorrach air.

Tha nighean ri taobh Dadaidh - cuir do chorrach oirre.

Cuir dath donn air a' bhriogais aig Dadaidh.

Tha dreasa orains air Mamaidh agus brògan dubha.

Tha geansaidh uaine air Dadaidh agus lèine bhuidhe.

Tha sgiort phinc air an nighean agus geansaidh gorm.

Cuir dath purpaidh air an T-lèine aig a' ghille agus briogais ghoirid dhearg.

**Ailig:** A 2

Am faic thu paidhir stocainn?

Càit a bheil briogais?

Cuir do chorrach air an dreasa.

Am faic thu paidhir bhrògan?

Cuir do chorrach air an t-seacaid.

Càit a bheil an còta?

Cuir dath dubh air na brògan.

Tha an dreasa pinc le ribein phurpaidh.

Tha aon stocainn dearg agus an tèile gorm.

Cuir dath liath air a' bhriogais.

Cuir dath uaine air an t-seacaid.

Tha an còta buidhe.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 1 Èist agus Cuir Dath A3, A4

**Mairead: A3**

Càit a bheil na h-isbeanan?  
Cuir do chorràg air an aran.  
Tha deoch orains anns a' ghlainne.  
Càit a bheil na tiops?  
Cuir do chorràg air a' chèic.  
Tha reòiteag math airson ithe.  
Cuir dath pinc air na h-isbeanan.  
Tha an reòiteag uaine agus an cònn orains.  
Cuir dath donn air an aran.  
Cuir dath dearg air an t-sirist.  
Cuir dath buidhe air na tiops.  
Cuir dath eile air a' chèic.

**Ailig: A4**

Cuir do chorràg air a' choineanach.  
Càit a bheil an cat?  
Cuir do chorràg air an òr-iasg.  
Càit a bheil an t-sligeanach?  
Tha cù ann - cuir do chorràg air.  
Tha muc-gini ann cuideachd - cuir do chorràg air.  
Cuir dath uaine air an t-sligeanach.  
Tha an cù dubh agus geal.  
Tha an cat ruadh agus geal.  
Cuir dath air a' choineanach - tha pinc air a  
chluasan agus an còrr geal.  
Cuir dath orains air an òr-iasg.  
Cuir dath donn air a' mhuc-gini

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 1 Èist agus Cuir Dath A5

**Mairead: A5**

**Cuir do chorrage air a' bhaidhsagal.**

**Càit a bheil am bus?**

**Cuir do chorrage air an làraidh.**

**Càit a bheil a' bhùth?**

**Cuir do chorrage air an taigh.**

**Càit a bheil an càr ùr?**

**Cuir gorm air a' bhus agus dèan na rothan dubh.**

**Cuir dath air an taigh - doras uaine agus mullach dearg.**


**Tha an làraidh buidhe agus dubh.**

**Cuir doras pinc air a' bhùth agus dèan na h-uinneagan geal.**

**Tha an càr ùr uaine**



**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 1**  
**Èist agus Cuir Dath A1**






DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 1  
Èist agus Cuir Dath A2






DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 1  
Èist agus Cuir Dath A3









DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 1  
Èist agus Cuir Dath A4



DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 1  
Èist agus Cuir Dath A5



### Sgrìobt an teip

- Mairead:** Èist agus Dèan
- Ailig:** Teip a dhà: Èist agus Cuir Dath - B
- Mairead:** B 1  
Cuir do chorràg air an telebhisean.  
Càit a bheil am pàipear-naidheachd?  
Cuir do chorràg air an t-sòfa.  
Càit a bheil an teine?  
Cuir do chorràg air a' bhòrd.  
Càit a bheil an sèithear?  
Cuir do chorràg air an lampa.  
Dèan dealbh air an telebhisean.  
Cuir paidhir bhrògan air an t-sèithear.  
Cuir leabhar agus peansail air a' bhòrd.  
Cuir dath orains agus buidhe air an teine.  
Dèan an lampa uaine agus buidhe.  
Tha Mamaidh na suidhe air an t-sòfa.  
Cuir dath air a' phàipear-naidheachd.
- Ailig:** B 2  
Cuir do chorràg air na leabhraichean. Dèan iad uaine agus dearg.  
Càit a bheil an leabaidh? Cuir buidhe air a' chuibhrig.  
Cuir do chorràg air bogsa nan dèideagan. Cuir dath air na dèideagan agus dèan am bogsa donn.  
Càit a bheil a' chiste-dhràthraichean? Cuir dath buidhe oirre.  
Cuir do chorràg air a' bhall. Cuir dath gorm air.  
Càit a bheil a' chluasag? Cuir dath pinc oirre.  
Cuir do chorràg air a' phreasa-aodaich. Cuir dath orains air.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 2 Èist agus Cuir Dath B3, B4

### Mairead:

B 3

Càit a bheil an cucair? Cuir dath uaine air.

Cuir do chorrage air a' phreasa. Cuir dath gorm air.

Càit a bheil an coire? Cuir dath air.

Cuir do chorrage air an inneal-nigheadaireachd. Cuir geansaidh ann.

Càit a bheil am pana? Cuir na h-isbeanan dhan phana.

Càit a bheil am frids? Cuir dath buidhe air.

Cuir do chorrage air an t-sinc. Cuir truinnsair ri taobh a' ghoc.

Càit a bheil an tostair? Cuir dath uaine air.

### Ailig:

B 4

Cuir do chorrage air an sgian.

Cuir do chorrage air an truinnsair.

Càit a bheil an cupa agus an sàsar?

Cuir do chorrage air an fhorca.

Càit a bheil an spàin-teatha?

Dèan an sgian, am forca agus an spàin-teatha glas.

Cuir dath buidhe air a' chupa.

Cuir dath gorm agus dearg air an truinnsair.

Dèan an sàsar pinc agus uaine.







# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 2 Èist agus Cuir Dath B5

- Mairead:** B 5
- Cuir do chorràg air an t-similear.
  - Cuir do chorràg air an doras.
  - Càit a bheil an geata?
  - Càit a bheil am balla?
  - Cuir do chorràg air an uinneig.
  - Cuir do chorràg air mullach an taighe.
  - Dèan an doras uaine.
  - Cuir dath orains air an t-similear.
  - Dèan mullach an taighe dearg.
  - Cuir dath gorm air a' gheata.
  - Dèan am balla donn agus buidhe.
  - Dèan uinneag an taighe pinc.







# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 2 Èist agus Cuir Dath B1




**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 2**  
**Èist agus Cuir Dath B2**






# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 2 Èist agus Cuir Dath B3









**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 2**  
**Èist agus Cuir Dath B4**



**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 2**  
**Èist agus Cuir Dath B5**



# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

### Èist agus Cuir Dath C

C1, C2 Dè tha seo?

#### Sgrìobt an teip

- Mairead:** Èist agus Dèan
- Ailig:** Teip a trì: Èist agus cuir dath. Ìre C.
- Mairead:** C1. Dè tha seo?
- Ailig:** Tha seo cruinn. Bidh thu a' cluich ball-coise leis.  
Cuir dath gorm air.
- Mairead:** Nì seo fuaim. Chì thu air mullach eaglais e.  
Cuir dath buidhe air.
- Ailig:** Bidh seo a' snàmh anns an uisge. Cuir dath uaine air.
- Mairead:** Chì thu seo air an oidhche. Is toigh leatha luchagan airson ithe.  
Cuir dath donn oirre.
- Ailig:** Nuair a tha thu a' cluich leis an seo feumaidh tu tòrr gaoth. Cuir  
dath purpaidh agus pinc air.
- Mairead:** Tha seo fada. Bidh e a' dèanamh fuaim mar seo. SSSSSSSS.  
Cuir pàtran sgrìobach air.
- Ailig:** Tionndaidh an duilleag. Dèan dealbh de thaigh. Cuir doras uaine  
air, mullach dubh agus ceithir uinneagan. Dèan càr air beulaibh an  
taighe.
- Mairead:** C2. Dè tha seo?
- Ailig:** Nuair a tha Mamaidh a' cur aodach air ròpa feumaidh i an rud  
seo. Cuir dath dearg air.
- Mairead:** Bidh sinn a' cur tì no cofaidh an seo agus ga òl. Cuir dath pinc air.
- Ailig:** Chì thu seo anns an adhar. Bidh i a' deàrsadh agus tha i  
uabhasach teth. Cuir an dath ceart oirre.
- Mairead:** Gheibh thu seo bho chearc no tunnag. Bidh isean a' tighinn  
a-mach às. Cuir dath donn air.
- Ailig:** Feumaidh tu fear dhiubh seo ma tha thu a' dìreadh suas àrd.  
Cuir dath dubh air.
- Mairead:** Nuair a tha grian agus uisge ann còmhla chì thu seo. Cuir diofar  
dhathan air.
- Ailig:** Tionndaidh an duilleag. Dèan dealbh bàta-siùil air a' mhuir. Dèan  
thu fhèin ag iasgach oirre.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

### Èist agus Cuir Dath C

#### C3. Mòr agus beag C4. Cèicean co-là-breith

**Mairead:** C3. Mòr agus beag

**Ailig:** Is toigh leam iad seo air latha teth. Tha iad fuar agus blasta. Cuir dath uaine air an fhear mhòr agus pinc air an fhear beag.

**Mairead:** Gheibh thu iad seo bho chearc no tunnag. Bidh sinn gan ithe airson bracaist. Cuir dath donn air an fhear beag agus geal air an fhear mhòr.

**Ailig:** Bidh iad seo a' fàs anns a' ghàrradh. Tha duilleagan orra. Cuir dath orains air an fhear beag agus dath dearg air an fhear mhòr.

**Mairead:** Tha feum againn orra seo nuair a tha an t-uisge ann. Bidh sinn gan cur suas. Cuir dath purpaidh air an fhear beag agus dath liath air an fhear mhòr.

**Ailig:** Bidh sinn a' cur na rudan seo air nuair a tha i dorcha a-muigh. Cuir spotan air an fhear mhòr agus sgrìoban air an fhear beag.

**Mairead:** Dè tha air fhàgail air an duilleig? Cò bhios a' cleachdadh iad seo? Tionndaidh an duilleag agus dèan dealbh.

**Mairead:** C4. Cèicean co-là-breith

**Ailig:** Cò leis a tha gach cèic?

**Mairead:** Is toigh le lain a bhith a' bualadh targaid. Cuir dath buidhe agus dearg air a' chèic aige agus dath uaine air a' choinneil.

**Ailig:** Tha Mairead air a bhith a' sèideadh a-mach feadhainn dhe na coinnean aice. Cuir dath gorm agus buidhe air a' chèic aice.

**Mairead:** Tha sgrìobhadh air a' chèic aig Bob. Tha e sia. Cuir crìoch air na coinnean aige agus cuir dath orains air a' chèic.

**Ailig:** Tha Meg aon bhliadhna dh'aois. Cuir dath pinc air an ribein agus buidhe air na flùraichean.

**Mairead:** Tha an cèic aig Tom a' coimhead toilichte. Cuir dath dearg agus uaine air.

**Ailig:** Tha dealbhan dèideag air a' chèic aig Sam. Cuir dath gorm orra agus dèan an còrr dhen chèic dearg.

**Mairead:** Tionndaidh an duilleag. Dè an seòrsa cèic a bu toigh leatsa? Dèan dealbh dheth agus cuir coinnean air.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

### Èist agus Cuir Dath C

#### C5. Calum Coineanach C6. Brot Aibidil

- Mairead:** C5. Calum Coineanach
- Ailig:** Seo Calum an coineanach. Dèan dà fhiacal air.
- Mairead:** Cuir bòtannan uaine air.
- Ailig:** Dèan basgaid le uighean ann an aon spòig.
- Mairead:** Dèan dealan-dè air aon de na cluasan aige.
- Ailig:** Dèan curran anns an spòig eile.
- Mairead:** Cuir dath buidhe air an stamag aige.
- Ailig:** Cuir dath air an còrr dhen dealbh.
- 
- Mairead:** C6. Brot Aibidil
- Ailig:** Èist agus cuir dath air an litir.
- Mairead:** Doras, dubh, dèideag agus damhan-allaidh. Cuir dath uaine air an litir.
- Ailig:** Geata, gobhar, geansaidh agus gorm. Cuir dath buidhe air an litir.
- Mairead:** Flùr, feòrag, feansa agus forc. Cuir dath pinc air an litir.
- Ailig:** Cèic, craobh, còta agus cat. Cuir dath dubh air an litir.
- Mairead:** Iasg, ite, ialtag agus isean. Cuir dath gorm air an litir.
- Ailig:** Bèibidh, бага, bòrd agus bò. Cuir dath orains air an litir.
- Mairead:** Màileid, muncaidh, muc agus measan. Cuir dath purpaidh air an litir.
- Ailig:** Làraidh, leòmhan, losgann agus leabhar. Cuir dath glas air an litir.
- Mairead:** Tionndaidh an duilleag. Dèan dealbh stocainnean sgrìobach air sgeilp anns an sgoil.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

### Èist agus Cuir Dath C

#### C7. Anns an rùm-suidhe C8. Daoine beaga

- Mairead:** C7. Anns an rùm-suidhe
- Ailig:** Cuir dath dearg air na brògan.
- Mairead:** Dèan cat na shuidhe air a' bhrat.
- Ailig:** Cuir pàtran rionnagan air a' bhalla.
- Mairead:** Dèan luchag ri taobh an stòl.
- Ailig:** Dèan flùr mòr anns a' phoit lusan.
- Mairead:** Cuir dath donn air na beanntan anns an dealbh.
- Ailig:** Dèan teadaidh air an làr ri taobh an leabhair.
- Mairead:** Cuir dath orains air an stòl.
- Ailig:** Cuir dathan eile air an dealbh.
- Mairead:** C8. Daoine beaga
- Ailig:** Sgrìobh an t-ainm ceart anns gach bogsa. Cò tha seo?
- Mairead:** Tha Tom a' fuireach ann an taigh le spotan beaga dubha air a' mhullach.
- Ailig:** Tha pàtran bogha-fhrois air mullach an taigh aig Bob agus dealbh dhen ghrian air a bhonn.
- Mairead:** Tha tòrr bhalgain-bhuachrach bheaga air an taigh aig Màiri.
- Ailig:** Tha sgrìoban air mullach agus rionnagan air bonn an taigh aig Iain.
- Mairead:** Tha ceàrnagan agus cearcaill air an taigh aig Ceit.
- Ailig:** Tha pàtran neònach a' dol suas-sìos air an taigh aig Sìne.
- Mairead:** Tha cearcaill mhòra air mullach an taigh aig Calum.
- Ailig:** Tha ceart-cheàrnaich air an taigh aig Meg.
- Mairead:** Chan eil pàtran air mullach an taigh aig Ros ach tha air a' bhonn.











# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3 Èist agus Cuir Dath C C9. Aodainn C10. Tuaistearan

- Mairead:** C9. Aodainn
- Ailig:** Cuir crìoch air na h-aodainn.
- Mairead:** Cuir speuclairean air a' ghille a tha a' gàireachdainn.
- Ailig:** Cuir ribean air an nighean a tha a' rànaich.
- Mairead:** Cuir dath buidhe air an fhalt aig an nighean chrosta.
- Ailig:** Cuir ceap air a' ghille a tha toilichte.
- Mairead:** Cuir dath donn air an fhalt aig an nighean a tha eagalach.
- Ailig:** Cuir puing-cheistean os cionn a' cheann aig a' ghille a tha a' smaointinn.
- Mairead:** Tionndaidh an duilleag. Dèan dealbh aodann tùrsach agus inns carson a tha e tùrsach.
- Mairead:** C10. Tuaistearan
- Ailig:** Seo Teàrlach agus Tònaidh Tuaistearan.  
Tha bogha-taidh air Teàrlach. Cuir do chorrach air.
- Mairead:** Tha na brògan aige dearg.
- Ailig:** Cuir ceithir phutain air an lèine aige agus dèan an lèine orains.
- Mairead:** Dèan na miotagan aige buidhe.
- Ailig:** Tha Tònaidh maol agus chan eil bogha-taidh air.  
Cuir do chorrach air Tònaidh.
- Mairead:** Cuir bonaid ghorm air a cheann.
- Ailig:** Cuir uaine air na galaisean aige.
- Mairead:** Tha dath pinc air an T-lèine aige.
- Ailig:** Cuir dath uaine air a' bhriogais aige.
- Mairead:** Tha dath orains air na brògan aige.
- Ailig:** Cuir Teàrlach na sheasamh air ball mòr le rionnagan air.  
Cuir Tònaidh na sheasamh air ball mòr le triantan air.

DÈ THUIRT  
THU?










Èist agus Dèan Teip 3  
Èist agus Cuir Dath C1  
Dè tha seo?



**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 3**

Èist agus Cuir Dath C2  
Dè tha seo?



DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 3

Èist agus Cuir Dath C3

Mòr agus beag







# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

Èist agus Cuir Dath C4

Cèicean




**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 3**

Èist agus Cuir Dath C5

Calum Coineanach




DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 3

Èist agus Cuir Dath C6

Bròt Aibidil




DÈ THUIRT  
THU?

Èist agus Dèan Teip 3

Èist agus Cuir Dath C7

Anns an Rùm-suidhe










# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 3

Èist agus Cuir Dath C8

Daoine Beaga



Bob

Màiri

Ros

Iain

Meg

Tom

Sìne

Calum








Ceit

**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 3**

Èist agus Cuir Dath C9

Aodainn




**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 3**


Èist agus Cuir Dath C10

Tuaistearan

**Teàrlach**



**Tònaidh**



# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4

### 1. Dè fuaim a bha siud?

#### Sgrìobt an teip

- Mairead:** Èist agus Dèan
- Ailig:** Teip a ceithir: Èist agus Dèan
- Mairead:** Leasan a h-aon. Dè fuaim a bha siud?  
A bheil duilleag-obrach a h-aon, peansail agus pìos pàipear eile agad? Ma tha, tha thu deiseil.
- Ailig:** Coimhead air sreath a h-aon. Chì thu dealbh cù, tunnag agus craobh. Cuir crois air an dealbh a nì am fuaim seo. Èist!  
(Cù a' comhartaich)
- Mairead:** Coimhead a-nis air sreath a dhà. Tha gleoc, càr agus cat anns na dealbhan. Cuir crois air an dealbh a nì am fuaim seo.  
(Càr)
- Ailig:** A bheil thu deiseil airson sreath a trì? A bheil thu a' faicinn plèana, coileach agus caora? Èist agus cuir crois air an dealbh a nì am fuaim seo.  
(Plèan a' falbh)
- Mairead:** Sreath a ceithir a-nis. Chì thu càr agus cloc agus muc. Dè am fear a nì am fuaim seo?  
(Cloc)
- Ailig:** Coimhead a-nis air sreath a còig. Chì thu fòn, each agus òrd. Cuir crois air an dealbh a nì am fuaim seo.  
(Fòn)
- Mairead:** An do chuir thu crois anns a h-uile sreath? Coimhead a-nis air an duilleig agad ach am faic sinn an robh thu ceart.
- Ailig:** Anns a' chiad sreath chuala sinn am fuaim seo. (Cù)  
'S e cù a bh' ann. Cù a' comhartaich. An robh thu ceart? Glè mhath.  
Càit an do chuir thu crois anns an dàrna sreath? A bheil e air a' chàr? (Càr) 'S e càr a bh' ann. A bheil càr aig an teaghlach agadsa? Dè seòrsa càr a th' ann? Am bi e a' dèanamh fuaim mar sin?  
Coimhead air sreath a trì. Seo am fuaim a bh' ann. (Plèan)  
'S e plèana a bh' ann. An do chuir thu crois air an dealbh cheart? Glè mhath. An robh thu fhèin riamh air plèana? Càit an robh thu?
- Mairead:** Coimhead air sreath a ceithir. An do chuir thu crois air a' chloc? Èist! (Cloc) 'S e! 'S e cloc a bh' ann.  
Sreath a còig a-nis. Seo am fuaim. (Fòn) 'S e am fòn a bh' ann. An do chuir thusa crois air a' fòn? Uabhasach math.  
Ach saoil cò bha a' fònadh? An i Granaidh a bh' ann? A bheil i a' tighinn a choimhead ort? A bheil preusant aice dhut? An e do charaid a bh' ann? A bheil sibh a' dol a shnàmh no a' dol a-mach dhan phàirc?
- Ailig:** Faigh am pìos pàipeir eile agus dèan dealbh. Nuair a tha thu deiseil seall an dealbh dhan tidsear agus inns dhi cò bha fònadh.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 2. Dèan Loidhne

- Mairead:** Leasan a dhà. Dèan loidhne
- A bheil peansail, duilleag-obrach a dhà agus peansailean dathte agad? Èist, ma-thà, agus gheibh thu a-mach dè tha sinn a' dol a dhèanamh.
- Ailig:** Tha sinn a' dol a dhèanamh dealbh. Saoil de seòrsa dealbh a bhios ann? Tog do pheansail agus ceangail am pana agus an stocainn le loidhne.
- Mairead:** A-nis ceangail an cupa agus an rabaid. An do rinn thu sin? Glè mhath.
- Ailig:** Ceangail a nis an ròs agus an cupa le loidhne.
- Mairead:** An turas seo ceangail an ròs agus a' ghrian. Tha an loidhne sin fada, nach eil?
- Ailig:** A bheil fhios agad dè a th' ann fhathast? Cumaidh sinn a' dol. Ceangail an rèidio agus am peansail le loidhne. A-nis ceangail am pana agus am peansail.
- Mairead:** Agus am fear mu dheireadh - ceangail a' ghrian agus an rabaid le loidhne.
- Ailig:** An do rinn thu dealbh? An e bàta a th' ann? Glè mhath. Feumaidh gu robh thu ag èisteachd uabhasach math. Aig an deireadh faodaidh tu dath a chur air a' bhàta.
- Mairead:** Air pìos pàipear glan dèan dealbh eile a-nis. Èist ris an fhuaim seo.  
*(Uilebheist mara)*
- 'S e beathach neònach a th' ann a tha a' fuireach anns a' mhuir. Tha am beathach mòr. Tha e dearg. Tha na sùilean aige uaine agus tha na fiaclan aige geal. Tha earball fada, biorach air.
- Dèan an dealbh aige agus seall an dealbh dhan tidsear nuair a bhios tu deiseil.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 3. Air an tuathanas

**Mairead:** Leasan a trì. Air an tuathanas

**Ailig:** An-diugh tha sinn a' dol cuairt gu tuathanas. Èist!  
(*Bha tac beag, snog aig Dòmhnall Donn*)  
A bheil duilleag-obrach a trì agus peansail dearg agad?  
Chan eil feum agad air a' pheansail an-dràsta. Èist an  
toiseach ris an stòiridh. Cuir do chorrage air an dealbh  
nuair a chluinneas tu am fuaim. Deiseil?

(*Càr*)

**Mairead:** Seo sinn mu dheireadh thall. Nach e Ben a tha toilichte ar faicinn.  
(*Cù a' comhartaich*) Hallò, Ben. Ist! Sguir a chomhartaich! Seall,  
siud Seanair. Tha e a' toirt a' chrodh a-steach airson am  
bleoghainn. (*Crodh*) Trobhad ach am faic sinn iad.

**Ailig:** Hallò, a chlann!  
(*Seanair*)

**Mairead:** Am faca sibh na tunnagan beaga fhathast? Tha iad anns an lòn.  
(*Tunnagan*) O, seall! Ceithir iseannan beaga. Trobhad a-nis ach am faic  
sinn Granaidh. Càit a bheil i? Tha i toirt biadh dha na cearcan.  
(*Cearcan*) Hallò, a Ghranaidh. A bheil sibh a' toirt biadh dha na mucan  
a-nis? (*Mucan*) Cha chreid mi nach eil an t-acras orra. Tha. Tha an  
t-acras orra gu dearbh agus feumaidh iad biadh fhaighinn. An dèidh sin,  
feumaidh sinne a dhol a-steach. 'S e àm dinneir a th' ann agus tha an t-  
acras oirnne cuideachd.

**Ailig:** An do lorg thu a h-uile rud a rinn fuaim? Tog a-nis am peansail  
dearg agus èist gu faiceallach.

**Mairead:** Dè am beathach a nì am fuaim seo? (*Bò*) Cuir crois oirre.  
Cuir loidhne fo na beathaichean a nì am fuaim seo. (*Cearcan*) Lorg a-nis  
am beathach seo. (*Cù*) Cuir ceart-cheàrnag timcheall air. Mu dheireadh,  
cuir cearcall timcheall air beathach a nì am fuaim seo. (*Muc*) An do lorg  
thu na beathaichean air fad? Èist a-rithist. A' chiad fhear - am fear seo.  
(*Bò*) 'S e bò a bh' ann. An do chuir thu crois oirre? Seo an ath fhear.  
(*Cearcan*) Sin agad na cearcan. An do chuir thu loidhne fo na cearcan?  
Agus an ath fhear. (*Cù*) Sin agad Ben a' comhartaich. An do rinn thu  
ceart-cheàrnag timcheall air Ben? Glè mhath. Am fear mu dheireadh -  
(*muc*) - sin agad muc. An do chuir thu cearcall timcheall air na mucan?  
Tha a' chiad phàirt deiseil agad a-nis.

**Ailig:** Bha beathaichean eile a' falach anns an dealbh. A bheil thu a' faicinn  
caoraich an àite sam bith? (*Caoraich*) Càit a bheil iad? Cia mhead a  
th' ann?  
Cuir dath orra agus seall an obair agad dhan tidsear.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 3 Air an tuathanas - Rann

### Bha Tac Beag Snog Aig Dòmhnall Donn

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha bò is laogh  
i-ai-i-ai-o

Le mù a siud is mù a seo  
Mù anns an fhraoich, is mù anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha caora 's uan  
i-ai-i-ai-o

Le mè a-siud is mè a-seo  
Mè anns an fhraoich, is mè anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha cearc is isean  
i-ai-i-ai-o

Le gog-gàg a-siud is gog-gàg a-seo  
Gog-gàg anns an fhraoich, is gog-gàg anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha each is searrach  
i-ai-i-ai-o

Le nè a-siud is nè a-seo  
Nè anns an fhraoich, is nè anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha muc is uircean  
i-ai-i-ai-o

Le chò a-siud is chò a-seo  
Chò anns an fhraoich, is chò anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha cat is piseag  
i-ai-i-ai-o

Le mi-aù a-siud is mi-aù a-seo  
Mi-aù anns an fhraoich, is mi-aù anns an lot.

Bha tac beag snog aig Dòmhnall Donn  
i-ai-i-ai-o

Is air an tac bha cù is cuilean  
i-ai-i-ai-o

Le huth-huth a-siud is huth-huth a-seo  
Huth anns an fhraoich, is huth anns an lot.

*Sèist:*

*Bha tac beag snog aig  
Dòmhnall Donn*

*i-ai-i-ai-o*

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 4. Ciamar a tha thu a' dol ann?

**Mairead:** Leasan a ceithir: Ciamar a tha thu a' dol ann?  
A bheil peansail, duilleag-obrach a ceithir agus peansailean dathte agad?  
An-diugh tha sinn a' coimhead air dòighean siubhail. A bheil thu deiseil?  
Èist, ma-thà.

**Ailig:** Coimhead air a' chiad sreath. Tha each, càr agus bàta anns na dealbhan.  
Tha mise a' dol gu Ameireaga. Ciamar a thèid mi ann? Cuir crois air an  
dealbh cheart. Cuidichidh am fuaim seo thu.

*(Bàta)*

**Mairead:** Coimhead air an dàrna sreath. Tha trèana, submarine agus surf-board  
anns na dealbhan. Tha thu airson a dhol sìos, sìos, fon mhuir. Èist ris  
an fhuaim seo agus gheibh thu a-mach ciamar a gheibh thu sìos.

*(Submarine)*

Cuir crois air an dealbh a rinn am fuaim ud.

**Ailig:** Sreath a trì a-nis. Tha bàta, plèana agus rocaid an sin. Tha sinn a' falbh  
suas chun na gealaich. Ciamar a gheibh sinn ann? Èist an toiseach ris an  
fhuaim. Cuir crois air an dealbh.

*(Rocaid)*

**Mairead:** Dè tha ann an sreath a ceithir? Tha seann chàr, heileacoptair agus làraidh  
ann. Lorg an rud a bheir suas, suas dhan adhar sinn agus cuir crois air.

*(Heileacoptair)*

**Ailig:** Am fear mu dheireadh a-nis. Seall am bus, am baidhsagal agus am bàta-  
siùil. Tha thu airson a dhol sìos an rathad leat fhèin, uabhasach luath.  
An tèid thu anns a' chàr, air a' bhaidhsagal no anns a' bhàta? Èist,  
seo am fuaim a nì e.

*(Glag baidhsagail)*

Cuir crois air an dealbh cheart.

**Mairead:** An d' fhuair thu a h-uile dealbh cheart? Thèid sinn air ais suas chun an  
toiseach. Feumaidh tu bàta airson a dhol gu Ameireaga. Cha tèid each  
no càr air a' mhuir. An do chuir thu crois air a' bhàta?

*(Bàta)*

**Ailig:** An do chuir thu crois air an submarine ann an sreath a dhà?  
Sin an dòigh as fheàrr airson a dhol sìos, sìos fon mhuir.

*(Submarine)*

**Mairead:** Bidh rocaid a' dol suas chun na gealaich. An do chuir thusa do chrois  
air an rocaid?

*(Rocaid)*

**Ailig:** 'S e heileacoptair a bhios a' dol suas dhan adhar. An do chuir thu crois  
air an dealbh ann an sreath a ceithir? Èist ris an fhuaim.

*(Heileacoptair)*

**Mairead:** Am fear mu dheireadh - sreath a còig. Sìos an rathad, uabhasach luath,  
sin thu air a' bhaidhsagal. Èist!

*(Glag baidhsagail)*

An robh siud math? An do chòrd e riut a bhith a' siubhal mun cuairt?  
Faigh pios pàipear eile a-nis agus dèan dealbh ùr.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 5. Rannan(a)

**Mairead:** Leasan a còig: Rannan

An-diugh feumaidh tu duilleag-obrach a còig agus peansailean dathte. Tha thu dol a dh'èisteachd ri rannan èibhinn agus annasach. A bheil thu deiseil? Èist ris a' chiad rann.

*(Rann: Catriona Bheag nan Caorach)*

**Ailig:** Obh! Obh! Catriona bhochd! Dè chaill i? Sgrìobh aig bonn na duilleig cia mheud a chì thu anns an dealbh.

*(Incidental music)*

**Mairead:** Èist a-nis ris an dàrna rann.

*(Rann: A Chailleach 's a' bhròig)*

**Ailig:** Càit an robh a' chailleach a' fuireach? Cuir dath air anns an dealbh.

*(Incidental music)*

**Mairead:** A bheil thu deiseil? Glè mhath. Èist ris an ath rann.

*(Rann: Seoc is Sìne)*

**Ailig:** Dè bha aig Sìne is Seoc a' dol suas an cnoc? Lorg e anns an dealbh agus cuir dath donn air.

*(Incidental music)*

**Mairead:** Seo a-nis rann eile.

*(Rann: Simon Simplidh)*

**Ailig:** Mmmmm! Is toigh leamsa bonnach. Dè bha bonnach a' cosg, ge-tà? Cuir dath air a' bhonn cheart.

*(Incidental music)*

**Mairead:** An rann mu dheireadh a-nis. Èist!

*(Rann: Cruinnean beag reamhar)*

**Ailig:** Càit an robh an cruinnean beag reamhar na shuidhe? Cuir e ann an sin.

*(Incidental music)*

**Mairead:** Stad a-nis. Faodaidh tu crìoch a chur air an dealbh a-rithist. An do lorg thu a h-uile rud air an duilleig? Feuch am faic mi.

'S e "*Catriona bheag nan caorach*" a' chiad rann.

*(Rann)*

Chaill Catriona caoraich. Cia mheud a chunntais thusa? Chunntais mise ceithir. An do sgrìobh thu ceithir aig bonn na duilleig?

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 5. Rannan (b)

- Ailig:** Seo an ath rann, "*A' chailleach sa bhròig.*"  
(*Rann*)  
Bha a' chailleach a' fuireach sa bhròig. Nach i tha mòr. An do chuir thu dath air a' bhròig?
- Mairead:** An uair sin an rann seo, "*Seoc is Sine.*"  
(*Rann*)  
Bha bucaid aig Seoc is Sine a' dol suas an cnoc. An robh thu ceart?  
Glè mhath.
- Ailig:** An ath rann, "*Simon Simplidh.*"  
(*Rann*)  
Bha bonnach a' cosg sgillinn. An do chuir thu dath air aon sgillinn?  
Sin thu fhèin.
- Mairead:** Seo an rann mu dheireadh, "*Cruinnean beag reamhar.*"  
(*Rann*)  
An robh fios agad càit an robh e na shuidhe? An do chuir thu e na shuidhe air a' bhalla? Tha thu deiseil a-nis.
- Ailig:** Cuir crìoch air an dealbh aig a' Chruinnean bheag reamhar agus an uair sin seall an duilleag don tidsear. Mar sin leat!

### **Catriona Bheag Nan Caorach**

Catriona bheag bho chd  
'S na caoraich air chall,  
Gun fhios càit an tèid i 'n tòir orr'  
Leig thusa leo' fhèin  
Thig iad dhachaigh gu rèidh  
Len earbaill uil' ann an òrdugh.

### **A' Chailleach sa Bhròig**

An cual' thu mun chaillich  
Bha fuireach sa bhròig?  
Bha 'n teaghlach cho lìonmhor  
Gun rian orr' no dòigh  
Thug i dhaibh brot  
Gun aran is gun ìm  
Is sgailc i gu cruaidh iad  
'S dhan leabaidh chaidh iad.

### **Seoc is Sìne**

Chaidh Seoc is Sìne suas an cnoc,  
A dh'iarraidh cuinneag uisge;  
Thuit Seoc le creig is sgoilt e cheann,  
'S chuir Sìne car a' mhuiltein.

### **Simon Simplidh**

Simon Simplidh 's Rob nam Bonnach  
A' dol chun na fèille,  
Thuirte Simon Simplidh, "Roib, a bhalaich,  
Reic iad sin rium fhìne."  
Thuirte Rob nam Bonnach, "Ceart ma-tà;  
Càit a bheil do sgillinn?"  
Thuirte Simon Simplidh, "Siud mo phòcaid!  
Faic thu, chan eil gin innt."

Simon Simplidh, chaidh e dh'iasgach  
Null gu ceann na bàthcha,  
'N dùil gun glacadh e muc-mhara  
'N cuinneig-uisg' a mhàthar.

### **Cruinnean Beag Reamhar**

Ùisdean beag reamhar  
na shuidh' air a' bhalla.  
Thuit e na sgailleagan  
's chaidh e na chlàraibh.  
Eich agus marcaichean  
thàinig an cabhag  
Ach dh'fhairtlich orr' uile  
Ùisdean a chàradh.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 6. Dè a th' ann?

- Mairead:** Leasan a sia. Dè a th' ann?
- Ailig:** Ceangail am plèana agus an rionnag le loidhne.
- Mairead:** An uair sin ceangail an rionnag agus an telebhisean.
- Ailig:** Ceangail am ball agus an cù. A-nis ceangail an cù agus an telebhisean.
- Ailig:** An taobh eile a-nis.....ceangail am plèana agus an iuchair .....  
agus an iuchair agus an càr. A bheil fhios agad dè th' ann fhathast?
- Mairead:** Ceangail a-nis am ball agus an t-iasg agus am fear mu dheireadh -  
an t-iasg agus an càr. Dè tha thu a' faicinn a-nis?
- Ailig:** 'S e teanta a th' ann. Nach tu rinn math air na loidhnichean.  
Cuir dath air an dealbh agus seall an obair agad dhan tidsear.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 7. Dè a th' annam? (a)

- Mairead:** Leasan a seachd. Dè a th' annam?  
A bheil duilleag agus peansail deiseil agad? Coimhead air sreath a h-aon. Tha dealbh plèana agus eun ann. Èist ris gach fuaim agus cuir crois air an dealbh cheart. Deiseil?
- Ailig:** Bidh mise ag itealaich shuas anns an adhar agus bidh mi a' dèanamh an fhuaim seo.  
(*Plèan*)  
Dè a th' annam?
- Mairead:** Coimhead a-nis air sreath a dhà. 'S e beathach a th' annam a tha a' fuireach anns a mhòr-choille. Bidh mi a' leum 's a' sreap. Èist!  
(*Muncaidh*)  
Dè a th' annam? An do chuir thu crois orm?
- Ailig:** Coimhead a-nis air sreath a trì. Tha mi uabhasach beag agus nuair a bhios an t-acras orm nì mi am fuaim seo.  
(*Bèibidh a' rànaich*)  
Dè a th' annam?
- Mairead:** Coimhead air sreath a ceithir. Dè a th' annam? Tha ceithir chuibhlichean orm agus tha mi uabhasach feumail. Nuair a tha daoine gam iarraidh bidh mi a' dèanamh an fhuaim seo.  
(*Inneal smàlaidh*)  
An do chuir thu crois orm?
- Ailig:** Sreath a còig a-nis. Anns an dealbh tha mi air glùn duine agus nuair a tha mi toilichte bidh mi a' dèanamh an fhuaim seo.  
(*Piseag*)  
Dè a th' annam? Cuir crois orm.
- Mairead:** A bheil thu ceart a-nis? Air ais gu sreath a h-aon.  
An rud a bhios ag itealaich gu h-àrd -  
(*Plèana*)  
'S e. 'S e plèana a th' ann. An robh thu ceart?
- Ailig:** Ann an sreath a dhà tha am muncaidh a' leum agus a' sreap anns na craobhan anns a' mhòr-choille.  
(*Muncaidh*)  
An robh e ceart agad?
- Mairead:** Sreath a trì a-nis. Èist ris an seo a-rithist!  
(*Bèibidh*)  
Obh! Obh! Abair fuaim! Bha a h-uile duine ceart an turas ud, nach robh? 'S e am bèibidh bochd a bha a' rànaich.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 7. Dè a th' annam? (b)

- Ailig:** Tha am fuaim seo ann an sreath a ceithir uabhasach àrd. Èist aon uair eile ris.  
*(Inneal-smàlaidh)*  
Tha cabhag mhòr air. Ach, an robh thusa ceart? Glè mhath.
- Mairead:** Am fear mu dheireadh a-nis. Is toigh leis a h-uile duine am fuaim seo.  
*(Piseag)*  
Piseag bheag laghach na cadal. A bheil do chrois air an dealbh cheart?
- Ailig:** Dèan piseag bheag air cùl na duilleig agus seall an obair agad dhan tidsear.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 8. Rannan (a)

- Mairead:** Leasan a h-ochd. Rannan  
Airson obair an-diugh feumaidh tu duilleag a h-ochd agus peansailean dathte a bhith agad. Tha thu dol a dh'èisteachd ri rannan. An toigh leat rannan? A bheil a h-uile duine deiseil airson tòiseachadh? Èist ris an rann seo.  
*(Rann "Màiri air stòl")*
- Ailig:** Bha an t-eagal air Màiri, nach robh? Dè a shuidh ri taobh Màiri? Cuir cearcall uaine timcheall air.  
*(Incidental Music)*
- Mairead:** Seo an dàrna rann.  
*(Rann "Phiseag bheag, phiseag bheag")*
- Ailig:** Càit an robh a' bhanrigh na suidhe? Cuir dath buidhe air.  
*(Incidental Music)*
- Mairead:** Nis an rann seo.  
*(Rann "Mè Mè, chaora dhubh")*
- Ailig:** Cia mheud poca clòimh a chì thu san dealbh? Sgrìobh an àireamh aig bonn na duilleig.  
*(Incidental Music)*
- Mairead:** Èist ri rann a ceithir.  
*(Rann "An cat 's an fhidheall")*
- Ailig:** Dè bha an cat a' cluich? Cuir crois ghorm air.  
*(Incidental Music)*
- Mairead:** Seo an rann mu dheireadh.  
*Rann "Uilleam beag nam prab-shùilean"*
- Ailig:** Dè an uair a bha e? Cuir na spògan air a' chloc.  
*(Incidental Music)*
- Mairead:** An d' fhuair thu a h-uile freagairt airson nan rannan? Feuch am faic mi. Seo a' chiad rann... "*Màiri air stòl*".  
*(Rann)*  
An do chuir thu cearcall uaine timcheall an damhan-allaidh? Ma chuir, bha thu ceart.

# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 8. Rannan (b)

- Ailig:** Seo a nis "*Phiseag bheag, phiseag bheag*" .....  
(*Rann*)  
Bha a' bhanrigh na suidhe air cathair, mòr brèagha. An do chuir thu dath buidhe air? Glè mhath!
- Mairead:** Seo rann a trì. "*Mè mè chaora dhubh*"  
(*Rann*)  
Cia mheud poca clòimh a fhuair thu? Chunntais mise sia. An robh thu ceart?
- Ailig:** A-nis "*An cat 's an fhidheall*"  
(*Rann*)  
Bha an cat san rann seo uabhasach glic. Bha e a' cluich fidheall. An do chuir thusa crois ghorm air an fhidheall? Math dha-riribh.
- Mairead:** A-nis an rann mu dheireadh "*Uilleam beag nam prab-shùilean*"  
(*Rann*)  
Bha e ochd uairean nuair a bha Uilleam a' ruith mun cuairt. An do chuir thu spòg mhòr aig dhà dheug agus spòg bheag aig ochd? Sin thu fhèin.
- Ailig:** Tha sinn deiseil a-nis. Faodaidh tu dealbh a dhèanamh den rann seo air cùl na duilleig. Seall an dealbh don tidsear.
- Mairead:** Agus sin deireadh an teip cuideachd. Tha sinn an dòchas gun do chòrd e riut. Mar sin leat!
- Ailig:** Mar sin leat!

### Màiri Air Stòl

Màiri air stòl,  
Ag ithe 's ag òl,  
Miùg 's bainne-bhinid air leth;  
Shuidh damhain-allaidh ri taobh 's e ga h-amharc,  
'S theich Màiri le eagal a beatha.

### Phiseag Bheag, Phiseag Bheag

Phiseag bheag, phiseag bheag  
Càit an robh thu?  
A' coimhead na banrigh  
Ann an Lunnainn nam bùth  
Phiseag bheag, phiseag bheag,  
Gu dè rinn thu 'n siud?  
Fo chathair na banrigh  
Chuir mi 'n t-eagal air luch.

### Mè, mè, chaora dhubh

Mè, mè, chaora dhubh,  
Càit a bheil do chlàimh?  
Tha, tha, 'ille bhig, a' fàs air mo dhruim,  
Poca dhan mhaighstir is poca dhan mhnaoi  
Is poca dhan ghille bheag tha fuireach anns an Taigh.

### An Cat 's an Fhidheall

Obh! obh! obh! obh!  
An cat 's an fhidheall  
'S leum a' bhò thar na gealaich le ràn  
Lach an cù beag,  
Ris an spòrs a bh' ac'  
Is theich leis an truinnean an spàin.

### Uilleam Beag Nam Prab-shùilean




Uilleam beag nam prab-shùilean  
Na ruith tron bhaile,  
Sìos an staidhir, suas an staidhir  
Na lèine bhig anairt;  
Gnogadh air na h-uinneagan  
'G èigheach tro na glasan  
"Tha e ochd uairean,  
'S a bheil a' chlann nan leabaidh?"

# DÈ THUIRT THU?




## Èist agus Dèan Teip 4

1 - Dè fuaim a bha siud?




1






2





3



4





5



# DÈ THUIRT THU?


## Èist agus Dèan Teip 4 2 - Dèan loidhne

Tòisich an seo!



# DÈ THUIRT THU?




## Èist agus Dèan Teip 4 3 - Air an tuathanas



# DÈ THUIRT THU?



## Èist agus Dèan Teip 4 4 - Ciamar a tha thu a' dol ann?

1





2




trèana





3



4




5









**DÈ THUIRT  
THU?**

**Èist agus Dèan Teip 4  
5 - Rannan**



DÈ THUIRT  
THU?


Èist agus Dèan Teip 4  
6 - Dè a th'ann?




# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 7 - Dè a th' annam?


1




2






3



4






5



# DÈ THUIRT THU?

## Èist agus Dèan Teip 4 8 - Rannan




**DÈ THUIRT  
THU?**

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

**STUTHAN FOILLSICHTE**



### L.D.A Photo Cards

Opposites set 1

(40 opposite cards)

Photo nouns set 1

(everyday objects, kitchen utensils, furniture)

(105 cards)

Photo nouns set 2

(children's clothes, children's toys, school accessories)

(105 cards)

Photo Actions

(35 cards)

Photo Adjectives

(35 cards)

Photo Prepositions

(35 cards)

Photo Emotions

(48 cards)

What's Wrong?

(68 cards)

What would you do?

(8 situation cards)

Why? Because

(62 cause and effect cards)

Opposites

(40 opposites cards)

### L.D.A Photo Cards

#### Jigsaws

In the community (set of 4 puzzles)

People at work (set of 4 puzzles)

Home puzzle pack (set of 8 puzzles)

Faces (set of 6 showing different emotions)

What's next? (children dressing)

#### Duplo

World People

Families and occupations People.

Lego Duplo Home

#### Pupaidean

Family Groupings

**NES Arnold**

**Dealbhan**

Talkabout Pictures: Set 1: Everyday Life  
Set 2: Family Outings

**Geamaichean**

The Colour Game  
Bucket and spade  
Let the sun shine  
Washing

**Construction**

Playground Theme Set  
World Families  
Animals Pack

**Compare bears**

**Discover and Learn, Ravensburger**

Shapes and Colour  
Colour Match Ups


**DÈ THUIRT  
THU?**

**A' BRUIDHINN GÀIDHLIG**  
Stiùireadh agus stuth-taic do luchd-teagaisg  
ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

**A' Chiad Cheum**

**PRG/CANAN 1998**

**CAIRTEAN-GHEAMAICHEAN**



## **Ro-ràdh**

An cois a' phac gheibhear còig cairtean-gheamaichean air an gabh caochladh gheamaichean a chluiche.

Tha na geamaichean seo gu math sìmplidh agus airson an cluich cha leig a leas ach cunntair airson gach cluicheadair agus dèisinn a bhith agaibh. Gabhaidh gach gèam a chluiche le diofar abairtean airson diofar structaran a dhaingneachadh.

Tha eisimpleirean air na duilleagan a leanas air cuid de na rudan a ghabhadh a dhèanamh, ach gabhaidh rudan eile a dhèanamh cuideachd a rèir feumalachdan a' chlas. An toiseach, bu chòir dhan tidsear smaoinichadh air na structaran a tha i/e airson daingneachadh agus gèam agus ceistean a thaghadh a bhrosnaicheas a' chlann gu bhith a' cleachdadh a' chànain seo.

Bu chòir a bhith gan cluiche ann am buidhnean beaga, a' cleachdadh dèisinn airson gluasad bho cheàrnag gu ceàrnag. Nuair a ruigeas pàiste ceàrnag le dealbh, feumaidh e/i rudeigin a ràdh a rèir 's na tha air a' cheàrnaig agus a' cheist a chuireas an tidsear. Mura bheil dealbh air a' cheàrnaig cha leig iad a leas dad a ràdh.

Ghabhadh na cairtean seo a chleachdadh mar gheamaichean far am biodh a' chiad duine aig a' cheàrnaig mu dheireadh a' buannachadh, ach uaireannan bhiodh e na b' fheàrr a dhol timcheall a' bhùird grunn thursan.

# DÈ THUIRT THU?

## Cairtean-gheamaichean

### DÈ THA SEO?

Gèam le diofar dhealbhan a' sealltainn biadh, dèideagan, aodach

**Ceistean:** Dè tha seo?  
Am bi thu a' cluiche le seo?  
Am bi thu ag ithe seo?  
Am bi thu a' cur seo ort?

**Freagairtean:** 'S e ..... a tha ann.  
Bidh/cha bhi  
Bidh mi a' cluich le seo / ag ithe seo / a' cur seo orm

### 'S E 'S CHAN E

Gèam a' sealltainn cat, cù, agus luchag ann an diofar àiteachan

**Ceistean:** Cò tha ann?  
Càit a bheil e/i?

**Freagairtean:** 'S e ..... a tha ann  
Tha e/i air a' bhogsa / anns a' bhogsa / fon bhòrd/  
aig a' bhòrd / ri taobh an dorais / air cùl a' chait

### FUAR IS BLÀTH

Gèam a' sealltainn grian, uisge, sneachd

**Ceistean:** Dè seòrsa sìde a tha ann?  
A bheil e blàth/fliuch/fuar?

**Freagairtean:** Tha e blàth/fliuch/fuar  
Tha/chan eil e blàth/fliuch/fuar

Ghabhadh seo a chleachdadh cuideachd le bhith a' brosnachadh na cloinne airson  
"Feumaidh mi ..... a chur orm" a ràdh a rèir na sìde air an dealbh.

# DÈ THUIRT THU?

## Cairtean-gheamaichean

### RUD MU SEACH

Gèam airson trì cluicheadairean a' sealltainn cnàimh, cuibhle, uinneag, garaids, doras, coilear.

Thoir do gach pàiste pàirt cù no càr no taigh le bhith ag ràdh " 'S e cù / càr / taigh/a th' annad". Nuair a ruigeas iad ceàrnag a tha a' sealltainn rudeigin a bhuineas dhan "character" acasan feumaidh iad "Leamsa tha e!" a ràdh.

Gabhaidh an gèam seo a chleachdadh le ceistean agus freagairtean eile cuideachd.

**Ceistean:** Am bi thu ag ithe seo?  
Am bi thu a' cluiche le seo?  
Cò/dè tha annad?

**Freagairtean:** Bidh/cha bhi  
'S e cù/càr/taigh a tha annam.

### DÈ THA THU A' DÈANAMH?

Gèam a' sealltainn balach/nighean a' snàmh / seinn / bruidhinn / a' falbh air baidhsagal / a' ceangal barrall / a' sgrìobhadh.

**Ceistean:** Dè tha e/i/iad/thu a' dèanamh?  
A bheil e/i a' .....?  
An dèan thusa seo?  
An urrainn dhut .....?

**Freagairtean:** Tha e/i/iad/mi a' .....  
Tha / Chan eil  
Nì/cha dèan  
'S urrainn / chan urrainn